This is a digital copy of a book that was preserved for generations on library shelves before it was carefully scanned by Google as part of a project to make the world's books discoverable online.

It has survived long enough for the copyright to expire and the book to enter the public domain. A public domain book is one that was never subject to copyright or whose legal copyright term has expired. Whether a book is in the public domain may vary country to country. Public domain books are our gateways to the past, representing a wealth of history, culture and knowledge that's often difficult to discover.

Marks, notations and other marginalia present in the original volume will appear in this file - a reminder of this book's long journey from the publisher to a library and finally to you.

Usage guidelines

Google is proud to partner with libraries to digitize public domain materials and make them widely accessible. Public domain books belong to the public and we are merely their custodians. Nevertheless, this work is expensive, so in order to keep providing this resource, we have taken steps to prevent abuse by commercial parties, including placing technical restrictions on automated querying.

We also ask that you:

+ *Make non-commercial use of the files* We designed Google Book Search for use by individuals, and we request that you use these files for personal, non-commercial purposes.

+ *Refrain from automated querying* Do not send automated queries of any sort to Google's system: If you are conducting research on machine translation, optical character recognition or other areas where access to a large amount of text is helpful, please contact us. We encourage the use of public domain materials for these purposes and may be able to help.

+ *Maintain attribution* The Google "watermark" you see on each file is essential for informing people about this project and helping them find additional materials through Google Book Search. Please do not remove it.

+ *Keep it legal* Whatever your use, remember that you are responsible for ensuring that what you are doing is legal. Do not assume that just because we believe a book is in the public domain for users in the United States, that the work is also in the public domain for users in other countries. Whether a book is still in copyright varies from country to country, and we can't offer guidance on whether any specific use of any specific book is allowed. Please do not assume that a book's appearance in Google Book Search means it can be used in any manner anywhere in the world. Copyright infringement liability can be quite severe.

About Google Book Search

Google's mission is to organize the world's information and to make it universally accessible and useful. Google Book Search helps readers discover the world's books while helping authors and publishers reach new audiences. You can search through the full text of this book on the web at `http://books.google.com/`

Celt
2810
10

Celt 2810.10(2)

HARVARD
COLLEGE
LIBRARY

NA BÀIRD LEATHANACH

The Maclean Bards.

BY THE
REV. A. MACLEAN SINCLAIR.

12

VOL. II.

Charlottetown:
HASZARD & MOORE.
1900

JUL 23 1909
LIBRARY.
Celt 2810.10(2)

Copies of *The Maclean Bards* will be sent to any address post-paid, on the following terms, by Neil Maclaine, 2 Rutland Crescent, Glasgow, Scotland:

Vol. I., 2*s* 3*d*.
Vol. II., 2*s* 3*d*.
Vols. I. & II. together, 3*s* 6*d*.

I am indebted to Mr. C. R. Morison, Mull, for the poems at pages 100, 101, and 173; and to Mr. Neil Maclaine, Glasgow, for the poems from page 103 to page 121 and from page 124 to page 166.

A. MACLEAN SINCLAIR.

Belfast, P. E. I.
Dec. 17, 1900.

HARVARD UNIVERSITY
LIBRARY
OCT 17 1984

AN CLÀR-ÌNNSE.

1. Gilleasbuig Mac-Gillean..... 1-7
2. An Cùbair Colach..... 8-16
3. Dòmhnall Cùbair..... 17-22
4. Dòmhnall Bàn na Lioba..... 23-26
5. Am Bàrd Mac-Gillean..... 27-77
6. Mr. Donnachadh Mac-Gillean..... 78-82
7. Lachainn na Gàidhlig 83-85
8. Mr. Ailein Mac-Gillean..... 86-88
9. Iain Mac-Gillean an Bhàtairnis..... 89-92
10. Tearlach Mac-Gillean 93-99
11. Peigi Nic-Gillean..... 100
12. Eòghan Saor..... 101, 102
13. Iain Mac-Gillean am Baile-Mhartainn.... 103-121
14. Eachann Mac-Gillean..... 122, 123
15. Lachainn Neill..... 124-128
16. Niall Mac-Gillean..... 129-141
17. Seumas Mac-Gillean..... 142-163
18. Iain Mac-Gillean an Urbhaig 164-166
19. Piuthar Lachainn Mhic-Gillean 167, 168
20. Catriona Nic-Gillean 169, 170
21. Fear de theaghlaich Thorloisgte 171, 172
22. Cairistine Nic-Gillean..... 173, 174



NA BÀIRD LEATHANACH.

GILLEASBUIG MAC GILLEAIN.

Archibald Maclean, Gilleasbuig Mac Lachainn Mhic Thearlaich, was born in Tiree about the year 1765. He was known as Gilleasbuig Laidir and also as Gilleasbuig Crosda. He was a high-spirited man, and frequently got into trouble. He was intensely loyal to his own clan. He lived at Kilmoluaig. He married Flora Maclean, by whom he had five sons, John, Archibald, Alexander, James, and Hector. He died about the year 1830.

CUMHA

Do Ghilleasbuig Mac Gillean, Fear Chill-mo-Lubhaig.

FONN.—"*Gaoir nam ban Muileach.*"

Fhuair mi sgeula mo sgaraidh
Mu 'n do mhiosaich an t-earrach,
Gu'n robh m' eudail ga 'bhannadh
'N ciste chaoil air a sparradh,
'S e air ghiùlan aig fearaibh
'S mnathan tùrsach dheth galach.—
Dh' fhàg a bhàs fo throm eallach na càirdean.
Dh' fhàg a bhàs &c.

Nam bu bhàrd mi cho fasant
'S a tha 'n taobh so de Shasunn,
Dh' innsinn sios dhuibh an eachdraidh
Mar a thàinig na gaisgich,
Na fir òga, dheas, dhreachmhor,
'Choisinn cliù 's cha bu mhasladh,
'S tha 'nis sgaoilte mar ghainimh na tràighe.

Mo theinn chruaidh mar a thachair
Gu bheil Teàrlach an tasgaidh,
'S fear 's na h-Innsibh de d' mhacaibh ;
'S òg a ghabh e bhuainn astar ;
'S iomadh aon a ghabh beachd air ;
Gu'n robh spionnadh na 'ghlacaibh ;
Bha e cruadalach, sgairteil, fior àlainn.

Latha Nollaig so chaidh
Bha na h-uaislean gun aighear
Mu dheagh cheannard an rathaid
Ga 'n robh leigeadh is gabhail.
Gur a cruaidh leam an t-saighead
'Chuir 's an uir thu na d' laighe :—
Ach de 'm fath dhuinn 'bhith gearan na dh' fhàg sinn.

Bu tu coltas a ghaisgich
'Dheanadh gniomh anns a bhaiteal.—
Taobh do chùil gu'n robh tlachd ort,
Ceum bu rioghail air faiche,
Gruaidhean min-dhearg, daithte,
Beul na firinn 's a cheartais ;
Cha b' i 'n fhoill 'bhiodh ad bheachd nuair bhiodh mòd ann.

'S ann ad cheann a bha 'n riaghailt,
'S mòr an tuigse 'bha riamh ann.—
Ged a ruigeadh na ciadan
Gu ceann-uidhe na fialachd
Cha bu doicheall a dheanteadh,

Bhiodh gach ni mar a dh' iarrteadh,
'S bheirteadh deoch mar bu mhiann agus ceòl dhaibh.

Bha thu 'theaghlach nan curaidh
'Choisinn cliu 's a fhuair urram ;
Leibh a dh' éireadh gach duine
'N àm bhith 'tràghadh nam buideal.
Bhiodh ur gillean air stuideur
Ag òl fìona le furan ;
Ochain, thriall sibh nis uile air falbh bhuainn.

Taing do Dhia mar a tha sinn
Gu bheil mac ann a t' àite,
Slat de 'n iubhar a's àille,
Fiuran foghainteach, laidir.
C'àit am faicear fear àilleachd,
No fear splonnadh a ghàirdein ?
Cha'n e breug tha mi gràitinn 's cha bhòsd e.

'S iomadh baintighearn' òg éibhinn
Ann an Sasunn 's an Eirinn
'S ann am baile Dhuneideann
'Chunntadh milltean gun dèidh orr'
Air son fhaotuinn mar chéile,
Am flath eireachdail ceutach
A ghrad thilleadh leis féin an luchd-tòrachd.

Sguiridh mise 's gun tàmh mi ;
Tha mo chridhe gu sgàineadh
'S mi a smaoinntinn mar tha mi
Gun cheann-cinnidh, gun chàirdean
A ni feum ann am chàs dhomh.
Chaidh mo chuideachd a sgànradh,
'S luchd nu foille na 'n àiteachan comhnuidh.

Bannadh, putting bands on. Sgànradh, scattering.
Luch na foille, the Campbells.

The Mac'eans of Boreray were the oldest branch of the family of Ardgour. Charles, second son of the second Neil Bàn, settled in Tiree. He had four sons, Neil, Archibald, Lachlan, and Donald of Kilmoluaig. Donald had three sons, John, Charles, and Archibald. Archibald succeeded his father in Kilmoluaig. He married Catherine, daughter of Donald Campbell of Scamadale, by whom he had three sons, Donald, Charles and John. Donald and Charles died in the West Indies. John succeeded his father in Kilmoluaig. He married Margaret, daughter of the Rev. Archibald MacColl, minister of Tiree. The late Sir Donald Maclean of New Zealand was his son.

ORAN

A rinneadh an deidh bas Dhomhnaill Mhic-Gilleain, Fear Chòrnaig an Cola.

FONN.—*Cumha Fear Ile.*

Gur h-e mis' th' air mo leon'dh
Mu 'n dubh bhròn th' air no chinneadh :
Thug am bàs bhuainn Fear Chòrnaig,
Uasal og 'san robh spionnadh,
'S a bhi cinneadail, càirdeil,
Agus bàigheil ri luchdan.—
Tha do bhaintighearnan òga
'Dol air fògradh gun fhortan.

Leam is truagh do bhean-bighe,
'S i gun aighear, gun sùgradh ;
Chaill i 'n céile 'bha taitneach,
Dh' fhàg i 'n tasgaidh 'san ùir e ;
Chaill i sin 's a cuid bhràithrean,
Na fir shàr ghasda, chliuteach.—
'S còir bhith striochdte do 'n Ard Righ
Bho'n 's e dh' àraich bho thùs iad.

Nam bu ni e 'bhiodh òrdaicht'
Do mhac òg a bhith t' àite,
'Chumail pràdhainn 'san teaghlach
Ann an sòd mar a tha e,
Is an t-oighre 'bhith luadhail
Ann am buadhannan àrda,
Ged nach faighinn-sa feum dheth,
Leam a b' éibhinn a chlàistinn.

B' fhearr gu'm bitheamaid taingeil
Fo gach call, mar bu chòir dhuinn ;
Bhiomaid ciùnteach a àite
Mar-ri Slànaighear na tròcair'.
Cha doir cumha ga 'r n-ionsuidh
'N t-aon a dhùineadh fo 'n bhòrd leinn ;
Ach gu deireadh an t-saoghail
Chithear daoine ri gòraich'.

An am suidhe nan uislean
'S tusa bhuatha cha b' fhiach iad ;
'S tu gu'n cumadh an onair
Anns gach coinnimh 'sam biodh tu.
'S e do chridhe 'bha soilleir,
A dhe gh sgoileir an sgrìobhaidh ;
Is mairg fine bho 'n d' fhalbh thu,
'Fhir gun dorchadas inntinn.

An am dol do'n taigh-chùrtach
Ghabhteadh cùram dhe t' fhacal ;
Cha bu bhòsd 's cha bu bhreugan
'Chluinnt' o d' bheul ach an ceartas.
Och is och, mar a tha sinn !
Fhuair sinn fàth a bhith 'g acain ;
Dh' fhalbh am flùr bha rr a ghàraidh
Bho 'n la dh' fhàillinnich t' astar.

Chaidh thu 'bhaile Dhuneideann
'Chur an géill dhaibh a cheartais ;

'S thàinig bàta fo shiuil leat,
'S tu ga d' ghiulan ad chorp innt'.—
'S iomadh aon a bha cianail
'Call nan diar gu trom frasach ;
Bu bheag ionghnadh dhaibh fein sud,
B' fhiach an fheudail a bh' ac' e.

Ged a théid mi do Chola
'Dh-iarraidh cothroim 'san eucoir,
'S gann gu'm fuiling iad m' fhaicinn
Ach mar aiteal na gréine.
'S ann a tha mo chul-taice
Anns a chaibeal gun éirigh,
Far a bheil mo luchd-eolais,
Na fir mhòr-chuiseach, threubhach.

Gur a h-iomadh duin' uasal,
Fearail, suairce de m' chinneadh,
A tha 'nis air an sgaoileadh,
Is nach faodar a thional.
'S cha b' e olcas an nàdair
Chuir na sàir ud gu iomall ;
Bha iad firinneach, baigheil,
'S bhiodh iad dàn anns an iomairt.

'S corrach bàta gun acair,
Gun bhuill-bearte, gun chàbaill ;
'S ionnan sin 's mar tha sinne
'N déidh ar milleadh le gàbhadh.
Bha sinn roimhe so 'n Dubhairt
Mar bu shubhach le 'r cairdean ;
Bha sinn cliuiteach mar fhine
Gus 'n do mhilleadh Righ Tearlach.

Tha ar cuid aig ar naimhdean,
'S iad gun suim aca dhinne ;
'N la a's fhearr 'bhios an sliobadh,
Cha bhi 'n crìdh' dhuinn ach fionnar.

Ged bu shuarach dheth Bròlas,
Thug e sòlas da'r cridhe
Gu'n do spionadh e bhuatha
Leis an uachdaran dhligheach.

A dheagh Ailein nan Drimnean,
Is mor iomagain do chàirdean
Gu'n do dhealaich thu bhuatha,
'S iad gun uachdaran àrd orr'.
Criosd gad choimhead 's gad stiuradh
Anns gach cùis 'sam bi gàbhadh :
'S b' fhearr gum faicinn le m' shuilean
Thu 'bhith 'd Dhiùc Earra-ghaidheal.

Nuair a thigeadh tu 'n dùthaich
Gu'm bu chliuteach do ghnàthan,
Bhiodh do phiobair' ad chuideachd
Re toirt urraim do d' chàirdean.
Bhiodh na mnathan ri òrain,
Is fir òga ga 'n tàladh ?
'S bhiodh na bodaich na'n sineadh
Air an driom anns gach àite.

Saoil am fagainn air di-chuimhn'
Teaghleach prìseil Loch-Buidhe ?
Far an taoghaileadh luchd-tàmha,
'S bhiodh gach àit ann an uidhim.
Bhiodh fion datht' ann an òrdagh
Air a bhòrd a bhiodh subhach.—
'M fear a chaisgeadh an ruaig bhuainn
A bhith bhuainn ar sgeul dubhach.

Am fear misneachail, dàna,
Anns a bhlàr bu mhòr urram ;
Bhiodh an ruaig air do nàmhaid.
Is e cràiteach bho d' bhuille,
Sàr cheann-taighe neo-sgàthach
'Bu mhath lamh air a ghunna ;

'S iomadh aon a bha craiteach
Bho nach dàinig thu 'Mhuile.

'S bochd mar dh' fhògradh Sir Eachann
As an fhearann bha 'n còir dha.
Chuir sud sinn' air an daonnachd,
'S fad ar saoghail bidh bròn oirnn.'
Do na fir a tha 'n làthair
De 'n dream àrdanaich, mhòrail,
Guidheam Criosda mar dhìdeann
Bho luchd-mioruin 's bho dhoruinn.

Pradhainn, press of business, throngness.

Donald Maclean of Cornaig in Coll was the fifth Maclean of Muck. He was married twice, and had five children, Lachlan, John, Florence, Mary, Ann. He died in Edinburgh in 1790. There was a lawsuit between Sir Allan Maclean and the Duke of Argyll about the small estate of Brolas. Sir Allan won the case. He got possession of Brolas in 1783. Capt. Archibald Maclaine, son and heir of John Maclaine of Lochbuie, was killed in 1784.

AN CUBAIR COLACH

Alexander Maclean, an Cùbair Colach, was born in Coll. He was an expert seaman. He was a cheerful companion and was highly respected. He was married and had two sons, Robert and John, and also two daughters. He died in Coll about 1838. His wife and children emigrated to Australia about 1842. One of his sons, John, settled in New Zealand.

ORAN

Air cuairt do dh-America.

Ann an toiseach an fhoghair
Ris a chuan thug mi m' aghaidh le sunnd,
'Dhol a shealltainn an àit'
'S a bheil na measan a fàs a's feàrr sùgh ;
'Dhol a shealltainn nan gillean
A ghabh toiseach na linne a null,
'S a thoirt naidheachd gu 'n càirdean ;
'S mur a till mi bidh pàirt diubh ga m' thùrs.'

'Fhir a chruthaich an saoghal
Is a dh' òrdaich na daoin' os a chionn,
Thoir dhuinn soirbheachadh feasgair,
'S sinn a gluasad o'n fheasdraich fo shiùil ;
Bi ga'r stiùradh gu cala,
Na leig dhuinn dol am mearachd n 'ar cùrs' ;
Nuair a shéideas a ghaoth oirnn,
Dhuits' tha comasach faochadh 'thoirt duinn.

Bi mu 'r croinn 's mu 'r buill-bheairte
Bi mu 'r cùl-stagh mu 'r rachdaibh 's mu 'r sgòd,
'S gach aon bhall 'tha 's an àrdrnich,
A toirt iomrachadh sàbhailt do 'n t-slògh
'Dhol a dh' ionnsuidh an fhearainn
Anns na dh'ullaich thu cheana dhaibh lòn.—
Bi gach là ad sgéith-dhion' orr',
Dean am faicinn air tìr is air dòigh.

Nuair a chunnaic Thu 'n rioghachd so
Gun dòigh aig daoin' isle air 'bhith beò
Gu 'n do bhrosnaich thu 'n spiorad
'Dhol a dh' imeachd na linne fo sheòl,
'Dhol a shealltainn na dùthcha
'Chum thu 'm falach ré ùine romhòir,

'S nach bi bochdainn no ganntar
Ged a ruigeadh na th' anns an Roinn-Eòrp.

'Nis tha 'n fhàidheadaireachd soilleir
'Bha 'measg dhaoin' o chionn iomadach bliadhn'
Gu 'm biodh ciobhlan a mheanbh-chruidh
Ri bristeadh nan galla-chrann 's nan cliath.
Chinn na h-uachdarain cosgail
'S tha an an tuath air fàs bochd leis a mhàl ;
'S ann mu 'n caill e 'chuid itich
Théid gach ian a bhios glic air an t-snàmh.

'Thi a chruthaich gach creutair,
Cha 'n fheil ni nach bu léir dhuit o thùs ;
Tha thu riaghladh an ceartas,
Tha gach uachd'ran fo d' smachd is gach Prionns';
Is sàr bhuachaille treud' thu,
'S e do ghealladh nach tréig air an cùl ;
'S do gach neach 'tha na 'éiginn
Gu bheil bealach lan-réidh 's dol a nùll.

Nuair a dh' fhalbhas na daoine
Is a chruinnicheas na caoraich mu 'n chrò,
Bidh gach tighearna tìre
'Giùlan cromag a chiobair 's a chleòc ;
Cha bhi 'm fonn orra b' àbhaist
'S iad a cùnntas a mhàil air a bhòrd,—
'S ma thig stri air righ Shasuinn
Bheir gach ciobair dha bragsaidh gu leòir.

Ma thig cogadh do 'n rioghachd s'
Thig na Frangaich na 'm miltean a nall
Is bidh amhach righ Deòrsa
Ann an cunnart gu leòir bho 'n cuid lann.
Nuair a dh' fhalbhas na Gàidheil
Le cion aodaich, is earrais, is lòin
'S olc an dion dha na Sas'nnaich,
Ged robh 'm bronnaichean pacte le feòil.

ORAN

Do Bhàta d' am b' ainm Struilleag.

FONN.—"*Gur h-i bean mo ghaoil an Spainteach.*"

STRUILLEAG.

'S mise 'tha dheth tùrsach, cràiteach ;
'S fada 'n so 's a bhàgh leam fhin mi.
Cha 'n fheil duine nach dug cùl rium,
Dh' fhag an Cùbair mi air di-chuimhn'.
Seadh, ged 's iomadh là de m' shaoghal
'Sheol e mi fo aodach iosal.—
Och mo chreach ; gur truagh t'a smaointinn
Nach h-fheil suim de m' shaothair dhìlis.

AN CURAIR.

'S gòrach dhuit a bhith ri tuireadh,
Cha 'n fheil culaidh 's an Roinn-Eòrpa
A gheibh cliù no meas bho dhuine
Nuair a sguireas i de sheòladh.
Tàirnidh mise suas gu tràigh thu
Dh' fhaighinn bàis am bàgh na smeòraich.
Tha mi 'n dùil gu bheil thu pàight'
Air son gach là a shnàmh thu dhòmhsa.

STRUILLEAG.

Cha 'n i 'n aois a rinn mo lagadh,
Ach thus' Alasdair, 'bhith spòrsail ;
'S a bhith 'dol an déidh té eile,
Gus an deireadh a thoirt dòmhsa,
B' fheàrr dhuit na teanneadh ri caillich
A bhith leanachd ri d' shean-eòlas.—
Till rium 's bheir sinn sgriob am bliadhna
Do 'n chuan shiar a dh' iarraidh 'n Tòisich.

AN CUBAIR.

Fuirich gus an dig an t-earrach
Agus fallaineachd na h-aims'reach,
'S bheir sinn turas eile fhathast
'Dh' iarraidh bathair air na seana-Ghaill.
Mur a dùblaich thu 'n Roinn-Ileach
Air bheag sgios le aiseag sàbhailt',
Tàirnidh mi air creig air tir thu,
'S cha doir mi gu dilinn làmh ort.

STRUILLEAG.

Cha 'n fheil cùram orm an t-slighe
'Tha thu bruidhinn oirre 'sheòladh.
'N cuimhne leat an latha dh' fhàg sinn
An traigh bhàn an Innis-Eòghain.
Tha mi 'n dùil nach gnothach amaid,
No gniomh caile nach d' fhuair eòlas,
'Rinn mi 'n latha sin;—a chlisgeadh
Chuir mi 'n Dubh-Irteach fo m' sgòdaibh.

AN CUBAIR.

Faire, faire 'n cluinn sibh Struilleag?
Tha i uile air dol gu bòilich;
Tha i toirt d' i féin gach urraim,
Gun ghuth air duine 'bha còmhl' rith'.
Nach mi fhin a bha ga d' stiùradh,
'S tu air chùl nan tonnan mòra.
Ged is tusa 'bha ga 'n reubadh
'S ann bhuamsa, 's gach ceum, bha t' eòlas.

STRUILLEAG.

Ged is tus' thug mi a Eirinn,
Bu mhath 'thillinn féin air m' eòlas.
'S math a dh' aithnich mi 'n Roinn-Ileach,
S rinn mi direach air Maoldòmhnach.

Nuair a chrom an ceò gu dùmhail,
Leag mi mo chùrs' air ceann Shòaidh,
Thug mi 'm mach mo chala gnathaicht'
'S dh' achdraich mi aig làgh na smeòraich.

AN CUBAIR.

Na creidibh facal de 'seanachas;
'S ann tha boil-mhearaichinn na h-aois' oirr';
Cha 'n fhaca mi latha riamh i
Nach feumadh i mias ga 'taomadh.
Cha ghabhadh i 'n rathad direach.
Mur a ciosnaichinn le taod i.
'S co-dhiu 'bhiodh ann fiath no séideadh,
Cha deanadh i feum le aodach.

STRUILLEAG.

'N cuimhne leat an latha duaichnidh
'Dh 'fhàg thu Loch-a-Tuath le spòrs leam?
Cha robh bàta 'bha 's an tional
Nach robh gearanach gu leòir air.
Theap thu mo chur ann am bhreislich
Eadar Freasalan 's ceann Shòaidh;
Tha mi 'n dùil nach robh mi leisg dhuit
'S tu ga m' ghreasad thar nam bòc-thonn.

AN CUBAIR.

Tha mi cuimhneachadh mar bha e:—
'N tusa bàta bàn a Chùbair?
'S iomadh turas math a rinn thu;
'S cha d' fhuair mi riamh foill ad ghiùlan.
Ged leig mi thu greis air di-chuimhn'
Tillidh mi le m' chrìdh' as ùr rìut,
Cha leig mi sgreathadh air tìr
Le té do gnìomh; bu mhòr an diùbhail.

AN T-SABAID SHALACH

Air do Dhomhnall Mac-Aonghuis, tàillear a bha ann an Cola, an daorach a ghabhail aig tiodhlacadh, chaidh e-fein agus fear-cinnidh dha a leum air a chéile. Bha an daorach air an fhear eile cuideachd. Bha Brog Chocte aig sluagh mar fhrith-ainm air an tàillear. Rinneadh an t-oran le Alasdair Domhnallach. Air do 'n Chùbair Cholach a chluinntinn chuir e na ceithir cheathrannan mu dheireadh ris.

Bu ghraineil an cleachdadh a bhith ag òl aig tòrraidhean. Tha e na 'aoboar taingealachd gu bheiltear air sgur dheth.

FONN.—*Mo rùn geal og.*

Ach a Dhomhnaill Mhic Dhughaill
Bu tu 'n diunlach 'bha treubhach ;
'S iomadh aite 'n robh ainm ort
Eadar Albainn is Eirinn.
Mur a digeadh ort Ibhrig
Bhiodh tu striochdt' air dhroch ghréidheadh ;
'S ann a dh' fhag iad thu 'd shineadh
Air Cnoc-sgriob ann a feithe :
Mo Bhrogag Chrom.

'S math 'thig bròg dhuit an cocadh
Agus osan air fhiaradh ;
Ann am meadhon na cosgais,
'S tu nach b' olc mar fhear-riaghailt,
Sar dhrobhair nam mart thu
'Theid do Shasunn gu h-easgaidh ;
Agus sgiobair na mara
Ri la greannach, fliuch, fiadhaich.

'S iomadh gòmag is bideag,
Agus sgriobadh air shrònaibh,
Agus glamhadh le fiaclaibh,
Is cur ingnean an ordagh,
'Bh' agad féin is aig Aonghus
Ann an iorghuill na dòruinn,
'S sibh a leum air a cheile
Mar choin dhréineach gun eolas.

A Chlann-Aonghuis na Morairne
Gu 'm bu gharbh sibh 's a chòmhrag ;
Bha sibh foghainteach, calma,
Laidir, ceann-bheairteach, dòrnach ;
Bha sibh math ann an Sasunn,
'Chur bhur neart le Righ Deorsa,
Ged a theabas bhur tachdadh
A tigh 'nn dachaidh bhàrr tòrraidh.

Nan robh thusa fuar, fionnar,
Bha do spionnadh mar b' àbhaist ;
'S mairg a thachradh roimh t'aodann
Ann an caonnaig nan àrmunn,
Ged fhuair Aonghus le buathadh
'S an droch uair ris an làr thu,
Mu 'n dig deireadh na cùise
Bidh e dubailte paighte.

Ged tha 'chuis ann an teagamh,
'Tha mor eagal air m' inntinn
Gu 'n deid Aonghus a bhreabadh
Mur a a teasraig mi-fhìn e.
Ma bhios Iain an làthair,
Gu 'm bi tlàmadh ann 's cìreadh :
'S gu 'm bi cnapadh air shuilean
Aig a Chùnnradh 's aig Ibhrig.

Ach thoir thusa fios bhuamsa
Gu Ruairidh 's gu 'mhàthair

Gu bheil a bhrogag air sgaoileadh
Agus feomach air càradh.
Chinn i farsuing 's an uachdar
Agus chuag i 's na sàiltean,
Thainig toll air na fraochain,
'S laigh an t-aobran air làr aisd'.

Cuid a Chùbair a toiseachadh.

'N raoir a chuala mi 'n taisgeal
A chuir gaiseadh am leirsinn
Gu 'n robh dròbhair nam mart aca
Fo 'n casaibh na 'éiginn.
Gur e 'fhuair dhaibh an t-urram
Is a bhuidhinn an streup dhaibh,
Do chùl 'bhith gun taice,
'S mac-na-bracha 'bhith 'leum ort.

Bha thu 'n fhine nach striochdadh,
Dhaindeoin mi-run luchd Beurla,
Bha iad ainmeil 'an Sasunn
'Chur an neart le Righ Seumas;
Luchd nan geur lannan glasa
'Chuireadh bras an ratreuta;
An am bualadh nam buillean
Gu 'm bu bhuidhinn 'bhith réidh riu.

Bu tu sgiobair a bhàta
'Chuireadh bàirlinn fo 'sliasaid.
'S gur tu 'n giomanach gunna
'Dhol do 'n mhunadh a dh' fhiadhach.
Nuair a rachadh tu 'n fhireach
Bhiodh do ghillean 's do thriall leat;
Bhiodh do mhial-choin air lodhainn,
'S cha bu ghnothach tigh'nn fiar ort.

Bu tu iasgair na h-abhann,
'S cha b' i chabhuil 'bu bheus dhuit

Ach am morghath geur, sgaiteach,
'S crann snaidhte air a réir sin.
'S i do làmh nach déid 'mearachd
Mur dean gainnead an léis e;
Bradan tarra-gheal 's glan lainnir
Cha bhi 'chion air do cheile.

DOMHNALL CUBAIR.

Donald Maclean was born in Tiree about the year 1775. He was a cooper by trade, and was known as Domhnall Cùbair. He married Mary Macdonald, by whom he had eight children, Margaret, Mary, Marion, Catherine, Ann, Christy, Archibald, and John. He died in 1868. He was a brother of John Maclean, the poet.

TUIREADH AIR SON A BHRATHAR

Mo ghaol sgiobair a bhàta,
Bha thu eolach 's gach àite,
Ghlac thu mhisneach 'bha sàr-mhath 's tu òg.

Gur h-e chràidh mi, gun fhios domh
Saoir bhith sàbhadh do chiste,
S a cur àird' oirr' a thiotadh gu falbh.

Agus tàillear ga d' dhreasadh
'Dhol ga d' chur ann ad dheise,
Dh'fheuch an togteadh 'san fheasgar leat seol.

'S truagh nach mise bha teann ort
Mu'n do dh-fhàilnich do chainnt thu,
Bheirinn lighich' ga d' shealltainn air bòrd.

Ged nach deanadh sin feum dhomh,
'Thoirt a leigheas do chreuchdan,
Gu'm biodh muinntir làn eibhnis ri 'm beo.

Cha'n e sin bha mi 'g acain,
Ach thu bhith 'd bhàt' air a h-acair
Is nach dug iad thu 'mach aisde beo.

Nuair a thog iad bho thràigh thu,
'S tu air ghuaillibh nan càirdean,
Cha robh piuthar no brathair ga d' chòir.

'S goirt an t-saighead 'bha sàthte
Anns a mhnaoi a rinn t' àrach,
Nuair ghlac Lachainn Mac-Faidein an t-òrd,

'Thoirt a bhùird bharr na ciste
Mu'n dùinteadh fo lic thu
Ged nach b' ann thoirt dhuinn misnich na 'r bròn.

Gu bheil t' athair dheth deurach,
Is a shùilean gun léirsinn,
Bhith ga d' chur air an deile cho òg.

Tha do chéile gun mhisneach,
Is do leanabh na 'criosan,
'S nach cuir thu'n diugh riof dhuinn 'san t-seol.

Ach 's còir taing thoirt do'n Ard-Righ
Gu bheil mac ann a t' àite,
Nuair thig spionnadh na 'ghàirdean is treòir.

Chaochail Tearlach Mac-Gilleain na 'bhàta, is e leis féin, ann an Tobar-Mhoire, mu 'n bhliadhna 1811.

ORAN DO NA GRÙDAIREAN

Luinneag.

'S an fheasgar cha do chuireadh mi ;
Bha 'n cùbair dubh gun fhuran ris ;
Ach 'nis gur h-e 'n t-aon duin' agaibh,
Bho 'n dh' fhàs na buideil ao-dion.

Gur tric mi dol a chùiltearachd
Le banaraich nan grùdairean ;
'S nuair théid mi tuille 's dlùth oirre
Bidh 'n cùbair air a ladhran.

Bu bhinn leam féin a gleadhar
Nuair shìnte dhomh fo chobhar i ;
'Se 'n rud a dh' fhàgadh fodha sinn,
An clodha 'chur 'sa chaochan.

Tha Mor-a-chadail beadarach
'S a bhuaile air an eadaradh ;
Le uisge beath' nam feadanan
Gu 'n leigeadh i na daoine.

Cuir fòid a stigh gun dàil foipe,
Is tarruinn caol stuth làidir aisd' ;
Biodh fios againn ma sgàineas i
Mu 'n dèid an ceàrd do 'n Chaolas.

Gu fòil thuirt Iain mac Dhùghaill rium
A ghaoil cha 'n ann ga chaomhn' tha mi,
Ach eagal 's gu 'm bi smùid oirnn,
Is gur ni gun chliù an daorach.

The occasion of this ditty was as follows: — The cooper was one evening at the brewery, but was not asked in ; shortly after he had left, some of the kegs were found to be in a leaky condition, and he was immediately sent for to tighten them.

AN T-IASGACH GEAMHRAIDH

Hó mo nigh'n dubh,
Hé mo nigh'n dubh,
Hó mo nighean's tu mo ghuamag.

Gur h-e mise tha fo mhighean,
Tha mi 'n so leam fhin 'sna cuantan.

'S olc an obair iasgach geamhraidh,
'S reothadh gu teann air an fhuaradh.

Rud eile 'chuir ormsa miothlachd
Geola chrion 's nach ruith i luath dhuinn.

'S eiginn dhuinn tarruinn an Lite,
'S cutter an righ oirnn air fuaradh.

Ged is i 'n nochd oidhche challuinn
Cha deid mi 'ghabhail mo dhuain duibh

'S truagh nach mise 'bha 'san aite
'M bi buille bhàiridh ga 'bualadh.

Mo chaman tha 'n coill' a bharraich,
'S cha déid a ghearradh le tuaigh aisd'.

Mo bheannachd a chum mo mhàthar,
Bho'n a bhios mi 'ghnath na 'smuaintean.

'S mo shoraidh a dh-ionnsuidh mo leannain,
An oigh cheanalta gun ghruaman.

ORAN AIR A CHUTTER

Luinneag.

S e gaol t' fhearainn, gradh t' fhuinn,
'Thug gum falbhainn idir leat ;
'S e luaidh do chruidh dhruim-fhinn dhuinn
'Thug dhomh suidhe lamh-riut.

Latha dhuinn bho bhun an stòir,
A seoladh gu curaideach,
Chunnacas an cutter fo sheol
'S i tigh'nn oirnn gu gabhaidh.

Air an trompaid thug i fuaim,
Chuir i 'suas a cularan;
Labhair sinne 'n sin gu luath
Ghluais sinn a Caol-Amhainn.

Gu'n do loisg i oirnn da uair
Gu 'r gluasad gu fuireach rith';
'S mur digeadh am pìc a nuas
Cha d' fhuair i tigh'nn lamh-ruinn.

Bha tombac' againn air bord,
Seorsa bathair smugalaidh;
'S gu'n do lub sin sud fo 'n t-seol,
Fo chrann-spreot' a bhàta.

Rind sinn gach ni mar a dh' fhaod,
Thaom sinn na buidealan;
'S chuir sinn an siucar 's an ti
Sinte fo 'n fhàradh

Car-son nach do dh-fhan thu rium
'Chiad uair 'chuir mi'n gunna riut?
Thuirt an sgiobair aice ruinn,
'S e 'maoidheadh gu dàn oirnn.

Shiubhail e shios agus shuas,
'S cha d'fhuair e na duilleagan;
Bha iad anns a bhriogais ruaidh
Suainte fo 'n chàball.

AN IMRICH.

Luinneag.

Ho ro, ho ro o, ho i o, ho ro i,
Ho ro, ho ro o, ho i o, ho ro i,
Hithill u, hillinn o, agus ho ho ri i,
Cha mhór nach coma leam cogadh no slth.

'S i 'n imrich tha ciatach am bliadhna 'rinn mi,
Gur sàbhailte fiar dhomh 'san lianaich ud shios ;
'S nam faighinn luchd speallaidh a ghearradh gu grinn,
Gu'm pàigheadh e 'm màl ged nach h-àitichinn sgriob.

'S ge boidheach a h-aogasg tha gaoid anns an fhonn,
'S gu'm feum i da thuirpe mu'm faicear i 'm fonn ;
Tha riasg agus cuilc agus uisge fo 'bonn ;
'S am Màrt chur an t-sìl bidh an sgriob againn trom.

'S ann thubhairt an gobhainn 'bha foghainteach riamh,
" Dean suas do chuid dhreallag, gach amull 's gach iall,
Nì mi'n soc dhuit a chàradh 's gun tàth mi ris sgiath
A thionndadh na sgriob' ; saoil an till e roimh riasg ?"

Tha goibhnean na dùthcha so fiughantach còir,
Gu'n d' fhuair mi sgeul ur gun dug aon fhear dhiu 'n cleoc ;
'S ann duitse bu dual sin 'n àm bualadh nan òrd,
Do ghreim a bhith cruadalach, smuais a bhith d' dhòrn.

Ge math sin am fiarach cha dean e dhomh stàth,
Cha chum e mo chuideachd ach 's cuideachadh è ;
B' fhearr tacan a ruamhar an cluanaig no dha,
'S nam faodainn a threabhadh 's e gnothach a b' fheàrr.

'N t-each dubh a bh' aig Calum bu cheanalt' an éill,
'S an capull aig Dòmhnall 's i còir as a dhéidh ;
'N t-each buidhe 'bh' aig Ruari b' e gualann an fheum' ;
Cha'n iarradh e 'bhualadh 's bu luaineach a cheum.

Bu mhath a bha mise mur bhith an t-each ruadh
Aig Ruari Mac-Dhòmhnaill, b' i 'chòir a chur bhuam ;
Ged theid mi do Sgairinnis 'thoirt cainb as a nuas,
Cha chùm mo chuid chàlall ri sàs an eich ruaidh.

DOMHNALL BAN MAC-GILLEAIN.

Donald Maclean was born in the Ross of Mull about the year 1780. He was known as Domhnall Bán na Lloba. He was married, but had no children.

ORAN

Do Dhotair Ailein Mac-Gilleain as an Ros Mhuileach, an uair a bha e dol air chuairt do'n eilein Sgitheanach agus a chaidh cunnart bathaidh air.

Luinneag.

O soraidh slàn do 'n àilleagan
A ghluais an tùs an ràidhe bhuainn ;
Mo dhùrachd thu thigh'nn sàbhailte
Gu fàilteachas do dhùthcha.

Tha ionndrainn bhuainn 's an àite so,
Gur fada leinn o'n dh' fhàg e sinn ;
'S e Dotair Ruadh nam blàth-shùilean ;
Tha fiamh is ailleachd diùc air.

Gur bliadhna leinn gach seachdain
Bho na thriall thu bhuainn do Thalasgair :
Gu'n dàinig fuachd is gaillionn oirnn ;
Gur fada leinn an ùine.

Gu'n d' fhuair sinn sgeul bu duilich leinn,
An àm bhith fàgail Mhuile dhuit,

Gu'n d' fhuair thu deuchainn chunnartach,
'S bu mhuladach sud dhuinne.

B' e sud an sgeula craiteach dhuinn
Nan cluinneamaid gu'n d' bhàthadh thu ;
Tha m' inntinn air a h-àrdachadh
Bho'n thainig thu gun chunnart.

Gur h-e mo rùn an caiptin
Air an dig na h-airm gu fasanta ;
Thig claidheabh caol an tarsuinn ort,
'S thig gunna glaic nach diùlt dhuit.

Gur math thig deis' dhe 'n sgàrlaid,
'S i ùr o laimh nan tàilleirean ;
Mar ròs am meadhon gàraidh thu,
'S e fàs an am na dùlachd.

Do chalpannan geal fìnealta.
Mar bhradan ann am fior-uisge ;
Troigh shocrach am bròig dhionaich thu,
A bhiodh an sioda dùnadh.

The sealladh sèimh na maighdinn ort,
Tha deanamh cruaidh an t-saighdeir ort
'S do chridhe mar an daoimean
'Deanamh soillse measg gach cùinnidh.

Nam faighinn fhin mar dh' òrdaichinn
Do rogha céile pòsd' agad
Le oighreachd fhearainn shònraichte,
'S ann dhòmhsa nach biodh cùram.

Bu chinnteach mi a àite dheth
Nam 'b urrainn mi a phàigheadh dhuit
Is ged nach biodh am màl agam
Gu'm faighinn dàil is ùine.

Is slat de 'n abhall phrìseil thu ;
Bu dosrach an àm cinntinn i,
Ged 'tha i 'nis air crìonadh ;
Cha'n fheil nì air nach dig mùthadh.

Bu lighiche bha sàr-mhath thu,
Nuair dh' fheuchadh tu le d' làmhan sinn
Mar fhiadh a bhiodh air fànas
Bhiomaid slàn a chum ar tùrna.

Gach greim a bhiodh 'san fhearann so,
Gach tinneas cléibh is anshocair
Gu'n léighseadh tu le d' cheanaltas
Nuair 'thigeadh t' anail dlùth dhuinn.

Fànas, a void space.

ORAN

Mu na gillean òga a chaidh do'n arm.

Luinneag.

'S gann gu 'n tìll sinn a chaoidh,
Dh' fhàg sud m' inntinn fo mhulad ;
'S gann gu 'n tìll sinn a chaoidh.

'So an dùthaich a dh' fhàs brònach,
Dh' fhalbh na gillean òg' aisd' uile.

'S iomad te mu'n cuala réiteach
A bhios greis as eugmhais duine.

Drum' a beatadh 's piob ga 'gleusadh,
'S sinn a dol na'r n-eideadh uile.

Nuair a ràinig sinn an t-Oban,
Thréig ar n-eòlas sinn gu buileach.

Nuair 'rainig sinn Ionarnora,
Shaoil sinn gu'm b' e 'n saoghal uil' e.

Nuair rainig sinn Caisteal Shruileadh,
Fhuair sinn nìonag òg an urra.

Gur h-i Sine bhàn nigh'n Deorsa
'N nionag òg a 's bòidhche 'n Lunnainn.

'S fheudar a glanadh 's a sgùradh,
'S a bhith cùramach mu 'muineal.

Nuair rainig sinn sraid Dhuneideann,
Dh' fheumamaid an ceum a chumail.

Long air acair ann an Lìte,
Théid sinn innte thar na tuinne.

Dhol a nunn do Rugh' an-Dòchais,
Còmhlan boidheach 'mhuinntir Mhuile.

Fhuair sinn sgeul a dh' fhàg sinn cràiteach,
Moch Di-màirt an tràth cur umainn.

Loch-nan-Eala 'dol ga'r fàgail,
'S mac a bhràthar dol do Lunnainn.

Sasunnaich a tigh'nn na'n àite;
'S ciod a bhàigh bhios aca ruinne'.

'S truime mo chridhe na 'n luaidhe,
Nuair chluinneas mi fuaim na druma.

Gheall an coirneal againn fòrlach;
Fath mo leonaidh, b' fheudar fuireach.

'S ann am Muile nam beann fuara
Tha mo luaidh 's a sluagh a fuireach.

'S docha leam i na mo mhathair
A tha 'n diugh cho cràiteach umam.

AM BARD MAC-GILLEAIN.

John Maclean was born in Tiree, January 8, 1787. He received a fair education. He could read and write Gaelic and English. He was a good penman. He married in 1808 Isabel Black, by whom he had six children, Christy, Charles, Archibald, John, Allan, and Elizabeth. He travelled through the Highlands and Islands about 1815, collecting songs. He published his own poems and some poems by others in 1818. He came to Nova Scotia by the ship Economy of Aberdeen in 1819. He settled at Bail'-a-Chnoic in Barney's River, Pictou County. He removed to Glenbard, Antigonish County, in January, 1831. He died January 26, 1848. The poems that he composed in America were published in Antigonish in 1856. The whole of his secular poems were published in Clàrsach na Coille in 1881. His hymns were published in the same year. He was known in Scotland as Bàrd Thighearna Chola and in America as Am Bàrd Mac-Gilleain.

ORAN DO THIGHEARNA CHOLA,

Air do 'n Bhàrd litir-urrais fhaotuinn bhuaithe, agus e dol do Ghlaschu a dh' iarraidh stoc leathrach.

FONN.—"*A chomuinn rìoghail rùnaich.*"

Gur neònach dhomh bhith dìomhanach,
Gun inntreachadh air dàn
Mu chliù an uasail phrìseil ud
Tha 'm Breac-Achadh na fiachalachd ;
Am fear 'thug dhòmhsa 'n cuimhneachan
Nach diochuimhnich mi dha ;
Is ann a ràinig mi dà uair e
'Dh' fhuasgladh air mo chàs.

'S e féin an t-uachd'ran urramach,
Cha 'n urrainn duin' a radh
Gu 'n dìobair e na leanmhuinnich
A thagras ris is earbs' ac' as.
Nuair dh' fhiosraich e le seanachas diom,
'S a thug mi dearbhadh dha,
Gu dé mo reusan dol na 'dhéidh,
Bu ghrad a cheum na m' phàirt.

Cha neònach leam ged 'rinn e sud,
Nan cuimhnicheadh e gnàths
Nan uaislean o'n do ghineadh e,
'Bha fearail, daimheil, cinneadail,
'Bha calma 'n àm na h-iomairte,
'S neo-ghioragach gun sgàth :
'S e 'n cruadal féin an àm na h-éiginn
'Rinn dhaibh feum gu 'n geàrd,

Gur h-iomadh buaidh r'a h-innse
'Bh' air an t-sinnsearachd o 'n d' fhàs
Am faillein maiseach fìnealta ;
Bu choille 'bha gun chrìonaich innt'

Na Leathanaich shean rioghail ;
'S iad nach striochdadh gun cheann-fàth :
Fir gun athadh 'n aodann ghathan
Ann an cath an àir.

Bu tric a dh' fheuch an gaisgeach ud,
Iain Garbh, a neart 's a chruas ;
Bu sheobhag luath gu reubadh e,
Bu leoghann colgarr' creuchdach e
'An Grisiboll nan euchdan,
Is e toirt le 'thréine buaidh :
Sheas e 'aite, ghlèidh e 'n làrach,
'S ghabh Clann-Nèill an ruaig.

Gur h-iomadh curaidh neartmhor
A bha 'm Breac-Achadh le buaidh ;
Gur lionmhor blàr 's na thaisbeanadh
Le Lachainn a chruaidh sgairtealachd,
An saighdear sin bu bheachdaile
De mhacaibh Eachainn Ruaidh ;
Bhiodh e dàna ri uchd nàmhad,
'S làn de bhàigh ri 'thuath.

'S e Tighearna Chola 'n diùlannach
'Tha fiùghantach na 'ghnàths ;
Tha fearalachd a còmhnuidh ann,
Tha onair ann is mòralachd,
Tha gliocas agus eòlas ann
'S tha 'm fòghlum aige 's feàrr.
Gnùis na féile, com nam beusan,
Fear nach geur mu 'n mhàl.

Bu mheasail aig Braid-Albainn
Am fear ainmeil 'tha mi 'luaidh,
A dhaoine treuna, colgarra,
A bhuidheann chliùiteach dh' earb e ris,
'Thoirt facail dhaibh gun chearbaiche,
Gu smachdail, calma, cruaidh :

'S e 'bhiodh dìleas leis a mhìle ud
Nam biodh strì mu 'n cuairt.

'S lionmhor gniomh is gaisge
A tha 'n taice ris le céill.
Gur nàmhaid féidh is earba e,
Le 'ghunna caol neo-dhearmadach,
A siubhal ghleann is gharbhlaichean,
'S a choin a fallbh na 'dhéidh.
Spòrs neo-ainneamh aig' 'sna beannaibh
Na 'chuid fearainn fhéin.

Gur sgiobair ri là gaillinn e
Nach aineolach mu stiùir.
Mar steud-each lùghar, astarach
'S an réis, 's e dian luath, tartarach,
Bhiodh iùbhrach éibhinn, adfhuinneach
A marcachd thar gach sùigh.
Dh' fhàgadh Hobart bhàn gach bàta,
'S i bhith làn na 'siùil.

Nuair choinnich Mac-Mhic-Eòghain e
'S an Oban aig a bhàl,
'S a dh' fhalbh iad leis na bain-tighearnan
A dh' fheuchainn bàta 'Chaimbeulaich,
Gu 'n d' mhaslaich e ga 'h-anntoil i,
A reubadh thonn gu dàn.
Fhuair e suas oirr' air an fhuaradh,
'S chuir e cuairt gu 'sàil.

Slàn iomradh ré a làithean air,
'S a chliù a ghnath 'dol suas.
Nam bithinn 'san taigh-thàirne
Mar-ri cuideachd shunndaich mhànranaich,
Gu 'n òlainn a dheoch-slàinte
Is gu 'm biodh i làn mu 'n cuairt.
Am fiùbhaidh gasd aig' a bheil tlachd
'S gach ni 'tha ceart 's bu dual.

ORAN DO THIGHEARNA CHOLA,

Nuair a cheannaich e Eilean-nam-Muc.

FONN.—"*'S i deoch-slainte 'n righ a's fearr leinn.*

Thàinig naidheachd a Dunéideann,
Thug an sgeula dhomh toilinntinn,
Gu'n deach Alasdair air chuairt,
An diugh a chuala mi le cinnt' e
Nuair a chaidh e 'm measg nan uaislean
Fhuair e buaidh air na bha cruinn ann ;
Thug e dhachaidh còir an àite
Ged a b' fhada càch a strì ris.

Bha gach tighearn' air son fhaotuinn
'S iad ga 'dhaoradh ann am prìs air.
Cha robh 'n gnothach dhaibh na 'shùgradh
Bho'n a ghlachd e 'chùis na 'inntinn :
Bhiodh e dimeasach ri 'bheò leis,
Bho'n a bha e 'n còir a shìnnsre,
Gu'n leigeadh e bhuaith' an t-àite.
Ged a dh' àrdaicheadh e mil' air.

Rinn e gniomh a bha neo-chearbach,
'S math gu 'n d' fhalbh e air an t-saothair ;
Bha mòran cruinn de luchd-airgid,
Thug e tairgse 'chuir mu sgaoil iad.
Aige féin tha 'n t-eilein boidheach,
'S fad o 'n bha e'n tòir air fhaotuinn ;
'S iomadh aon aig an robh sùil ann.
Nan leigteadh ga 'n ionnuaidh saor e.

Tha 'chuid tuatha uile air sòlas
Ris an dòigh 's a bheil e 'gluasad :
'N oidhche 'thainig fios ga' n ionnsuidh
'Thaobh na h-ionndrainn a bha uatha

Chit' a dearrsadh ris na speuran
Teinntean cibhnis air gach cruachan,
'S iad ag òl air a dheoch-slàinte
De'n dìbh làidir 'bha gun truailleadh.

Bu bheag ionghnadh mar a bha iad
'Gòl deoch-slàint' an àrmuinn uasail ;
An cùl-taic' ri uair am fàilinn
Nach faic càs orra gun fhuasgladh ;
Tha e iochdmhor 'àn de cheartas,
Cha b' e chleachduinn a bhith cruaidh orr'.
Uachdaran cho math 's a tha 'n Albainn,
Ged a sheachaisteadh mu'n cuairt iad.

Gur a h-ainmeil am measg sluaigh e,
'S aobhar uaill d' a chinneadh mòr e,
Clann Ghilleain a bha lionmhor,
Na fir rioghail dha 'n robh mhòrchuis.
Cha do dh' ionnsaich iad, le giorag
Ann an iomairt no 'n tùs còmhraig,
Gu 'n tairneadh iad ceum an t-slinnein ;
'S grad a thilleadh iad an tòrachd.

Bha iad misneachail le cruadal
'Dh' fhaotuinn beaidh 's a h-uile còmhdhail,
'S fad' a chluinnteadh fuaim an clàidheau
'Gearradh chnàmh is fuil ga 'dòrtadh.
'S e fear aca 'bheaill a bhuille
Fhuair an t-urram latha Lòchaidh.—
'S e na thuit diubh 'n Inbherchéitein
Thug an dìth orra 's bu mhòr e.

Fhuair e 'nis a dh' ionnsuidh làimhe
Mar a b' àill leis o Chlann-Dòmhnaill ;
Bhuannaich e air ais le 'thapadh
Na thug Lachainn daibh le gòraich.
Leanar tuilleadh ris an àite,
'S ann a cheanglas an Tighearn òg e

Ris a chrùn gu daingeann làidir,
Gun dad fàilinn o Righ Deòrsa.

Ma bhios Eòghan fearail, cliùiteach,
Mar bu dùthchas da o sheòrsa,
'S e a leanachd an deagh chleachduinn
'Tha e 'faicinn, mar bu chòir dha,
Bidh e 'meudachadh na h-oighreachd,
Gun a cur an cuingid òirleach.—
Ceum air adhart dha, mo dhùrachd,
Biodh gach cùis a dol ri bheò leis.

'S lionmhor caraid ann an Albainn
Aig fear ainmeil nan deagh dhoighean,
Nam biodh uireasbhuidh no feum air
'Dheanadh éirigh leis gu 'chòmhnadh ;—
Fineachan tha làidir treubhach,
'S iad nach géilleadh anns a chòmhrag ;
Bhiodh iad dìan mar theine lasrach
Roimh ghaoith bhrais a losgadh còmhlaich.

Tha ceann-feadhn' an Loch-a-Buidhe
Thigeadh uidheamach na 'chòmhdhail,
Le chuid daoine féin mu 'n cuairt da
Air an tarruinn suas an òrdagh.
Dh' éireadh a duthaich shil Eachainn
Na fir bheachdail, neartmhor chròdha,
Daragan nach gabhadh lùbadh,
'S cha bu chùram daibh cion eòlais.

Gu 'm bu luath leat Mac Mhic Eòghain
Le 'fhir theòma, ghuineach, dhàna,
'Dheanadh euchdan anns a chaonnaig,
'Gearradh smuais' le faobhar stàilinn ;
Mac. Leòid Dhun-Bheagain 's a dhaoine
Nach bu tais ri aodann làmhaich ;
'S Mac Dhomhnaill Duibh le Clann-Chamaroin,
Buidheann cholgarra 'san àraich.

Gu'm a slàn do 'n àrmunn ainmeil
A dh' ùraich seanachas an drasd dhomh ;
Gu'm a buan am fear a cheannaich
Bho Mhac 'Ic Ailein an t-àite.—
'S mi gu'n cosgadh i le sòlas,
Ged a chuirinn òr ga 'pàigheadh,
Deoch-slàinte 'n Alasdair euchdaich,
Mo chùll-taic' nuair 'thréigeadh càch mi.

DO THIGHEARNA CHOLA.

Air do Thighearna Chola bhith air chuairt anns an eilein Sgitheanach, agus ag coiseachd ann air feadh na h-oidhche, thuit e leis na creagan, agus bha e ann an cunnart bàis.

FONN,—"*Gur h-e mise th' air mo chràdh.*"

Thàinig naidheachd do 'n tìr
Nach bu mhisd sinn ga 'r dìth,
Ged nach biodh i cho fìor
Bha i muladach dhuinn :
'S ann a chualas le cinnt
Gu bheil Alasdair tinn fo éislein.
Gu bheil' &c.

'S mor mo chùram an dràsd
Gur h-e teachdair' o'n bhàs
Thàinig ealamh na 'dhàil
Is a leag e gu làr
Leis na stallachan àrd,
'Cur nan saighdean an sàs gu geu ann.

Tha e cruadalach leam
A bhith 'smaointinn 's gach àm
Gu'n do bhuail iad na 'cheann
Is na ghualainn 'sna 'làimh

'S gu'n do thuit e 'sa ghleann,
'S e gun chlaisteachd gun chainnt, gun lèirsinn.

Gur a soilleir a bheàrn
As ar cinneadh gu bràth
Mur a h-éirich e slàn
Bho na h-acaidean cràidh.—
Co a ghabhas ar pàirt
Ged a chaithear gach là oirnn eucoir'.

Ma 's e so a cheann-crìch'
Bidh sinn tursach ga 'chaoidh ;
Ar cùl-taic bidh ga 'r dìth.
Cha robh duin' ann r'a linn.
'Dh' fhaodadh tamailt 'thoirt duinn
Bho 'n 'bha esan na dhion mar sgéith dhuinn.

Gur h-e 'n turas gun bhuaidh
A thug Alasdair bhuainn,
Nuair a chaidh e air chuairt
Leis a bhàta mu Thuath :—
Cha 'n e cunnart nan stuadh
'Dh' fhág a chinneadh cho truagh mu dhéibhinn.

'S truagh nach robh mi ga 'chòir
'S a bhith sgileil gu leòir,
Ann an ionnsachadh mòr
Mar na Muilich nach beò :*
Dheanainn leigheas d'a leòin.
'S bheirinn fuasgladh da dhòruinn chreuchdaich.

Tha mi smaointinn gun tàmh
Thu bhith 'd shìneadh 'sa chàrn,
'Fhir a dh' fhuasgladh mo chàs.—
Craobh de 'n abhall a b'fheàrr
A rinn cinntinn fo bhlàth
Anns a choille a b'àirde geugan.

Tha do thuath anns gach àit.'
Fo throm mhulad an dràsd ;
'S goirt an gearan gach là
'S cha bhith sunnd ac' air stà
Gus an déid thu na's feàrr :—
'S beag an t-ioghnadh ged tha iad deurach.

Bu tu 'n t-uachdaran gasd,
'S mòr an uaisle bha 'd' bheachd :
Bha thu reusonta, ceart ;
Bha thu caoimhneil le tlachd
Ris gach aon 'bhiodh an airc ;
'S tu nach togadh na mairt an éirig.

Tha mo dhuil anns an Tì
A tha riaghladh gach nì
Gu 'n dig ath-sgeul 'bhios binn
Is gu 'm faic sinn a rìsd
Ann an spionnadh gun dìth,
Mar bu mhiann leinn na d' thìr féin thu.

---

* The Beatons of Mull were famous doctors. They wrote on medicine in Gaelic and Latin.

DO THIGHEARNA CHOLA.

Air do'n Bhàrd mòran de dh-àrain a chruinneachadh 'feadh na dùthcha chaidh e leotha do Dhunéideann, ann an dùil gu 'm faigheadh e cuideachadh gu 'n cur am nìach bho 'n Chomunn Ghàidhealach. Cha dug a chuideachd fheumail sin mòran misnich dha. Nuair a dh'fhag e 'n taigh bha dùil aige gu 'n tachradh Tighearna Chola air an Dunéideann ; nuair a ràinig e, 's ann a bha esan an Sasunn.

FONN.—"*Tha tasgaidh bhuam an diomhaireachd.*

An ceanna-bhaile na rioghachd so
Tha uaislean suairce siobhalta
'Tha 'n tòir air cainnt an sinnsearachd
A chumail suas, 's nach diobair i.
Ged leigeadh treis air dichuimhn' i
Gu bheil i 'nis air cinntinn
Anns gach tìr 'san robh a h-eolas.
Gu bheil i nis &c.

Bha cuid de dhaoine 'g innse dhomh
Nan cuirinn cruinn an sgriobhainnean
Na h-òrain bhlasda phrìseil sin
A dh' fhàg na bàird mar dhìleab dhuinn,
'S a gheibhear anns na crìochaibh so,
Gu 'n dugteadh duais is fiachan dhomh
Bho 'n Chomunn rioghail, chòir ud.

Ged sgrìobh mi sios na 'h-ealaidhean
Bho 'n ràinig mi 's mi aineolach
'S nach robh fear-daimh no caraid ann
A ghabh mo phàirt, no 'shealladh orm,
Cha dug iad mòran geallaidh dhomh,
'S ann 'thuirt iad, "rinneadh mearachd oirnn
Ga 'r mealladh anns an t-seòl sin."

Gur h-ann an sin a dh' ionndraich mi
'M fear ruadh dha 'n dual bhith ceannsgalach
'S a sheasadh 'n àm na teanntachd mi
Am measg nan uaislean Gallda sin,
'Bha 'g imeachd air na cabhsairean,
Ged bha mi tric a sealltainn orr,'
Cha 'n fhaicinn ann an Còirneal.

'S e sud an laoch a chliùthaichinn
'S an dàn le inntinn dhùrachdaich ;

An sàr dhuin' uasal ionnsaichte.
Gur caoimhneil, bàigheil, cùirteil e
Na 'thalla fialaidh fiughantach
'S gur pailt gach nì fo stiubhartaibh
'Chur rùm na cuirm an òrdagh.

Nuair bhiodh na h-uaislean cruinn aige,
Na'n suidh' aig bòrd na dìnnearach,
Bu shiùbhlach meòir nam piobairean
A cluich air feadainn llomharra
Gu fonnmhor sunndach, inntinneach,
'S gach deoch bu bhlaisde brìoghalachd
A dol an gnìomh nas òr-cheard.

Bhiodh òl mu 'n bhòrd gu toirbheairteach
Gun airc, gun seòrsa 'teirgsinn ann,
Gach aon bhiodh sunndach, seanachasach,
Gun leòn, gun bhròn, gun dearmail orr'.
Gach nì bhiodh mar a b' iomchaidh dhaibh
'S an teaghlach ghreadhnach, shuilbhearra
'S an caitht' a chuirm le sòlas.

A theaghlach tha mar bhuineadh dhaibh,
Le 'n tlachd 'sa bheus a chunnaic iad ;
Gur caoimhneil a toirt cuiridh iad,
Gur bàigheil a cur furain iad ;
Gur h-ainmeil aig luchd-turais iad,
Gur tric daoin' uaisle urramach
Air chuairt a fuireach còmhl' ris.

Gach nì tha 'ghnàth gun uireasbhuidh
'S an tùr 'an lionmhor uinneagan :—
Dh' athnuadhaich e bho 'n uiridh e,
Gur bòidheach mar a chumadh e,
Gu ceàrnach, stuadhach, turaideach ;
Air àirde chuir e tuilleadh ris
'S gu'n d' fhàg e 'mhulach còmhnard.

Nuair 'thilleas e do 'n rioghachd so
Gu aitribh a chur dìon' oirre,
Gu 'àite-còmhnaidh inntinneach,
Théid mi a null is chì mi e,
Is gheibh mi caoimhneil dìleas e ;
Cha bhith mo shaothair dìomhanach ;
Théid i gu crìch le 'comhnadh.

DO RAONALL DOMHNALLACH TIGHEARNA STAFA,

Nuair a bha e 'n lagh ris an Robastanach, airson eucoir a dheanamh air daoine bochda a bha e 'toirt do dh-America.

FONN.—*Gur mise tha gu fastalach.*"

Gu'n robh mi treis a fuireach
Dh' fheuch an cluinninn dad bho chàch,
Ach bhò nach d' rinn iad ullamh e
Cha dean mi tuilleadh tàimh.
Gu'm bi mi nis a tòiseachadh
Gu seòl a chur air dàn. —
'S ann 'shaoileadh neach gu'n d' fhalbh
Na bha de sheanachas aig na bàird.

Is cinnteach mi nach d' fhalbh e,
Ged thug dearmad orr' an dràsd
Gun Raonall òg a chuimhneachadh
Dha 'bheil an inntinn àrd ;
Am fear a tha cho saothrachail
Air son nan daoin' 'tha 'n càs,
Ri toirt a mach a cheartais daibh,
'S tha sin na 'bheachd a ghnàth.

'S e féin am fior dhuin' uasal
Air nach faodar gluasad ceàrr,

De Dhòmhnallaich a chruadail
'S tric a bhuannaich anns na blàir ;
Gur h-ann air Staffa 'staoilear e
Ma dh' fhaighneachdas sibh e,
'S tha 'n oighreachd sin am bann aig'
Fhad 's a bhuaileas tonn ri tràigh.

'S fear-lagha fiosrach ionnsaicht' e
'Fhuair cliù 's lu dù sinn da :
Tha gliocas tuigs' is riasantachd
Na 'chridhe fialaidh blàth.
Gur glan a dhearbh e 'fhiachalachd
Nuair 'sheas e dìleas, dàn,
Air taobh nan daoin' a chiosnaicheadh
'S iad air an luing an sàs.

Bha 'n Rolastanach eucorach
Ga 'n éigneachadh air bòrd ;
Chuir e gu mòr an teanntachd iad,
Gur gann a dh 'fhan iad beò.
B' i sin an naidheachd uamhasach,
Bha 'n tuagh aige na 'dhòrn,
'S e maoidheadh air a cheann 'thoirt diubh
Mur tionndadh iad ga 'n deòin.

B' e òrdagh teann do 'n stiùramaich'
An cùrsa 'chur mu 'n cuairt ;
Is b' éiginn daibh a sgrìobhadh dha
Gu 'n d' thill iad ri an-uair.
Gu dalma bhrist e 'chumhnantan,
'S an cuid ga 'spùinneadh bhuap'.—
Cha tric a chunnacas aintighearna
Cho gionach, aingidh, fuar.

Nuair chuala Raonall Dòmhnallach
Mu 'n t-seol a rinn a bhéist,
'S mu fhulangas nan Gaidheal

Gu 'n do rinn a nàdar leum,
Gu dian na 'aghaidh thòisich e
Ri còmnsachadh gu geur,
'S cha sguir e dheth 's am fògrar e
Gu còrsa Bhot'ney Bay.

Nam biodh na h-uaislean eile
Ann an eireachdas d'a réir,
Bhiodh meas ac' air an iochdarain,
Is dh' iobradh iad an spréidh.
Nam biodh iad mar bu chòir dhaibh.
Ann an tròcair, iochd, is eud,
Cha leigeadh iad an t-uallach so
Mu 'ghuaillibh-san leis féin.

A dh' aindheòin eucoir 's aingidheachd
Thig e ri àm an àird :
Tha beannachdan nam milltean leis
'S e toirt do 'n fhìrinn gràidh.
Na bochdan tha gu dùrachdach
Ag ùirnigh leis gach là ;
'S tha ainm am beul gach dilleachdain
Mar charaid dìleas, blàth.

DUANAG

Do Mhaighstir Iain Mac-Gilleain, ministear Chola.

FONN.—"*S iad mo rùn na fir gheala.*"

Thoir mo shoraidh le dùrachd
Thar an aiseig a null
Gu Maighstir Iain tha 'n tùr Airileoid.
Thoir mo shoraidh, &c.

'Sin an t-oganach siobhalt
'Tha gun mhòrchuis na 'inntinn ;
Tha e eireachdail, grinn air gach seòl.

Tha e uasal na 'thighinn
Agus suairce na 'bhruidhinn,
'S tha e fiughantach, cridheil gu leòir.

'S furasd' aithneachadh bho 'nàdar
Gur a h-ann de 'n fhuil àird e
Thug do dh-Alb' iomadh sàr bu mhòr glòir;

Clann-Ghilleain a shinnsreadh,
Cinneadh àrdanach, rioghail,
Dha 'm biodh brataichean riomhach de 'n t-sròl.

Sin an dream a bha cliùiteach,
'S nach bu tais gu toirt cùis diubh;
Gu'n robh Dubhairt car ùin' ac' an còir.

Tha e dùbailt' an càirdeas
Ris na fir tha mi 'g ràitinn,
A bhiodh cruadalach, dàna 'san tòir.

'S tha e dlleas r'a sheanachas
Do Loch-Iall 's do Chlann-Chamaroin;
Buidheann Abrach tha calm' air gach dòigh.

'S gu 'n do rinn iad sinn fhiachainn
Nuair 'bha 'n rioghachd s' ga 'riasladh;
Sheas iad Eòghan trì bliadhn' agus còrr.

Tha e ionnsaichte, fiosrach,
Tha e caoimhneil, làn misnich;
Cha 'n fheil aon dad a's misd e ga 'chòir.

Cha 'n fheil gainne no crìn' ann,
Cha do chleachd e bhith miodhair
An àm suidhe no diolaidh mu 'n bhòrd

'S e sin cridhe na féile;
Bha mi tacan an dé leis;
'S gur a math leam deagh sgeul air r'a bheò.

Sgeula b' ait' leam a chluinntinn
E bhith socrach 's an tìr so
Gus an rachadh a stìpinn na 's mò.

'S gu'm bu mhath leam an déidh sin
E bhith pòsda ri céile,
'N té bu mhiannach leis fhéin ge b' i òigh.

The Rev. John Maclean was born at Grandtully, Perthshire. He became minister of Coll in 1813. He was a short, stout, and strong man. He was a Maclean to the back-bone, and was always ready to quarrel with an Argyll Campbell. He died in Coll, July 16, 1834. He was never married.

CUMHA

Do Mhr. Eamunn Mac-Cuinn, ministear Bharra.

FONN.—"*Gaoir nam ban Muileach*,"

Thàinig sgeula bho Uibhist
'Mheudaich bròn do bhean Chuibhir;
Chuir e 'sùilean gu snighe,
'S goirt a ràinig e 'cridhe;
Bha a céile gun bhruidhinn
Air a chàradh na 'uidhim;
Ged nach b'ann air son tighinn na 'shlàinte.

Tha i muladach deurach
A sior-chumha mu dhéibhinn;
Dh' fhalbh a h-aighear 's a h-éibhneas,
'S fear na misnich 's na céille
Air a phasgadh 'sna léintean,
'S a làmh fhuar aig an eug air,
'S fir ga 'ghiùlan air spéicean gu 'bhàta.

Ann an ciste chaoil, chuimte,
'S i gu teann air a dlùthadh
Bha 'n duin' eireachdail, cliùiteach
'Dol na 'bhàta gu 'dhùthaich
'Chum a leigeal 'san tunga,
'S e an suain as nach dùisg e
Gus an gairmear gu cunntas sliochd Adhaimh.

B'e 'n cead muladach cianail
'Ghabh a bhean dheth Di-ciadainn ;
Chaill i 'companach ciatach,
Am fear fiùghantach, fialaidh.
'S beag an t-ionghnadh i 'liathadh
'S i gu brònach ga 'iargainn
Bho na chuireadh 's an lion-eudach bhàis e.

Ann an leaba na h-ùrach,
Fo na clàir air an dùnadh,
Dh' fhàg i aobhar a h-ionndrainn,
'S i mar luing 'bhiodh gun chùrsa
Ruith air cladach gun chriù oirr',
Gun fhear-eòlais no stiuraidh,
'Chaill a combaist, a siùil 's a croinn àrda ;

No mar chraoibh air a rùsgadh,
'Bhiodh gun duilleach gun ùbhlan,
Ach gu glan air a spuineadh,
Is an stoc mar bu dù dha
A sior-chrionadh 's a sùghadh
Ann an toiseach na dùbhlachd,
'S cha chuir earrach no lunasdal blàth oirr'.

'S ann mu thràthaibh na Bealltainn,
Nuair bha 'n saoghal a sealltainn
Maiseach, éibhinn, neo-fhallsail,
Fhuair i 'n deuchainn 'bha teann oirr,
A dh' fhàg éisleineach fann i,

'Dh 'fhag mar choluinn gun cheann i ;
Chaill gach lus agus crann dh' i an àilleachd.

Tha i brònach ro uaigneach,
Gun toillinntinn ri uaislean,
'S i gun chéile ri 'gualainn.
'Stric na deòir air a gruaidhean
'Caoidh an fhir nach robh gruamach.—
'S goirt an t-saighead a bhuail i
Nuair a thog iad air ghluasad bho thràigh e.

'S iomadh sùil a bha galach
'S e ga 'ghiulan aig fearaibh
'Dhol 's a chrùisle am falach.—
B' e 'n duin' uasal r'a fharraid
Maighstir Eamunn a Barra,
Cha robh 'leithid ach ainneamh
Bho'n a dh' eug Maighstir Ailein a bhràthair.

Bha e taitneach na 'sheanachas,
Bha e measail ro ainmeil,
Bha e foghainteach calma.—
'S gu'm bu sgiobair air fairg e
Nach robh gealtach no leanabail
Mar is tric rinn e 'dhearbhadh,
'S e cho math 's a bha 'n Albainn mar shnàmhaich'.

Bha e misneachail meanmnach,
Bha e cumadail dealbhach,
Gu'm bu churaidh gun chearb e
Dheanadh ceannard air armailt,
Ann an spionnadh 's an anfhadh,
Nan do chleachd e'n tùs aimsir',
'Bhith ri sgathadh is marbhadh 'sna blàraibh.

'S ann a shocraich e 'inntinn
'Dhol a leughadh a Bhiòbuill

Is a liubhairt na fhinn
Mar dheagh theachdaire cinnteach.—
'S iomadh comhairle dhìleas
'Thugadh seachad ri thìm leis
'S e ag innse mu'n Ti sin 'thug gràdh dhuinn.

'S maith a dh' aithnich e'n saoghal
Fhad 's a bha e air faotuinn,
Bha e truacanta daonnach,
'Dheanamh feum 'bha e saoithreach,
Bha e iriosal acidheil,
Aig gach duine bha gaol air
Gus na chuireadh 's a chaol-leaba chlàr e.

Cha 'n fheil stà dhuinn bhith tuireadh
'N fhir 'chaidh null air a thuras,
Thig am bàs air gach duine,
Cha dean foghlum no urram
Neach a theàrnadh bho 'bhuille,—
Guidheam Teàrlach a dh' fhuireach
'Thoirt toilinntinn na 'mulad d'a mhàthair;

'S e bhith cruadalach, fearail,
Mar bu dual d'a o sheanair
'Chòisinn buaidh air na Gallaibh,
A thug cùis dhiubh a dh' aindeoin,
'S a fhuair cliu do Mhac-Cailein
Nuair a thilg e chlach-eallaich :—
Chuir e suas air an fhearann thar chàich i.

Faicear àrd e an urram
Mar 'bha Còirneal na Sgurra
'Tha 'n diugh, aobhar mo mhulaid,
'S e na shìneadh air uilinn
Ann an seòmar nan uinneag,
'S ann a dh' fhalbh 'uainn gu buileach,
Sliochd Néill Bhàin a bha curanta dàicheil.

The Rev. Edmund MacQueen was married to Isabella, daughter of Charles Maclean of Scour, and sister of Gilleasbuig na Sgurra. The Macleans of Scour were descended from Neil Bàn, the founder of the house of Boreraig, the first branch of the family of Ardgour.

CALL NA CAILIN.

Chaidh Niall Mac-Gilleain, "am maor Bàn," Lachainn Domhnallach, mac Dhòmhnaill, mhic Chaluim, agus Niall Domhnallach, mac Sheumais mhic Chaluim, triùir dhaoine a mhuinntir Thiriodh air ghnothach do dh-Ile. Nuair a bha iad a tighinn dachaidh chaidh an call aig na Suacain an Tiriodh. B'e A Chailin ainm a bhàta aca.

'S ann Di-sathairne 'chualas
Sgeul bu chruaidh a bhith fìor,
Gu'n do chailleadh na daoine
Dh 'fhàg an Caolas bhuainn fhìn,
Dh 'fhalbh 's a mhaduinn Di-dòmhnaich
Fo àrd sheòl as an tìr.
Ged a thill sibh gu còrsa
Gu'm bu bhròn ìch sud dhuinn.

Ged a thill sibh ga 'r n-ionnsuidh
Ann an ùine ro ghearr,
Ann an àite toil-inntinn
Bha sinn lìonte le cràdh.
Chaidh 'ur call aig na Suacain
Anns na stuadhan gun bhàigh;
'S cha b'e gainnead 'ur n-eolais
'Chuir fo sheòl sibh do 'n àit'.

Gur h-e 'n oidhche bhith dorcha,
Is an stoirm a bhith àrd,

'Chuir a Chailin ga 'n ionnsuidh
Ann an tùs a mhuir-tràigh',—
Gu 'm bu chruaidh leam 'ur glaodhaich
Nuair a sgaoil i na 'clàir,
'S nach robh duine g' ur n-éisdeachd
Dheanadh feum dhuibh n' ur càs.

Och, a Sheumais 's a Dhòmhnaill,
'S goirt leam dòruinn 'ur crìdh ;
Fhuair silbh greadan am bliadhna
'Rinn 'ur liathadh roimh 'n tìm.
Thugadh bhuaibh na fir chalma
Nach robh cearbach air gnìomh ;
Bu deagh sgiobairean fairg' iad,
'S tric a dhearbh iad gu'm b' fhìor.

Tha do mhàthair trom tùrsach,
'S i ga t' ionndrainn, a Nèill,
'S beag an t-ionghnadh dhi fhéin sin,
Chaill i h-éibhneas gu bràth.
Com na ciataibh gun bhruaillean
Anns gach gluasad a b' fhearr.
Cha robh coir' ort r'a faotuinn
Ach do shaoghal bhith geàrr.

'S trom 'tha 'n sac s' oirr' air drùdhadh,
Tha i brùite gu leòir,
'S i ri smaoiatinn mar bhà thu
Ann an sàs 's gun i 'd chòir,
'S truagh leam t' athair 's do bhràithrean
A cur asuig air seòl
'Dhol ga t' iarraidh le sgriobain,
'S tu na d' shineadh 'san ròd. *

Tha do cheile na h-ònrachd,
'S tric na deòir air a gruaidh,

* Ròd, sea-weed.

Gu 'm b' e 'm mi-fhortan mòr dhi
Nach robh 'm pòsadh ud buan.
Thug i gaol dhuit an toiseach,
'S cha do choisinn thu fuath,
Is nam faigheadh i h-òrdagh
Bhiodh i còmhl' riut 'sa chuan.

Gu bheil Fionnaghal nigh'n Iain
Tric a saigheadh gu trom ;
Cha 'n i cheud chreach a leòn i,
Ged bu mhòr i 'san àm ;
Ach bhith cuimhneachadh Lachainn
Bhith fo shlachdraich nan tonn,
'S i gun mhac aic' na t' àite,
'S bochd a làrachd 's i lom.

Tha do pheathraichean deurach,
'S iad fo éislean gach là ;
Chaill iad ceannard na riaghailt,
Làmh a dheanadh dhaibh stàth.
Bho nach dàinig thu dhachaidh
Bidh an aitreabh gun àird ;
'S e do thàmh anns an fheamainn
Cùis an gearain 's an cràidh.

Bho na rinneadh do mhilleadh,
'S tu air iomain nan stuadh.
'S bochd am moch-éirigh mhaidne
Air a chladach lom, fhuar,
'S iad ga t' iarraidh gu d' chàradh
Ann an sàmhchair na h-uaigh'.—
'S aobhar bròin iad r' am faicinn,
'S an cùl-taic' aca bhuap'.

Leam is duilich r'a innse
Nach do thill thu, 'Nèill Bhàin,

Mar a dh'iarramaid t' fhaicinn,
Bho Phort-Asgaig le d' bhàt'.
Chaill an tuath am fear-comhairl'
Anns gach gnothach a b' fheàrr ;
Fhuair iad clisgeadh gun fhios dhaibh
'Thug am misneach gu làr.

'S math a ghleidh thu do phosta,
Cha do choisinn thu diumb ;
Bha thu measail aig uaislean,
'S chuir an tuath annad ùidh,
Cha bhiodh t' fhacal ga 'n dìteadh
No cur 'sios air an cùl,
Aig gach duine bha gaol ort,
Bu tu 'm maor a b' fheàrr cliù.

Làmh bu ghrinn air an sgriobhadh,
Bhiodh e cinnteach o d' mheòir.
Cha bhiodh mearachd ad chunntas,
'S tu nach mùchadh a chòir.
Bha thu léirsinneach, fiosrach
Bha thu tuigseach, gun phròis.—
B' aobhar mulaid do 'n àite
Thu bhi bàite 'san ròd.

Bu tu cridhe na féile
Nach dug spéis do bhith crìon,
'Fhir a b' àlainne cumachd
Bho do mhullach gu d' bhuinn.
Nuair a chruinnich do chàirdean
'Dhol ga d' chàradh 'sa chill,
'S iad a dh' fhaodadh a ràitinn
Gu'm bu bheàrn thu ga 'n dìth.

Taing do 'n Tì sin tha cumail
Stiùir na cruinne na 'dhòrn,

'S a thug leis as an t-saoghal so
Na daoine ud le còir,
Gu 'n do thilg e gu cladach
An cuirp gheal' as an rod ;
Sguir an càirdean ga 'n iasgach,
Fhuair iad riarachadh mòr.

Neil M'Lean and those with him were drowned in March, 1809. Mr. M'Lean had gone to Islay for Macintosh, the receiver of wreck, a ship with a cargo of linseed having been cast ashore in Tiree.

BARDACHD ALASDAIR MHIC-FHIONGHAIN.

Goirid an déidh bàis Mhic-Fhionghain fhuair am Bàrd sealladh bho 'bhantraich de na h-òrain a dh' fhag e sgrìobhte. Chòrd iad ris gu h-anabarrach math air son doimhneachd an cainnte, agus air son an t-snas leis a bheil iad air an cur r'a chéile.

FONN.—"*Gur a muladach sglth mi.*"

Fhuaradh sealladh Di-luain leam
'Dhùisg mo spiorad gu gluasad ;—
Leugh mi dàin a bhaird luadhmhoir nach beò.
Fhuaradh sealladh, &c.

Ged nach faca mi riamh thu
Tha mi 'g ionndrainn gu'n thriall thu,
'Fhir bu chomasaich' briathran is glòir.

Ghabh mi beachd air do sheanachas
Mar a chinn e bho t' eanachainn ;
Dh 'fhàg thu sgrìobht e gun dearmad bho d' mheòir.

Tha do shaothair mar dh' earbainn
Ann an òrdagh gun iomrall ;
Cha 'n fhaigh bàird oirre cearbaich' no sgòd.

Thug a cheòlraidh le spéis dhuit
Gach buaidh inntinn 'bha feumail
A chur ealaidh gu ceutach air dòigh.

Thug iad gibht dhuit an uaigneas
Nach doir innleachd a nuas oirnn,
'S nach dean fòghlum a bhuannachd na 's mò.

'S mór an tlachd a bh' aig uaislean
Dhiot nan comunn air uairibh ;
'S lionmhor cuireadh a fhuair thu gu 'm bòrd.

Bhiodh na h-òrain bu ghrinne
Sunndach, fonnmhor, le binneas
'Tigh'nn gu pongail o bhilibh do bheòil.

'S tric a thug thu dhaibh sgeula
Mu na blàir 'bha 's an Eiphit ;
'S cha bhiodh mearachd, no breug ann, no sgleò.

Bu tu saighdear a chruadail
Ri uchd tein' agus luaidhe ;
'S iomadh cath anns na bhuannaich thu leòn.

C' àit an cualas ach ainmig
Riamh 'sna cearnaibh so dh' Albainn
Aon thug bàrr ort 'chur seanachais air dòigh.

'S mór an dìleab a dh' fhàg thu
Na do dhéidh aig na Gàidheil,—
Dh' eug thu-féin ach do dhàin mairidh beò.

CUMHA DO DHI-IAIN CAIMBEUL, AN SGAIRINNIS.

Bha 'n duine òg so na cheannaiche ann an Sgairinnis an Tiriodh. Chaidh e le dròbh gu margadh Dhùini. As a sinn chaidh e do Ghlaschu a cheannach bathair. Dh' fhàs e tinn ann an Grianaig 's e air an t-slighe dhachaidh. Bha e na 'chorp an ceann thrì làithean.

'S ann 's a bhliadhna 1817 a chaochail Iain òg Sgairinnis.

FONN.—"*C' ar son nach tòisichinn 's a champa.*"

'S e 'n sgeul 'thàinig a Grianaig oirnn
Fàth m' iargainn is mo bhròin ;
Gur tric a tigh'nn fo shuim dhomh e
Ga 'chuimhneachadh gach lò.
An t-òigear uasal slòbhalta
Bh' air chuairt 's an talamh ìseal so
Tha 'n diùgh gu ùir a crìonadh
Ann an dòmhaireachd fo 'n fhòid.

Di-dòmhnaich dh' fhàg e Glaschu
Is e 'g astrachadh gun leòn ;
Bha e gun bhròn, gun airsnealachd,
'S e làidir, bras 's gach dòigh.
Di-luain ghrad bhuail an acaid e,
Di-màirt bha 'm bàs ac taice ris,
Di-ciaduinn chaidh a phasgadh
'S e gun chlaisteachd air a bhòrd.

Is ann gun fhios dà chàirdean
A bha deuchainn ghàbhaidh 'n òig,
Cha robh a h-aon diùbh làmh-ris
Gus a chàradh mar bu chòir,
Bha 'n t-eug a streup gu làidir ris,
Bha saighead gheur an sàs aig' ann,

'S aig crìch bha thìm 's an fhàsach so
Ri ùine gheàrr gu leòir.

Is muladach a mhàthair
Air a sàrachadh le bròn,
Is athair cha 'n e 's feàrr tha dheth,
'S an cràdh an déidh a leòn,
A smaointinn air an àilleagan
A dh' imich leis na bàtaichean
Nuair 'ghluas e roimh Fhéill-Màrtuinn
As a Ghàidhealtachd le 'dhròbh.

B'e so an geamhradh deurach
Thug sgrìob gheur orra bha lom ;
A h-uile latha 'dh' éireas iad
Tha iad neo-éibhinn trom.
'S e dh' fhàg gun lùths gun léirsinn iad,
Gu 'n robh am fear nach tréigeadh iad
Ga 'phasgadh anns na léintean
Is gun aon diubh féin air teann.

'S ann fo na bùird na 'shìneadh
A tha 'm fear bu shlobhalt' cainnt,
An cridhe glan 'bha firinneach
Gun fhoill, gun ghiamh, gun mheang.
Tha 'phàrantan mar dhilleachdain,
'S am bròn an déidh an còsnachadh ;
Tha 'n deòir a ruith gu dian-fhrasach,
Gach là na'n cridh' tha toll.

Gur h-ann an tùs a gheamhraidh
An deidh shamhna teann air mios'
'Bha dùil aca bhith fàilteachadh
An àilleagain do 'n tìr.
Bu chruaidh am fios a ràinig iad
'S a chiste chaoil gu'n d' chàradh e ;
Bha bròn an ionad gàirdeachais ;
Bu chràiteach a bha 'n crìdh.

Bidh cuimhn' ac' air a bhliadhna so
'S iad iargaineach, gun fheum ;
Gu 'n d'fhuair iad mòran riasain
A bhith cianail as a déigh.
Ged bhiodh iad òg gu'n liathadh iad
Ri caoidh an fhir as riaraich iad ;
Gu 'n deach gach cùis bho riaghailt
Bho na thriall e gus an fhéill.

Tha 'bhùth an déidh a ghlasadh
Far 'm bu chleachduinn leis a bhith,
' S a leabhraichean an tasgaidh ann
Bho 'làimh bu ghasda 'sgrìobh.
Bu ghrinn e-féin ga'n ceartachadh
'S bu shlobhalta r'a fhaicinn e ;
Bu bhòidheach cuma pearsa
Do 'n fhear dheas bu sgairteil gnìomh.

Bu tùrail, eòlach, tapaidh e,
Bu bheachdail air gach nì ;
Bu chiallach, fialaidh, faicleach e
Le aoidh le tlachd 's le sìth.
Nan deanadh daoine ceartas ris
Cha bhiodh e cruaidh na 'n airc orra
Bu mhath do thuath nam bailtean e,
Cha 'n fhaict' e ga 'n cur sios.

Ach cha 'n fheil stà bhith cuimhneachadh
'S a caoidh na thugadh bhuainn ;
Cha 'n fheil neach àrd no iseal ann
Nach déid ri tìm do 'n uaigh.
Dean deas, a Righ nan rìghrean sinn,
Gu dhol a stigh do 'n t-siorruidheachd,
Air sgàth na beatha phrìseil sin
Mar iobairt 'thugadh suas.

DUANAG DO CHAILEIG BHIG.

Rinneadh an duanag so do Mhóir Nic-Gillean, nighean Dhòmhnuill chùbair, bràthair a Bhàird.

Cha robh innte ach caileag mu dheich bliadhna dh' aois. Bha i 'fuireach an àite seanar, athair a Bhàird.

Gur h-e mise tha fo phràmh,
Tha mi muladach gach là,
'S Ailein, mac a Chlachair Bhàin,
An dràsd a tigh'nn ga d' phòsadh

Gur h-i Mòr a mhaighdean ghrinn;
Cas a's deise théid troimh 'n rìdhl';
'S lionmhor fear a th 'ort an tì
Bho 'n rinn mi fhin dhuit bròg an.

Nuair théid Ailein ann ad dhàil
Cha bhith easbhuidh ort, a ghràidh,
Gheibh sibh craoit anns a Phort-Bhàn,
No àit ann an Cùil-Bhòtai.

Nuair a rèiticheas tu, 'rùin
Théid do sheanair leat do'n bhùth,
'S cha bhith caomhn' aig air na crùin,
Bheir e gùn is còt' dhuit.

Mor.—A cheud uair 'chunnaic mi e
'S ann a bha sinn aig a bhàl;
'S mòr a thug mi dha de ghràdh,
'S cha chluinneadh càch ar còmhradh.

Ailein.—Thug mi 'Mhóir an gaol tha buan,
'S mi nach caochail rithe 'n gruaim;
'S binn r'a éisleachd guth mo luaidh
Nuair bhios i 'lu'adh nan clòithean.

IAIN 'S A BHANA-MHAIGHSTIR.

Chaidh am Bàrd uair a cheannach leathrach bho Iain Mac-Fàidein, fear-cartaidh-leathrach, an Tiriodh, ach cha robh iad a còrdadh mu 'n phrìs le deanadas bean Iain. Bhiodh i a sparradh a teanga far nach bu chòir dhi.

Luinneag.

O, seinnibh gu h-eutrom, gu h-aighearach, éibhinn,
Air cliù an fhir fheile a's ceutaiche gnàths;
'S na fàgaibh a chéile gun innse mu déibhinn;
'S i féin a bhean bheusach, 's gur feumail i dha.

Chaidh mise o 'n bhaile a shealltainn mo charaid,
'S gu leathar a cheannach o 'n fhear tha mi 'g ràdh.
Nuair 'chaidh mi na 'sheanachas a dheanamh ris bargain.
A mach thug mi 'n t-airgiod is thairg mi e dha.

A bhean thuirt le greann oirr', ged gheibheadh tu bonn air.
Cha phàigh e an call 'th' agad ann mar a tha;
'Sin craicionn a ghamhna 'fhuair bàs anns an t-sàmhradh,
'S a chairt thu le eabhnainn mu 'n d' thionndaidh am blàths.

Nach biodh e dhuit neònach a sheachnadh le gòraich'
'S do phiuthar gun bhròg an air reòtachd an làir;
Na doir e dha 'm bliadhna gun ochd-sgillin-diag air;
Bheir esan as riaghailt, 's gu'n dean e dha stà.

Ged 's tusa 'bhios daonnan a cartadh 's ag aoladh
Gach craicinn is laoicinn 'bheir daoine do 'n àit,
Is mis' a tha 'm chléireach a sgrìobhadh 's a leughadh
'S a cunntadh ri 'cheile, 's gur feumail mi 'ghnàth.

Nuair fhuair e bho 'chéile, an t-òrdagh 'bha feumail
Thuirt Iain, Cha bhreugan a dh' éisd thu bho 'm ghràdh,

Ged 's ainmeil a bhuannachd cha 'n fheil i ach suarach,
Tha mòran 'dol bhuam di an tuarasdal chàich.

Cha 'n urrainn mi innse gach nì 'tha cur prìs air,
Bu tric 'bha mi sgìth mu 'n do mhìnich mi e.
Bu ghoirt bha mo dhriom deth ga 'cheangal le siomain
'S ga 'tharruinn le dìchioll, a dìgibh dubh, gràmnd.

Bu draghail an ni dhomh bhith 'siubhal tràigh Chrìonaig
'Toirt shligean a nios aisd, le inean mo làmh
'S bu chosdail gu cinnteach an losgadh gu grìosaich
'S an toirt gu aol brìoghmhor, geal, mìn air an làr.

A mhòin' anns an fhearann cha 'n fhaigh mi r'a ceannach,
Tha againn ri tarruinn, 's tha 'm faradh fior àrd,
'S a chairt tha i prìseil, ge pailt i 'san rioghachd,
'S tha cusbunn an righ oirre 'mhiodachadh màil.

Cha b' ann le bhith diomhain a dh' fhag mi cho mìn e ;
Ga 'spionadh 's ga 'sgriobadh bu sgìth bha mo làmh.
Nis chì thu le fìrinn gur fiach na 'tha dhìth ort
Gach bonn a chaidh innse le m' mhnaoi mar a tha.

Bho 'n bha mi na m' éiginn gu'm b' fheudar dhomh
géilleadh.
Do dh-Iain 's da chléireach, bean bheusach an àigh ;
Cha cheannaich mi 'n còrr bhuap, cha bhith mi cho gòrach,
'S ann théid mi do'n Oban, 's e moran a's feàrr.

O Iain 's tu 'n truaghan ; air thaod tha thu 'gluasad
An déidh na té bhuaireanta fhuair thu air làimh ;
Do thriubhas mhath chlòtha thoir dh' ise mar chòmhdach
'S cuir umad a cot'-se mar 's còir dhuit gun dàil.

ÀIRIGH A CHAOLAIS.

Rinneadh an t-òran so do cheathrar bhuachaillean anns a Chaolas, an Tiriodh a bha 'togail àirigh agus a deanamh dearmaid air an obair.

Luinneag.

Balach na h-aimhreite, ho ró,
Mac an fhir Ghallda, ho ro éile
'Thàinig le anntlachd, hu ru bhith ò
'S a chuireadh na glinn o riaghailt oirnn.

Le sunnd chuir an t-àrmunn
A thàinig do 'n bhaile
A suas àite sùgraidh
Air chùlthaobh a bharra,
'S cha 'n fhaicear air cùram
'S a chùl ris an stalla ;
Bidh pòit agus bùl aig'
'S gur dlùth 'ni e 'gharadh.

Nuair 'shuidhich e 'm bonn
Aig taigh fonnmhor na caithrim
Gu'n d' ghlaodh e a nuas
Air a bhuachaill aig Ailein.
Nuair thàinig e làmh-ris
Gu blàth thuirt e, 'Charaid,
Ma ghejbh thu na lànain
Gur pàirt iad mu 'n talla.

A nuas thàinig Bloinigein
Gu stoirmeil na 'n caramh,
Is thubhairt e, 'S àlainn
An àirigh 'bhios agaibh.
Gu dearbh bidh i bonn,
Bidh i trom air 'ur sporain
Mu 'n cuir sibh air dòigh i
'S i stòraidh fo 'n talamh.

Na 'dhéidh thàinig Iain,
'S bu chridheil am fear e,
Is thubhairt e, 'S ceutach
Tha 'n stéidh air a gearradh ;
Bheir mise dhuibh còmhnadh,
B'e 'n sòlas bhith mar-ruibh ;
'S bidh againn an àirigh
A 's feàrr tha 'san fhearann.

'S na croitean so shuas
Tha na buachaillean ro-mhath ;
'S ann aca tha 'n àirigh
Tha 'n àite math seallaidh ;
Tha 'chlachaireachd làidir
'S gur h-àlainn a tarruinn,
Rinn Donnachadh an càrbhadh
'S Iain Camaron an spalladh.

'S ann aca tha 'n eàrnais,
Ni 's feàrr tha gle ainneamh !
Tha còrn air son càis' aca
'Bhlàiteachadh bainne ;
Tha gloine mar sgàthan
An càradh 'sa bhalla,
'S tha cartal a ghàraidh
Gu h-àrd air na sparraibh.

'S iad féin na fir éibhinn,
Gun éislean, gun ghalar ;
Tha sgil aca air éigheach,
Air leum 's air cur char dhiubh,
Gur tric a bhios uaislean
Air chuairt leis na gallain,
'S gur h-iomadh té bhòidheach
'Tha 'n tòir air gach fear dhiubh.

Thuirt duine rium fhìn,
" Tha mi sgìth dhiu sin cheana,

Le fleadhan na h-àirigh
'S le blàithid an aingil.
Tha 'n coirce 'bha làmh-riu
Na 'chnàmhaig gun ghearradh,
'S ged mheasadh orr' màla
Am pàigheadh cha 'n fhaigh mi.

Rud eile 'tha 'm dhìth-sa,
'Tha prìseil 'san fhearrann ;
Chaidh 'pheasair a splonadh
A nios as an talamh ;
Bha 'm pòcannan lionte,
'S iad dìnnt' air an sparradh ;
Mheasadh peic orr' 's rud crion
Air nach b' fhiach dhomh tigh'nn thairis."

Tha 'm Bloinigein ag ràdh rium,
" Cha phaigh mi ri m' mhaireann
Gun sumanadh làidir
O bhàillidh Mhic-Cailein.
Ma bheirear gu cùirt mi
Mu 'n chùis a bha cronail
Chi thus' Iain Mac Eachainn
'Dol dachaidh fo dhorran.

Ma phàighear am bàrr leam
'Bha fàs as an talamh,
'S mi gun chòta, gun léine,
'S gu'm feumainn an ceannach,
Bidh mo thuarasdal bhuamsa,
'S gu'm b' fhuar air a shon mi,
'S mi iomad la annrach
Gun àirigh, gu m' gharadh."

Na creidibh gach nì
A théid ìnnse 's a bhaile
Mu dhéibhinn nam buachaillean
Luath-chasach, meara,

A pheasair cha spion iad
A nois às an talamh,
'S cha leig iad an fheudail
Aon cheum as an sealladh.

MOLADH DHOMHNAILL MHIC-UALRAIG.

Bha Dòmhnall Mac-Ualraig na 'thàillear agus na fhidhleir. Bha e cruaidh agus mòr as féin. Thachair e air a Bhàrd latha 'san taigh-òsda, agus thòisich e air iarraidh air òran molaidh a dheanamh dha, a gealltainn duais dha air a shon. B' ann a mhuinntir Chola an tàillear. Cha robh e aon chuid cho beairteach no cho bochd 's a tha 'n t-òran ag ràdh.

B' ann a mhuinntir Thiriodh Teàrlach Mac Ceòraidh. Cha robh ann ach fidhleir bochd. Chaochail e bho chionn chóig bliadhna fichead an siorramachd Bhruce, an Ontario.

FONN.—"*Mo rùn geal, og.*"

Thoir mo shoraidh le dùrachd
A null thar an t-sàile
'S dean a h-aiseag le cùram
A dh' ionnsuidh an tàilleir.
Gur h-e Dòmhnall Mac-Ualraig
'M fleasgach suairc 'tha mi 'g ràitinn
'S mòr de cheanal 's de dh-uaisle
Am fear do ghluasaid 's do nàdair.
Mo rùn geal, og.

Gu'n do dh' aithnich mi-fhin sud
Mu'n do thill mi Di-màirt bhuait;
Le làn dearbhadh 's le firinn
Dh' fhaodainn inns' air fear t' àbhaist,
Nach bu sgrubaire crion thu
Ri dhol sgriob do 'n taigh-thàirne,

Ach gu fughantach cosgail,
'S cha bu bhrosgul dhomh ràitinn.

Mur a h-abair mi breugan
B' e do bheus anns gach àite,
Nuair a bhiodh tu 's taigh-òsda,
'S tu ri òl nan deoch-slàinte,
Nach bu ni leat an stòpan
Air a bhòrd a bhith 'd làthair,
Ach na botail air sgòrnan,
'S dheanteadh mòran diu 'thràghadh.

Air a mheud 's ga 'm biodh còmhl' riut
De luchd-eòlais 's de chàirdean
'S tu nach rachadh ga'm feoraich
An àm còrdadh mu'n phàigheadh ;
Rachadh làmh ann ad phòca
'S chuirt' an t-òr air a chlàr leat ;
Cha do dh-iarr thu riamh mùthadh,
'S ann a chunntadh tu slàn e.

'S beag an t-ioghnadh a mhòr-chuis
A bhith 'd phòraibh a gluasad ;
Tha thu 'shliochd nam fear cliùiteach
'Bheireadh cùis de 'n luchd-fuatha ;
Bha iad cruadalach sgairteil
'N àm nan glas-lann a bhualadh,
'S cha bu tais iad le 'n dòrnaibh
Nuair a thòisicheadh tuasaid.

Tha thu 'shliochd nam fear mòra
Ri am feòraich nach suarach ;
'Bheireadh creach as na cròithean,
'S chuireadh tòir air na buailtean ;
Tha do shloinneadh r'a innse leinn,
De dh-fhior chlann Mhic-Ualraig ;
Bho Ghleann Garaidh 's bho Lòchaidh
Thigeadh connspuinn a chruadail.

C' àit a bheil e r'a innse,
Fear do ghniomh' ann an Albainn?
Tha thu teòm' air gach oilean,
'S mòr do chomasan eanchainn;
'S iomadh nì 'tha 'toirt meas ort
Nach bi mise toirt ainm air
Mu'n saoil cuid de m' luchd-éisdeachd
Gur h-e breugan tha 'm sheanachas.

Tha thu d' dhannsair air ùrlar
'Choisinn cliù am measg Ghàidheal;
Nuair a chaidh thu 'Dhunéideann,
Bha luchd-Beurla fo thàmailt.
Thàinig fios ort am bliadhna
Dhol ga t' fhiachainn do 'n bhàl ann;
Thug sin onair do 'n Diùca
Is do 'n dùthaich a dh' fhàg thu.

Bu leat urram a rithist
Air an fhiodhull a ghleusadh.
Nuair a ghlacadh tu 'd làimh i
Cha bhiodh càch ach mar bheus dhuit;
Cha do dh-amais aon riamh ort
A rinn t' fhiachainn 's a cheum sin
Ach Teàrlach Mac-Ceòraidh,
'S e bu bhòidhche ceòl-éisdeachd.

Thuirt na h-uaislean 'bha 'n làthàir
Aig a bhàl ruibh ag éisdeachd,
'S mòr am meas iad do 'n àite
'N deach an àrach le chéile;
Cha 'n fheil coimeas do Theàrlach
Fhad 's a bha sinn no théid sinn,
Thug e barrachd air Hòmer,
Ged bu bhòsdail 's a Ghréig e.

Ged fhuair Teàrlach an t-urram
Thar gach duin' air ceòl éisdeachd

Cha bu choimeas e 'Dhòmhnall
Ann am fòghlum an déidh sin ;
Tha gach grinneas a t' inntinn,
Tha thu fìnealta gleusda :
Gur mi fhéin 'bha ort eòlach
Bho na b' òg sinn le chéile.

Bu tu tàillear nan uaislean ;
Gur tu dh' fhuaidheadh gu fìnealt',
Is gu fasanta spòrsail,
'S cha bu chlòithean bu nì leat ;
Gur h-e deiseachan Gallda,
'S tu cur tholl leis an t-siosla
A bhios agad fo d' mhiaran ;
'S bidh iad deante gu rìomhach,

Gu'n robh tighearn' na h-Airde
Dhomh gu h-àraidh ag ìnnse
Gur tu 'dheanadh dha 'n còta,
'S ro-mhath 'chòrdadh r'a inntinn ;
Gun bhith cumhann no farsuinn
Ach a phearsa ga 'lionadh ;
'S mur a ruigeadh e 'n cruachan,
Rachadh cuairt ris gu h-iosal.

Bu tu sgiobair na mara
Ri là greannach, ga 'fuairead !
'S tu nach leughadh an giorag
Is nach tilleadh gun fhuathas.
Cha do sheasamh e 'm bàta
'Bheireadh bàrr air a chuan ort ;
Eadar Eirinn is Albainn
'S tric a dhearbh thu do chruadal.

'S tric a sheòl thu a Lunnain,
Bhiodh long ghunnach o'n rìgh leat ;
'S lionmhor turas air bhuannachd
'Thug thu bhuaiun do na h-Innsean.

Bu ut 'm marsanta cliùiteach
Gheibhteadh cùnnradh 's gach ni bhuait ;
'S ann ad bhùthaibh le chéile
'Bhiodh na cléirich a sgrìobhadh.

Bu tu 'n giomanach gunna
'Bheireadh fuil air an ruadh-bhoc,
'S iomadh fiadh fo do bhuille
'Thuit air uilinn nam fuar bheann.
Bu tu nàmhaid a choilich
'S moch a ghoireadh 'sna bruachan ;
Is na 'cearcaige duinne
'Bheireadh gur as an luachair.

Bu tu dròbhair nam mart
A dheanadh ceartas is pàigheadh,
Nuair a thigeadh tu 'n dùthaich
Bheirteadh cunnradh is dàil dhuit.
'S iomadh uan 'thug thu 'Dhùnaidh,
'S iomadh crùn 'thug thu 'n àit' so :—
'S ann air monadh Dhun-Breatuinn
'Fhuair thu 'm bristeadh nach b' fheàird thu.

Gur a mis' tha fo mhulad,
'S mi nach urrainn sin àicheadh,
'S iad ag innse mar sgial dhomh
Gu 'n do liath thu, 's cha nàr dhuit.
Bho na striochd thu aig baile,
'Dheanamh arain le d' shnàthaid,
Tha nis crioch air gach gnothach
A bha roimhe so 'd làmhan.

'S beag a shaoil leam gu'm faicinn
Fear cho beairteach 's a bha thu
'Fhalbh le pochd' air a shlinnean
Beagan mine is càis ann,
'Dol a dh' ionnsuidh na buana ;
Och mo thruaighe do chàradh.—

Gu'm bu trom ort bhith laighe
Ann an sabhall no 'n stàbull.

Tha mi cinnteach, a dhaoine
Gu'm bi 'n t-saothair so pàighte
Nuair a chi mi na h-uaislean
Domh'll Mac-Ualraig is Teàrlach.
Gheibh mi gloin' air muin gloine
De dhibh shoilleir nan Gàidheal.—
'S gu bheil fios aig na h-eòlaich
Nach h-e sgleò 'bha mi 'g ràitinn.

DO THIGHEARN' OG CHOLA,

Air do'n Bhard a chluinntinn gu'n do phòs e.

FONN.—"*Ged a dh' fhàg thu ri port mi.*"

An diugh chuala mi sgeula
A rinn m' inntinn a ghleusadh gu fonn,
Air an fhiùran òg chliùitich
'Tha na 'oighr air an dùthaich ud thall.
Gur h-i naidheachd an éibhnis
'Thàinig uime a Dunéideann a nall
Gu'n do cheangladh e 'm pòsadh ann
Ri té ga 'bheil stòras neo-ghann.

Ma tha aon anns an làthair
'Bhios a farraid mu'n àrmunn gun chearb,
Mu bheil iomradh 'san ealaidh so
Cha chùm mi sud aineolach oirbh.
Tighearna Chol' tha mi 'g raitinn,
Eoghan og, is cha'n àicheam dhuibh ainm,
An sàr Leathannach prìseil
De na h-uaislean a chinn o Iain Garbh.

Saoghal fada le buaidh dha
'S do na cheile sin 'fhuair e air làimh.
Gu'n robh 'n t-Ard Righ mar dhìon da
'S a cur chomhairlean crionnta na cheann.
Tha e 'n dràsd ann an Lunnainn
Is ma théid e gun fhuireach do 'n Fhraing,
Gu ma sàbhailte 'thuras
Ann an àirde 's an urram gun taing.

B' i mo chomhairle gràidh dha,
Ma 's a duine e 'ni tàmh am measg Ghall,
E bhith fuathach air dòighean
Cuid de dh' uachdarain òg 'tha 'dol ann.
Bidh iad amaideach gòrach,
A sior chluich an cuid òir 's a cur gheall,
'S furasd stòras a ghleidheadh
Seach a bhuannachd an deaghaidh a chall.

'Fhir a dh' ùraich na facail so,
Bi cuimhneach le beachd air mo rann,
'S air na daoine bha romhad
A rinn feum anns gach gnothach a bh' ann.
Chum iad aca 'n cuid fearainn,
'S rinn iad fhuasgladh an carraid nan lann.—
Biodh an sliochd ann gu buadhach
Fhad 's bhios duilleach a gluasad air crann.

Sin na h-uaislean 'bha beachdail,
Bha iad cruadalach, sgairteil, 's bu dual ;
Bha iad iriosal bàigheil
'Chumail taic ri fear fàilinneach truagh,
'S bha iad smachdail ro dhàna
Nuair a leumadh an t-àrdan riuth' suas ;
Gu'n do dh' aithnich Mac-Nèill sin,
Nuair a thuit e 'san àraich le 'shluagh.

Chuala mise iad ag innse
Nuair bha saoitheach an fhìona gun chriù,

Gu'n do dh' chruinhich gach bàillidh
Gus a gleidheadh gu sàbhailt' do'n Diùc.
Thainig Eachann na 'leum orr'
'S e air tigh'nn á Dunéideann as ùr,
Thug e gròcadh gu cruaidh orr',
'S dh' fheum iad tilleadh gun bhuannachd, gun chliù.

Nuair thig Eoghan bho thuras
'Chum an àite ga'm buin e a nall,
Is a bhaintighearna mar ris,
Mar is miann leis gach caraid a th 'ann,
Cluinnear losgadh nan canan
'S freagradh dlùth aig mactalla nam beann ;
'S bratach lurach a thaighe
Bidh a crathadh le aighear ri 'crann.

Ann am Breacachadh thall ud
Bidh na h-uaislean aig Alasdair cruinn ;
Bidh gach ni ann an òrdagh
Bidh gach uidheam a's còir air an cionn.
Bidh a bhranndaidh na galain
Aig a ghillean ga 'tarruinn 's ga 'roinn,
Cha bhith duine fo smalan,
'S chithear sùrd air luchd-ealaidh a seinn.

Ann an talla na fialachd,
'S gu'm bu chleachduinn d' i riamh a bhith ann,
Bidh gach ni tha r'a iarraidh,
Cha bhith sòradh air fiontan na Fraing'.
Gu'm bi comunn na féile
Sunndach, aighearach, éibhinn, neo-throm,
Chithear tuigs' agus géire,
'S iad a freagairt a chéil' air gach làimh.

Aig àm laighe na gréine
Cluinnear fidhlean ga'n gleusadh gu teann,
'S gu'm b' i sunnd air an òigridh
'Chur nan car diubh le sòlas 'san danns'.

Anns a mhaduinn ag éirigh
Cluinnear piob nan dos réidh air an lom,
'S a puirt ealanta, shiùbhlach
A cur aighir air dhùsgadh 's gach com.

Gu ma h-éibhinn do 'n òigear
Air an éireadh an t-òran le fonn ;
Ann an labhairt mu 'dhéibhinn
Bha gach facal gu réidh a dol leam.
Gur a sona 'n tè fhuair e,
Aice féin tha 'n duin' uasal gun mheang,
Tha a bhuadhan cho lionmhor,
Is nach urrainn mi 'n inns' ann am rann.

Hugh Maclean of Coll married Janet Dennistoun in 1814, and received with her a dowry of £50,000.

ORAN DO THIGHEARA OG CHOLA,

Nuair a cheannaich e a Bheinn Mhór ann am Muile.

FONN.—*Air tuiteam am chadal domh.*

'N diugh chuala mi sgeula
'Thug sòlas dhomh 's éibhneas,
Bho chùirtear na féil'
Tha 'n Dunéideann an dràsda.
Gur bìnn leam ri 'eisdeachd
Gu'm faic iad le'n léirsinn,
Gach aon a nì feum dheth,
'S a leughas do chàch e,
An sgeul tha mi 'chuinntinn
Bho Thighearna Chuimhnis,—
Gu'n d' mheudaich e 'oighreachd
Bho 'n roinn a bha làmh-ris.

Is urramach, 'cliùiteach,
Do dh' fhear a chuir sùil ann,
Gu'n d' fhuair e g'a ionnsuidh
A chùis mar a b' àill leis.

Mo dhùthrachd 's mo roghainn
E 'ghluasad air adhart,
'S na bhuinnig e 'ghleidheadh
Gun deaghaidh aig càch air,
Lan shaor bho gach duine,
Gun dealachadh tuilleadh ris ;
'S ait leam na h-uiread
Fo chomas an àrmuinn.
Is b' fhearr leam gu'm b' urrainn e
'Sealltainn air tuilleadh,
'S na reicear a Muile
'Bhith 'cruinneachadh màil dha,
'S e dh' fhaoduinn g'a ionnsuidh
Bho làmhan an Diuca
Gach fearann 'san dùthaich
'Bha 'n tùs aig a chàirdean ;

'Bha treis aig na daoine sin,
Tacan de 'n t-saoghal,
Gu h-aighearach, greadhnach,
Na 'n teaghlaichean stàtail.
'S e thug orr' an caochladh
An gòraiche sgaomach
Is ìnnleachd na feadhnach
'Bha daonnan an sàs annt'.
'Sann dh' fhògradh iad thairis
Da dhùthchannaibh aìneoil,
'S tha 'n còir aig Mac-Cailein,
A ghabh e le dànachd.
Bu chearr an lagh ceannasach
'Bh' ann anns na h-àman
'San d' fhuair e'n cuid fearainn
Gun cheannach, gun phàigheadh.

Nam biodh an ceann-cinnidh
An aite no 'n ionad,
Tha 'n t-àm aige tilleadh
Do 'n innis a dh' fhàg e ;
A ghluasad neo-lapach,
Deas, cruadalach, sgairteil,
An Dubhairt a chaisteil,
A b' fhaicilleach làmhach ;
A dh' ùrachadh cleachdainn
Nan cùirtearan gasda,
'Bha staigh air na geataichean
Acfhuinneach, làidir ;
A rùsgadh na brataich
Os cionn nam fear feachda
Nach tionntadh le gealtachd
Bho bhaiteal ri nàimhaid.

Nan duisgeadh e fhathast,
'S gu'n tionndadh e 'n rathad so,
Ceannard nan Leathanach,
B' aighearach iadsan,
Bu mhuirneach an sealladh,
'S bu shùrdail am baile,
Nan ùraicht' an t-sean obair
Glan air an làraich.
Chiteadh mar dhealanach
Boillsgeadh bho 'n ghearasdan,
'S chluinnteadh mactalla
Nam beannan a b' àirde,
A freagairt nan canan,
Nuair bhrùchdadh an anail
A null thar na mara
Gu fearann Chinn-Ghearrloch.

Nam b' fhior mar a chanadh leam
'S lionmhor ard thalla
'M biodh fion ann an searragan,
S gloineachan làn dheth.

Bhiodh ceannardan fearail
Ga 'dhioladh a 'n sporain,
Gu h-inntinneach, toileach,
An onair a shlàinte.
Air chùmhnant' e 'theannadh
Gu 'dhùthaich na 'dheannaibh
Gu'n òladh le annas air
Clannaibh nan Gàidheal,—
Ach cumaidh Mac-Cailein
Le lagh bhur cuid fearainn,
'S mur dean sibh a cheannach
Cha 'n fhaigh sibh gu bràth e.

Gu ma slàn do 'n duin' uasal
'Rinn beagan de 'bhuannachd ;
Gu ma beairteach sean, buan e
Na 'uachdaran àghmhor ;
Air cheann a chuid daoine
Ga 'n dion anns gach aobhar,
'S toil-inntinn na 'theaghlach
Gun chaochladh, gun fhàillinn.
'S e chunnaic 's a chual e,
'S am fasan 'bu dual dha
Bho 'n fhear a thog suas e,
'Bhith truacanta, bàigheil ;
Sàr cheannard na tuatha,
Nach teannaich gu cruaidh iad,
Nach doir an cuid bhuatha,
'S a dh' fhuasgladh na 'n càs orr'.

'M fear cruadalach, calma,
Mar 's tric rinn e dhearbhadh
Nuair bha e 'sna h-Earraghaidh'lich,
'S b' ainmeil a phàirtidh.
Gu'n dug e bho'n taileabart
Fear dhiubhsan a dh' fhalbh leis ;
Nuair dh' éirich a mheanmna
Cha'n fharraideadh e fàbhar.

An sin thuirt Mac-Comaraidh,
'S e labhairt le feirg ris,
Ma 's duin' thu mar t' ainm
Dean mo cho-ionnsachadh-sa 'màireach.
Gu'n d' sheas e mar dh' earbainn
Le lann a chinn airgid,
'S le cùram a eanchainn
Air falbh theich am Maidsear.

Cha'n iorghnadh a mhac
A bhith àrdanach, beachdail ;
Bu lionmhor fuil reachdmhor
'S na gaisgich bho'n d' fhàs e ;
Na Leathanaich ghasda
A dh' iobradh gun cheartas,
A ruagadh bho'n aitribh,
'S a sgapadh 's gach àite ;
'S na Camaronaich chròdha,
Dream eile nach sòradh
'Dhol an carraid no 'n còmhstri,
Fir mhòra neo-sgàthach ;
'Bha armailteach eolach,
'S ro dhìleas do Dheorsa,
Ged sheas iad thar òrdaigh
A chòmhnadh Phrionns' Tearlach.

Do dh-Eoghan mac Alasdair,
'Dh' ùraich dhomh 'n ealaidh so,
Buaidh air gach bealach,
'S gach deannachd ri là leis,
Is uasal ri fharraid
An treun-fhear deas, smearail ;
'S gach dòigh tha e fearail,
'S e ceanail na nàdar ;
Sar Leathanach sgairteil,
'Tha siobhalta tlachdmhor,
De shiol nam fear smachdail
'Bha'n caisteal na tràghad ;

A bhuannaich le 'n tapadh
An dùthaich fo 'm facal,
'S a ghléidh i gu sgairteil
Bho neart na bha 'n sàs annt'.

'S e cridhe na féil' e,
'Tha iriseal, déirceil,
'Tha cinneadail, ceutach,
'S nach treigeadh a chàirdean.
Cùl-taice nam feumach,
Ga'n dion anns gach éiginn,
'S nach diùltadh na 'n éis iad
Le ceum 's am biodh fàillinn.
Bu dùthchas da féin sin,
Bhith cruadalach, gleusda,
Gun mhùthadh r'a fheuchainn,
'S gun ghéilleadh do thàmailt.
Gur soilleir a léirsinn
Gu ceartas a réiteach ;
Cha'n fhaigheadh fear eucorach
Eisdeachd na 'làthair.

Is iomadh ni còrr,
'Bheireadh cliu dha an òran,
Nach comasach dhomh s'
'Chur an òrdagh mar b' àill leam.
Thug siùbhal is fòghlum
Dha fiosrachadh 's eolas,
'S tha tuigs' ann gu h-òirdheirc
Mar lòchran a dearrsadh,
'S beag iongnadh an òg-bhean
A fhuair e r'a phòsadh
Bhith inntinneach, sòlasach,
'S bòidhchead an àrmuinn ;
Nuair bhuinnig i còir air
'S a ghlac i a dòchas,
'S gach maighdean 'bha 'n tòir air,
'S gu leoir dhiu 'toirt gràidh dha.

Tha 'ghruaidh mar an caorann,
'S a chneas mar an fhaoileann ;
Sùil ghorm, chorrach, aobhach
'San aodann a 's àille,
Fo mhala gun chlaonadh,
Le gruaidh nach dean caochladh,
'S ann gheibh sinn e daonnan
Is aogas a ghàir' air.
Fear fughantach, caoimhneil,
Fear flathasach, aoibheil,
'S ro smachdail mar shaighdear ;
Cha'n fhaodteadh tigh'nn cèarr air ;
Lann thana gheur ghrinn air
De 'n stàilinn 'bu righ- e,
'S neul fala gu 'ron oirr'
Nam faighneachdteadh fàmhainn.

Tha mòrchuis each misd e ann,
Eolas le gliocas aig',
'S e ceannsgalach, misneachail,
'S measail 's gach àite.
'S cliu dha nach brisdeach
Am beus a tha 'nis dige ;
'Bhuadhan 's a ghibhtean
Gur tric iad ri 'n àireamh.
'S fear ionnsaichte, deas e
'Thoirt òrdaigh d'a fhleasgaich,
A 's bòidhche 'ni seasamh
Fo dheiseachan sgàrlaid.
Thar feirge nan sirt' iad,
Gu h-armaichte, crioslach,
Gur h-earlsach tha mise
Nach brisdeadh bu ghàths daibh.

'S e 'labhair gu mlomhail,
Am fear a chuir sios iad,
'S a thuirt gu neo-shiobhalt'
Nach b' fhiach iad mar phàirtidh.

Nam b' aithne dha 'n fhirinn,
'S gu'n deanadh e h-innse,
'S cuis urraim do 'n rioghachd
Gu'n d' chinn innt' na sàir ud.
'S iad fhéin na fir ghasda
Tha leoghanta, sgairteil ;
'S gu'm b' fhearr iad nan coltas
Nan cuirteadh do 'n Spàin iad.
Bhiodh iomradh mu 'n cosnadh
Le 'n ceannardan rompa ;
Cha diultadh iad nochdadh
Air chnocaibh ri uamhaid.

Do 'n t-saoghal bhiodh dearbhte
Gu'n robh na fir chalma
Bho thìr nan laoch ainmeil
'Bhiodh garg anns na blàraibh :—
Na saighdearna cruadalach,
Acfhuinneach, fuasgailteach,
Deas-fhaclach, luath-làmhach
'Chuartachadh làraich.
An onair a fhuair iad,
Cha deidaich i bhuatha ;
Ge tric 'dol thar chuan iad,
Cha chuala sinn tàmailt
Nan curaidhean calma
Fo 'm brataichean balla-bhreac ;
Sliochd rioghail na h-Alba
Dh' an seanachas a Ghàidhlig.

'Thighearn' oig, gu'n robh t-iomradh
Mar b' ait le d' luchd-leanmhuinn ;
Saogh'l fad dhuit gun iomagain
An iomlaineachd slàinte ;
Le d' dhaoine deas, dealbhach,
Gu h-inntinneach, seallbhach,
'Sna min-ghleannaibh gorm'
S an cluinnt' toirm nan dos àrda ;

Le mac rathail, uallach,
A riaghladh na tuatha,
Mu'n gairmear gu uaigh
Le gath luaidhach a bhàis thu ;
Is oighr' ann gu 'leanmhuinn
An tùr nan triath ainmeil ;
Fear an ionad gach aona-ghin.
'S gun ainbheach ri 'phaigheadh.

AN T-URR. DONNACHADH MAC-GILLEAIN.

The Rev. Duncan Maclean was born in Killin, Perthshire, in July, 1796. His father, Archibald Maclean, was a cabinet maker by trade, and was known as Gilleasbuig Mór, or Big Archibald. His mother was a Mackay from Strontian in Argyleshire. He was licensed by the Presbytery of Uist in 1822, and ordained as missionary at Benbecula in 1823. He became minister of Salen, Mull, in 1828. He was translated to Kilbrandon and Kilchattan in 1835, and to Glenurchy and Inishail in 1837. He joined the Free Church in 1843. He wrote a good deal for the Teachdaire Gaidhealach and for Cuairtear nan Gleann. He published his poems in 1868. He died in December, 1871. He was a man of ability and culture, a good preacher, and an excellent poet. He could play on the violin, and could play the old Highland airs remarkably well. He married a daughter of Kenneth Macleod, tacksman of Ebost, and had by her seven children, Murdoch, Archibald, Kenneth, John, Flora, Margaret, and Sarah. Archibald was city treasurer of Bradford, Pennsylvania. He died in February, 1899. He was a true Highlander.

CEOL.

'S binn caoirean nan caochan 'an aonach nam beann,
Nuair tha'n latha a sgaoileadh air aodann nan gleann ;
'S binn osna na gaoithe, 's gur aobhach a toirm
Air ciùineach' do'n doinnean, 's air cadal do'n stoirm.

'S binn co'-sheirm na coille, nan doire, 's nan stùc,
'S ro bhlasda an ceòl e 's an òg mhaduinn dhrùchd ;
O ! 's taitneach r'a chluinntinn geum laoigh tigh'n o'n chrò,
'S binn gàirich na tuinne, is bàirich nam bò.

'S binn naidheachd air caraid chaidh fada air chuairt,
'S cha seirbhe guth leannain dh' fhàs banail is suairc' ;
'S ro bhlasda guth màthar làn blà'is agus gaoil—
Mar cheòl iad nach àlainn, nach càirdeil, nach caoin ?

Ach tha ceòl ann a's uaisle na 'bhuadhaibh gu mòr,
'S tha fuaim ann a's binne, 's a's grinn' air gach dòigh ;
Tha poncan a's mills' ann, nach diobair gu sìor,
Gach ceòl 'rinn thu sòlasach 'n oir no an iar.

Nach milis mar cheòl e, nach bòidheach, nach binn
Guth ch'ag mhaduinn Dhòmhnaich, nach sonraichte grinn ?
Na fuinn ud ro àluinn 'tha fàilteach' an lò
A bheannaich an t-Ard-Rìgh gu slàinte nan slòigh.

Nach binn a chruit-chiùil ud, nach rùnach gach ial,
An cridhe trom, brùite ag uirnigh ri Dia ?
Nach taitneach mar cheòl e, nach bòidheach, 's nach caoin
Guth molaidh a shòlais, a dhòchais, a ghaoil ?

LATHA BEALLTAINN.

Thriall an geamhradh. thriall an t-earrach,
Thriall gach gruamaich', fuachd is gaillionn ;
Speuran dorcha, gaothan fuaimneach,
Glìb is sneachda thriall mu thuath iad.

Tha gach sliabh 'bha lòm is seacte ;
Tha gach gleann 'bha geal le sneachda ;
'M fireach àrd, an srath 's na cuantan,
Ri gàirdeachas o'n thriall am fuachd bhuainn.

Cluinnear canntaireachd 's gach coille,
Tha deise bhainnse air gach doire ;
Eoin ri sùgradh, spréidh ri mire ;
Bric a leum 's gach poll a's linne.

Cluinnear anns a choill an smùdan,
'N coileach-dubh air géig a dùrdail,
An dreathan-donn le 'òran siùbhlach,
Is fagusg dhi an druid 's am brù-dhearg.

Os ar cionn gu h-àrd 'san iarmailt,
Le port sunndach, suilbhir, iasgaidh ;
Cluinnear ged nach fhaic an riabhag,
'S c'àit' an cluinnear ceòl cho ciatach ?

'S cluinnear ann am frìth an fhàsaich
'N damh-donn a langanaich gu h-àrda,—
'N eilid ghlan, a leannan gràdhach,
'S an laoghan beag a mire làmh rith'.

'S chithear clann ri taobh gach alltain
'Deasach' cuirm air Latha Bealltainn ;
Ach cha'n lobair iad do Bhélus,
Ged thug an sinnsear aon uair géill da.

Tha deaghghean air gach ainmhidh 's creutair,
'Bhos air thalamh, shuas 's na speuran ;
Tha beatha 'teachd o shlios na gréine,
A toirt misnich dhoibh is spéirid.

Faic na raointean, faic na cluaintean,
A bòcadh 'mach le feur is luachair !
Braonain 's clanna bheag ga cnuasachd,
'S a sireadh nead 'an còs nam bruachag.

Feuch trom dhealt air bàrr gach féoirnein !
'N talamh breacaichte le neoinein !
'M facas riamh 'thug bàrr am bòichid
Air a bhrat gach àit' a chòmhdaich ?

Nach eutrom iollagach, 's nach uallach,
Ceum na h-ainnir 'dol do'n bhuaile !
'Dol a bhleoghann a chruidh ghuaillinn,
'S an t-àl òg na 'còir gu guanach.

'S nach sunndach, sgairteil ceum a bhuachaill',
A dìreadh nam màm 's nam fuar-bheann !
Le choin dhìleas, ullamh, fhuasgailt'
O'n a thriall an sneachd 's am fuachd bhuainn.

Ceud fàilte ort a Bhealltainn aobhach !
'Bhealltainn shnodhach, bhliochdach, ghaolach ;
Minn is uain is laoigh gu h-aotrom
'Mireag air gach làimh is taobh dhinn.

Ach cha mhair thu ach ré sealain,
'S cha mhair an t-earrach ach car tamuill ;
'Ur grian 's 'ur blàths cha'n fhad a mhaireas,
Thig dubhar orra, ceò is smalan.

Thig àm nach cluinnear ceòl 'sa choille,—
'An searg an trusgan air gach doire ;

Tha 'n geamhradh 'teachd 's cha dean e moille,
Le 'ghnuis stoirmeil, ghruamaich, dhoilleir.

Cliu gu'n robh do Dhia na tròcair,
D'a phobull taghta sàmhradh dh' òrdaich ;
Grian a dhealraicheas 'an còmhnuidh,
Air nach laigh smal an ròghachd na glòire.

Tìr an àigh, a ghràidh 's a chaoimhneis,—
Tìr tha ghnàth gu soilleir, soillseach ;
Tìr nam beannachd, tìr an aoibhnis,
Gun fheum air solus gréin' no coinnle.

Tìr nam fonn nach caill am mìlseachd,
Tìr nan òran do nach sgìthich ;
Tìr a chiùil nach sguir gu dìlinn,
Tìr nan aingeal is nam firean.

Tìr nan crann nach caill an àilleachd ;
Gorm is ùrar bidh gu bràth iad ;
Croinn le 'n duilleach a bheir slàinte,
Tìr nan aimhnichean nach fàilnich.

Tìr an t-samhraidh 'chaoidh a mhaireas,
Tìr gun fhuar-dhealt, gun chlach-mheallainn ;
Tìr gun osna, deur no smalan,—
Gun fhuachd geamhraidh no tart earraich.

Tìr 's an iobrar cliù gu sìorruidh
Do Thrì Pearsaidhean na Diadhachd ;—
'N Tì a chuir, an Tì a riaraich,
'N Tì a naomhaich an cridh' iargalt.'

Nach sona iadsan a gheibh còir oirr' !
'Feitheamh orr' tha uallach glòire ;
Tobraichean tha làn de shòlas,
Mar-ri Dia gu sìor 'an còmhnuidh.

LACHAINN NA GÀIDHLEG

Lachlan Maclean, known as Lachainn na Gàidhlig, was born at Arnabost in the Isle of Coll, on June 2nd, 1798. He went to Glasgow about 1821 and engaged in the hosiery business. He was the author of several excellent articles which appeared in the Teachdaire Gàidhealach and Cuairtear nan Gleann. He published "Adhamh agus Eubh" in 1837, and the "History of the Keltic Language" in 1840. His aim in both of these works was to prove that Gaelic was the language of Paradise. He died November 22, 1848. He was a Gaidel of the Gaidels.

CUMHA

Do nighean Thighearna Chola, baintighearna dhiadhaidh a chaochail ann an Lunnainn an 1830.

FONN.—"*Iorram na truaighe.*"

Och ! is mis tha fo airsneal,
  Tha mo chridhe 'cur thairis le bròn ;
Ainnir uasal na h-àilleachd,
  De 'n fhuil Leathanaich àghmhoir, cha bheò !
'S e so 'mheudaich mo thùrsa
  Nach d'fhuair do luchd-duthcha ga d' chòir,
Ach gun athair, gun bhràthair,
  Ann an Lunnainn ga d' chàradh fo 'n fhòid.

'S iomadh buaidh bh' ort r'a innse,
  'S a chaidh cheana chur slos ann an dàn.
Bha thu àlainn 'am pearsa,
  Bha thu iriosal macant' thar chàch ;

Meur de'n chraoibh thu a thuinich
Ann an caisteal ud Dhuairt nan sàr ;
B'e so geamhradh na dunach,
Chrion do fhreumh, 's dh' fhrois do dhuilleach gu làr !

'S mò is buan leinn do chadal,
'S fad an oidhche gun mhaduinn na 'deidh !
Cha ruig ceòl ort no aighear,
'S an tigh chaol tha thu tathaich leat féin ;
Dh' fhalbh do chàileachd 's do chlàisdeachd,
Dh' fhalbh do léirsinn, do mhaise 's gu léir,
'S tu, gun déidh air bhith fuasgailt',
Ann am prìosan dubh fuaraidh an éig !

Och ! nach deach' do thoirt dhachaidh
O mheasg nigheanan Shasuinn 'san uair ;
Is do chàradh le mòrachd,
Ann an cois na traigh-mòir' mar bu dual ;
Fo dhìon bhallachan àrda,
Far a bheil do chaomh mhàthair na 'suain,
'S far am feudadh do chàirdean
Dol gach feasgar 'chur fàilte air t' uaigh !

Ach, nach suarach mo ghearan.
Bhur dà uaigh a bhith sgairte an drasd !
Thig an uair anns an éirich
An ùir chaomh sin gu h-éibhneach o'n bhàs ;
Tha 'ur n-anamannan àrda
Le a chéil' ann am Pàras an àigh,
Ann an càirdeas tha maireann
Ann an dùthaich an aighir 's a ghràidh !

Eilean Chola, 1831.

MOLADH NAN GAIDHEAL.

FONN.—"*Ailein duinn, nach till thu 'n tùbh so.*"

Luinneag.

'S iad na Gàidheil féin na diulnaich ;
Ho ho, hi ri il ù oh !
'S iad na Gàidheil fèin na diulnaich.

'S iad na Gàidheil féin na gaisgich
'S fad' 's is farsuinn a chaidh cliù orr'.

Faigheadh iad cothrom na Féinne
'S co air réidhlean a bheir cùis dhiubh ?

B' éibhinn an sealladh an còmhlan
'N àm togail nan sròl an Mùideart.

Dh' éirich an t-àrdan na' n gruaidhean
Nuair a chual iad fuaim an t-sionnsair—

Gach cridhe 'g at, 's lann an dòrn,
A dol a dh' agar còir a Phrionnsa !

Bha 'n iolach mar mhìle leòghann,
No 'n cuan mòr an deidh a dhùsgadh !

Chriothnaich na beanntan le uamhas,
'S thàinig gruaman air na dùilean !

Chriothnaich an crùn a bha 'n Lunnainn,
'S cha mhòr gu'n d' fhuirich ar ciùine.

B' aoibhneach Gleann-Fionain an là ud,
'S a mhactall' 'gàir le dùrachd.

'Stàillinn air mhire gu còmhrag,
Gu 'n déid Teàrlach òg a chrùnadh !

Olamaid uile 'n deoch-slàinte ;
'S balach nach tràigheadh gu grunnd i.

Eilean Chola, 1843.

AN T-URR. AILEIN MAC-GILLEAIN.

The Rev. Allan Maclean was the son of Alexander Maclean and his wife Catherine Macvarrish. He was born in Arisaig, Scotland in 1805. He was educated in Spain, where he spent ten years and learned to speak Spanish as fluently as Gaelic. He was ordained to the priesthood in 1837. He was for a number of years priest of Barra. He laboured afterwards for some time with the Rev. John Chisholm. He came to Cape Breton in 1855. He had charge of Creignish for a little more than a year. He was then placed in charge of the parish of Judique, where he spent about twenty-one years. He was of a poetic nature, and thus differed in some of his ways from the ordinary run of mortals. He had a keen sense of the ludicrous, and was rather fond of playing practical jokes of a harmless character. He was a kind-hearted and honourable man, and was highly esteemed by all who knew him, whether Catholics or Protestants. He died in Judique, October 1st, 1877.

ORAN MOLAIDH

Do Mhairi Nic-Rath an Aird-an-t-sabhail, air dhi lein'-aifrinn a thoirt do 'n bhàrd.

Luinneag.

A Mhairi aoidheil nach dig thu 'n taobh so
L'e cuailein craobhach nam maoth chiabh donn ;
A leug nan caoin bhas, 's do ghruaidh mar chaorunn,
'S do shlios mar fhaoilinn air aodann thonn.

Tha seudan luachmhor an grunnd nan cuantan
Nach deach a bhuannachd le luasgadh thonn,
'S tha geugan buadhach ann mu nach cualas
Bho luchd nan duanag a 's uallach fonn.

A gheug an taitnis gur mor mo thlachd dhiot,
A chruinneg ghasd a's fearr dreach is conn ;
'S tu cridh' an t-suaircis, na seirc', 's na h-uaisle,
'S tu shiol an t-sluaigh sin mu'n luaidhte glonn.

'S tu 'shiol nan àrmunn 'thug buaidh 'sna blàraibh
Bho Chrò Chinntàil', ionad taimh nan sonn ;
Bu chlis 's a bhàt' iad a bhristeadh càir ghil,
'S gur tric a shàraich iad tàn-damh donn.

Thu shiol nan sealgairean 'b' fhearr bha 'n Albainn,
A chleachd mar armachd an earr-chaol donn,
'Bu nimheil dararach a bristeadh targaid
Air slinnean meanmnach fear falbh nan tom.

Is folachd t' fhion-fhuil bu mhath r'a iarraidh,
An cinneadh lionmhor gun ghiamh nan com ;
Bu gharbh an cliarachd fo lann 's fo sgiathaibh
Bho Asuinn fhiadhaich gu bial Loch Long.

Gu'm b' fhallain nàdar na stuic o'n d'fhas thu ;
Tha buaidh na slàinte fo bhlàth ad chom,

Mar lili Mhàighe air lochan càthair
Is fhamh a ghàir oirr' air barr nan tonn.

Geo bhiodh gach smeorach is uiseag cheolmhor
A seinn le sòlas feadh mheoir nan tom,
Bu leats' an cliu le d' chuid luinneag siùbhlach
'S tu 'cur glas-chiuil air an sionnsair crom.

Gu bheil do mheanbh-chruth caoin, ruiteach dearg-gheal
Mar ròs air fearra-dhris nan dealgan lom',
Is tha do chalpa mar bhradan tarra-gheal
A thig o'n fhairge a's gailbheach lonn.

Do mhuineal ceutach mar eala ghle ghil,
'S i 'snàmh gun éis air uchd réidh nan tonn,
'S cha 'n fheil am finealtachd te 'san roighachad
Nach géill do ribhinn nam miog-shul donn.

Do cheum 'san ridhle gur boidheach fìnealt'
Le ceol na fidhle a's millse pong,
'S gach aon a chi thu am barail chìnntich
Gur imeachd sìthe cluich ghrinn do bhonn.

Tha gile gréine a mheathas léirsinn
Mar aingeal gléidhteach, a leug, mu d' chom ;
'S tha binneas theudan a t' imeachd eutrom
Nuair bheir thu ceum air an réidhlean lom.

Mar sholus aoibhinn air feadh nan coilltean
Do bhroilleach daoimein ri soillse dhuinn ;
'S ged thig an oidhche bidh grian a boillsgeadh,
Ma 's e 's gu'm foillsich a mhaighdean dhonn.

Cha luaidh mi ainm do chaoin phearsa dhealbhaich
Mu'n dùisg mi farmad is fearg ro throm,
Bho'n chuir do cheutadh Diana euchdach
Ag altrum éud riut fo sgéith nan tonn.

Do bhuadhan nadair cha'n fhaodar àireamh
Le caogad bhàrd ann an dàn le fonn.
Cha tuig thu t'ailleachd 's an ruig thu'n sgáthan ;
'S mo shoraidh slàn le d' chùl fainneach donn.

IAIN MAC-GILLEAIN.

Norman Macleod was in the army and learned the art of gilding. After leaving the army he settled at Waternish in Skye, and was known as An t-Or-cheard. He married Mor Irteach, a girl who belonged to St. Kilda, but who was living in Islay at the time of her marriage. Mora was an intelligent woman, and could compose bits of songs. John, Norman's son by Mora, was a sailor. He died in Liverpool in 1878. The girl whose praises he sang died young.

THUG MI GAOL DO 'N T-SEOLADAIR.

Air feasgar sàmhraidh Sàbaid dhomh
'S mi gabhail sràid leam féin,
Na smeòraichean gu ceilearach,
'S iad àrd air bhàrr nan géug—
Bha m' inntinn air an àrmunn sin
A's àillidh' tha fo 'n ghréin—
Nach truagh nach robh mi còmhla riut
A còmhradh greis leinn féin !

Bho 'n thàinig mi do 'n dùthaich so
Gur beag mo shunnd ri ceòl,
Bho 'n dh' fhàg mi tir nan àrd-bheann,
Far an d' fhuair mi m' àrach òg ;

Far 'm biodh féidh 's na firichean,
  Is bric air linne lòin,
Far 'm biodh na h-òighean uaibhreach
  'Dol do 'n bhuaile le 'n laoigh òg'.

Tha 'm athair is mo mhàthair,
  Is mo chàirdean rium an gruaim ;
'S ann tha gach h-aon dhiubh 'g ràidhtinn rium,
  Gu bràth an dig ort buaidh?
An di-chuimhnich thu ghòraiche
  Bho t' òige 'thog thu suas?
'S ann thug mi gaol do 'n t-seòladair
  'Tha seòladh thar a chuain !

Tha 'anail leam cho cùbhraidh
  Ris na h-ùbhlan 's mi ga 'm buain ;
A dheud cho geal 's an ìbhiri,
  A chneas mar fhaoileann cuain ;
A ghruaidhean mar an caorann,
  Is a chaol mhala gun ghruaim—
O, thug mi gaol nach dìobair dhuit
  Gus 'n sinear mi 's an uaigh !

Gur lionmhor mais' ri àireamh
  Air an àrmunn dh' fhàs gun mheang,
Gu'n aithnichinn féin air fàireadh thu,
  'S tu àrd air bhàrr nam beann :
Bu deas air ùrlar clàraidh thu,
  Nuair thàirneadh tu 'n tigh-dhanns',
Troigh chuimir am bròig chluaiseinich,
  'S gach gruagach ort an geall !

Ar leam gur mi bha gòrach
  Nuair a thòisich mi ri dàn ;
Cha bhàrd a dheanadh òran mi,
  'S cha chòir dhomh dol na 'dhàil ;
Tha ni-eigin air m' inntinnse,
  'S cha 'n fhaod mi inns' do chàch ;—

Gu'n dug mi gaol do 'n t-seòladair
Air luing nam mòr chrann àrd.

Ach innsidh mise 'n fhìrinn duibh
Mur h-fheil mo bhar.il faoin,
Tha goal n m fear cho caochlaideach,
'S e 'seòladh mar a ghaoth.
Mar dhrùchd air m duinn chaitein,
Is mar dhealt air bhàrr an fheòir ;
Le teas na gréine éiridh e
'S cha léir dhuinn e 'sna neòil.

'S ma 's nì e nach h-fheil òrdaichte,
Gu'n còmhlaich sinn gu bràth,
Mo dhùrachd thu bhith fallain,
Is mo roghainn ort thar chàich !
Ma bhrisd thu 'nis na cùmhnantan,
'S nach cuimhne leat mar bha,
Dhuit guidheam rogha céile
Agus laighe 's éirigh slàn !

A HO RO, MO MHAIRI LURACH.

Luinneag.

A ho ro, mo Mhàiri lurach,
Do 'n dug mi mo ghaol cho buileach ;
'S e dh' fhàg mi am bliadhn' fo mhulad,
Nach fhaod mi fuireachd ad choir.

Moire, 's i mo ghaol a ghruagach,
Seang chorp fallain ; thug mi luaidh dhuit ;
'S bho nach fhaod mi deanamh suas riut,
Bidh mi fuasgaladh nan seòl.

Bidh mo smuaintean anns gach àm ort,
Ged a b' ann a dol do 'n chrann mi ;
Chuir thu seacharan am cheann,
'S cha 'n amais mi air ceann nan ròp'.

Bidh mi smaoi teach ort am leaba,
Bidh mi bru dar ort am chadal,
Cha leig mi thu, 'ghaoil, as m' aire,
Fhads' tha mi air thalamh beò.

'S tu mo chadal, 's tu mo dhùsgadh,
'S anns a mhaduinn 's tu 's cruit-chiùil dhomh ;
'S ann ort a leagainn mo chùrsa,
'Nuair bhiodh càch an dlùths a cheò.

Moire, 's i mo ghaol an ainnir ;
Do dha ghruaidh mar chaor air mheangan,
Fàileadh an t-subh-chraoibh de t' anail,
'S gur tu m' aighear de 'n tha beò.

Moire, 's i mo ghaol an rìbhinn,
Com is deise leam a chi mi,
Mala chaol mar it' an fhiòr-eòin ;
'S toigh leam fhìn mo Mhàiri òg.

An robh thu 'm barail, a Mhàiri,
Gur h-ann ga d' mhealladh a bha mi ?
'S docha leam thu na mo mhàthair,
Ged is i rinn m' àrach òg.

An robh thu 'm barail, a ghruagach,
Gur h-e do stòras bha mi 'ruagadh ;
Tha do thochar ann ad ghruaidhean :
B' fheàrr leam sud na buaile bhò.

Cha ghabh mise sud mar thàmailt,
Ged chuir thu fear ùr am àite ;
Ach bidh mise falbh air sàile ;
'S gur faisge dhomh bàs na tréoir.

TEARLACH MAC-GILLEAIN.

Charles Maclean was the eldest son of John Maclean, the poet. He was born in Tiree, July 24th, 1813. He came to Nova Scotia with his father in 1819. He succeeded his father in Glenbard in 1848. He was ordained to the eldership in the congregation of Barney's River by the Rev. D. B. Blair, D.D., December 24th, 1871. He was a clear-headed, sensible, and well-read man; and lived for the good of others. He was exceedingly kind to the writer of this sketch, and helped him in various ways when going to school, the academy, and college. He was never married. He died at his home, June 27th, 1880.

ORAN GAOIL.

FONN.—"*Gur a gile mo leannan*
Na'n eal' air an t-snàmh."

Gur h-e mis' tha neo-eibhinn,
Is éisleineach truagh,
Tha mi smaointinn an còmhnuidh
Mu 'n òigh a's glan tuar.
Le do bhòidhchid 's le d' bhriodal
Mo chrìdh' shlad thu bhuam;
Anns gach àite bidh t' iomhaigh
Na m' inntinn, a luaidh.

Gur h-e cumha do ghaoil
A dh' fhàg aognaidh mo shnuadh;
'S e a chuir mi mar tha mi,
Gun stàth anns an uair s';

'S e a shàraich 's a chràidh mi,
Mo mhàld g bhith bhu m,
Tha leann-dubh air mo lion dh,
'S tha m' inntinn fo ghruaim.

'S beag an t-ionghnadh dhomh 'n tràth so
Bhith strachdte fo sprochd ;
Tha mo smaointinnean cianail,
'S gur piantach mo lot.
Mur a till thu an gràdh rium,
'Thé 's àlainne dreach,
Bidh mi tuilleadh fo phràmh
'S mi gun slàinte, gun neart.

Cha'n fheil iocshlaint' aig léigh
'Dheanadh feum do mo lot
'S ann tha saighdean a ghaoil
Anns gach taobh dhiom gu goirt.
Gur h-e 'leigh'seadh gach creuchd
'S thogadh m' éislean gu gean,
Mi ga t' fhaotuinn ,ir laimh
An còir theann mar mo bhean.

'S ann a thug mi 'n cion-falaich
Do 'n ainnir ghloin òig ;
Té nam miog-shuilean meallach
Fo 'n mhala a's bòidhch'.
Tha a ghruaidhean mar chaoran
Gun ghaoid air na meoir ;
'S tha i banail na 'gluasad
Is uasal 's gach doigh.

Tha i fìnealta, sìobhalta,
'S binn-ghuthach cluin ;
Tha i céillidh na 'còmhradh,
'S gun mhôrchuis dhi dlùth ;

Tha i ſuranach caoimhneil,
Gur h-aoibheil a gnùis ;
Tha gach buaidh oirre dh' iarrainn,
Oigh chiatach mo rùin.

ORAN GAOIL.

FONN.—"*Iain Ghleann-Cuaich.*"

Thoir an t-soraidh so bhuam
'S dean a h-aiseag gu luath gu m' ghràdh ;
Thoir i null thar a chaoil,
Agus innis do m' ghaol mar tha.
Gu bheil aiceid am chré
'S nach dean lighich' dhomh feum no stà ;
Mur a faigh mi i-féin
Tha mi 'n cunnart dol eug gun dàil.

'S ann tha 'm fiabhras am cheann ;
Tha mi iargaineach fann gun fheum
Le bhith 'smaointinn 's gach àm
Mu 'n òg ainnir a's anns' fo 'n ghréin,
'S truagh nach faighinn air làimh thu
'An ceanglaichean teann bho 'n chléir ;
Rachadh m' airsneal gu làr,
'S bhithinn aighearach, slàn gun éis.

B' fhaoin leam airgiod no òr,
B' fhaoin leam bailtean an còir le 'n nì,
Seach a mhaighdean ghlan òg s',
'S i mo roghainn thar òigh 's an tìr ;
'S i an smaoin tha ga m' chràdh
'S a cur eagail a ghnàth na m' chridh'
Gur h-e fuath air son gràidh
A gheibh mise bho m' Mhàiri bhinn.

'S ann thug mise mo ghaol
Do na chailin a's aòidheil' gnùis ;
Gorm shùil mheallach, chiùin, thlàth
Tha fo mhala chaoil mhàld' mo rùin.
Gruaidhean dearg mar an ròs,
Beul tana, deud còmhnard, dlùth,
Anail chubhraidh mar fhion,
Th' aig an ainnir a's fior mhath cliù.

Tha i cuimir gun sgòd
Bho mullach gu bròig a sios ;—
Uchd glan, liontach gu leòir,
'S geal mar shneachda 's e oirnn a tigh'nn.
Seang chneas fallain gun ghaoid,
Calpa fìnealt', troigh aotrom chruinn ;
Basan réidhe nach cruaidh,
Is meòir chaola 'ni 'm fuaigheal grinn.

Gur h-e mise tha fo bhròn,
'S tric a snigheadh mo dheòir gu làr
Le bhith 'smaointinn mu 'n òigh,
Finne mhaiseach a chòmhraidh thlàith.
Mur a faigh mi còir bhuan
Ort an ceanglaichean cruaidh, le d' ghràdh
'S e bhith 'cumha mo cheòl,
'S bidh mi tuilleadh ri m' bheò fo phràmh.

'Ainnir thaitneach nam buadh,
O ! nach gabh thu dhiom truas 's mi 'n càs ;
Gur h-e fiabhras do ghaoil
Tha ga m' fhàgail cho faoin gach là,
'S ga mo ghreasad an aois,
'S geur an t-saighead tha 'm thaobh an sàs.
Gu bheil mise 'dol eug ;
Air son gaol 'thoirt do m' euchdaig bhàin.

ORAN DO 'N EACH MHOR.

Le Tearlach Mac-Gilleain.

Mìle marbhphaisg air an earchall,
Dh' fhag e cearbach mi an dràsd ;
Thug e bhuam mo ghearran calma
As an robh mi 'g earbs' a ghnàth.
'S e mi-fhin a thog a suas e ;
'S i 'n làir ruadh bu mhàthair dha ;
'S iomadh car a rinn e riamh dhomh,
Is cha 'n iarrainn each a b' fhearr.

Nuair a thigeadh am an treabhaidh,
Bha e ro-mhath anns a chrann ;
'S e gu'n tàirneadh ceann an amaill
Ged a bhiodh an talamh teann ;
'S e 's a chlais' a falbh gu còmhnard
Gun cheum gòrach 'null 's a nall ;
'S bhiodh an sgriob gu direach, boidheach,
Mar bu chòir bho cheann gu ceann.

Nuair a bhithinn leis a cliathadh
Bha e easgaidh gun bhith mall ;
Dh fhalbhadh e gu socrach, ciallach ;
Cha robh sgiansgarachd na 'cheann.
'S iomad raon a rinn mi mìn leis,
'S tric a bha mi sgìth mu'n chom,
'S mi ga 'leanachd le mo dhichioll
'Cur an t-sìl fo dhion 'san fhonn.

Nuair a chuirinn anns a chairt e
Bha e taitneach air gach doigh ;
Bha e lùthar, laidir, sgairteil
Le fior neart na 'chnaimhean mor'
Cha 'n fhaca mi riamh e 'diultadh,
Cha do dh-ionnsaich e sin òg ;

Ged bhiodh rathad clachach garbh ann
'S e gu'm falbhadh e gu stòld'.

Nuair a chuirinn air an diollaid
Dheanteadh gniomh leis nach biodh cearr ;
Shiubhleadh e cho luath 's bu mhiann leam ;
'S mi nach iarradh spor ri m' shàil.
Bha e cumachdail, ro dhealbhach ;
Amhach gharbh is broilleach làn ;
Sliosaid throm oscionn speir dhìrich,
'S lurga chaol 'bu riomhach cnàimh.

CUMHA

Do dh-Alasdair Stiubhart a mharbhadh 'sa mheinn òir aig Sherbrook 'sa bhliadhna 1862.

B' i so bliadhna na dunaich'
'Rinn ar leonadh le mulad,
'S iomadh aon dh' fhag i dubhach fo bhròn.

'S ann mu mheadhon an earraich
'Fhuair sinn sgeul 'rinn ar sgaradh
Gu'n do mharbhadh an t-Alasdair òg.

'S ann ri sgealbadh nan creagan
Leis an fhùdar chruaidh spreigeant
'Fhuair thu 'bhuille a leag thu gun deò.

'N àm bhith calcadh 's a dùnadh
'N àit 's 'n do chuir thu am fùdar,
Dh' fhalbh an t-srad 'rinn an diubhail ro mhòr.

'S b' i sud srad a mhi-fhortain,
Las i 'm fudar an toiseach,
'S sgealb i chreag rinn do dhochunn 's do leòn.

'S beag an t-ionghnadh dó chàirdean
A bhith eisleineach, cràiteach,
Bho na rinn iad do chàradh fo 'n fhòid.

'S i do mo mhàthair tha truagh dheth,
'S tric snigh' air a gruaidhean,
'S e bhith 'd chumha-sa 's dual dhi ri beò.

Gu bheil t' athair dheth-deurach
Le bhith smaointinn mu d' dhéibhinn,
'Fhuair e saighead a chreuchd e gu mòr.

Tha do pheathrichean cràiteach,
Iad fo mhulad 's fo phràmh dheth,
Is an cridhe gu sgàineadh le bròn.

Bu tu cridhe na féile,
Riamh nach diobradh na'm feum iad ;
Is cha leigeadh tu eucoir na'n coir.

Bha thu caoimhneil ri d' chàirdean,
'S bha thu aoibheil na d' nàdar ;
'S e bhith fialaidh bu ghnaths dhuit bho t' òig'.

Bha thu foghainteach, calma,
Làidir, misneachail, meanmnach,
Bha thu fearail neo-leanabaidh 's gach dòigh.

'S aobhar smaointinn an drasd dhuinn,
An trom chis thug an-bàs dhinn ;
Is cha dean e neach fhàgail tha beò.

'S còir dhuinn daonnan bhith 'g ùirnigh
Gu'm biodh Criosda ga'r stiuradh,
Bho'n tha 'm bàs a tigh'nn dluth oirnn gach lò.

Nuair thig an teachdaire gruamach
Bheir e sios leis do 'n uaigh sinn,
'S theid an t-anam gu suaimhneas no bròn.

PEIGI NIC-GILLEAIN.

Margaret Maclean, Peigi nighean Eoghain Chùbair, was born at Salen in Mull. She was married to a Mackorkindale. She died in Oban.

NA H-OIGEARAN URRAMACH.

Luinneag.

Na h-òigearan urramach
A sheol thar nan grunnaichean,
Bhur tilleadh fallain, sunndach,
Is dùrachd gach duine leibh.

Mo cheist na fiurain uasal
A sheol bhuainn thar nan cuantan ;
Sa-ghal sona buan duibh,
Is fuaidh leis na dh' fhuirich leinn.

Gur h-òg a rian sibh gluasad
A dh' ionnsachadh a chruadail ;
'Dhol thar nan tonnan uaine
'S nan stuadhannan cunnartach.

Mo ghaol na fiurain àlainn
A sheol bhuainn thar an t-sàile ;
'Ur peathraichean dheth cràiteach,
'S 'ur màthair dheth muladach.

'Ur n-àthair tha fo mhi-ghean
Bho'n sheol sibh do na h-Innsibh,
A chridhe bidh dheth lèal
'S an till sibh 'chur furain air.

'Ur leithidean cha d' fhàg sibh
A thigh'nn a staigh do 'n t-Sàilein,

Is falamh leam tha 'n t-aite
'S am b' àbhaist dhuibh cruinneachadh.

Alasdair nam blàth shuil,
Gur lionmhor mais' a fàs ort
Bho chùl do chinn gu d' shàiltean ;
An àireamh cha 'n urrainn mi.

Is Iain bhàin, a ghaoilein,
Do shlios tha mar àn fhaoileann,
'S gruaidh thana dhearg mar chaorann
Fo 'n mhala chaoil a's luraiche.

The foregoing song was composed when two of the sons of Alexander Mac-Callum left Mull for some distant land.

EOGHAN MAC-GILLEAIN,

Ewen Maclean lived in Mull. As he was a carpenter by trade he was commonly known as Eoghan Saor. He was a very witty man. He died in Tobermory a few years ago.

ORAN NA SUIRIDHE.

Luinneag.

Gaol t' fhearainn, gràdh t' fhuinn
'Chuir gum fallbhainn idir leat ;
'S e luaidh do chruidh dhruiminn, dhuinn,
'Chuir gu'n suidhinn làmh-riut.

Nuair a bhà mi anns a chùirt
Cha robh chùis ach mulladach ;

B' fhearr leam na da phunnd is crùn
'Smùid 'thoirt air a càineadh.

Tha 'n t-suiridh' na 'rud math gu leoir
Fhad 's bhios dòigh aig duin' oirre ;
'M fear a's lugha ni ga 'còir
'S e gu mòr a's fearr dheth.

Nach h-e 'n siorram 'chìnn a suas
An uaislid 's an cuidealas ;
Chunnaic mise, 's cha 'n fhad uaith',
Stocaidh ruadh is bhàn air.

Cha déid mi shuiridh sí m' bheo,
Obair ghòrach, chunnartach ;
Sean-fhacal thuirt an luch-fheoir,
'S math an sógh an t-sàmhchair.

'S iongantach an rud an gaol,
'S tric a thaobh e burraidhnean,
Dh' amais e ri Eoghan Saor ;
'S daor a rinn e 'phàigheadh.

Comhairl' 'bheirinn-s' air gill' òg,
A bhiodh spòrsail, cuideachdail,
Gun e thaorsainn té ri bheò
'Bhiodh a chòir a màthar.

Nuair a bhà mi 'm ghiullan òg,
'S i ghòraich' bu chuideachd dhomh,
Sùil a'm gu'm maireadh mo phòg
Anns an dòigh a b' àbhaist.

Tha a ghorta 'tigh'nn an taobh s',
'S gaoir aig gach duine dh' i,
Ach 's duilghe leam fhìn an gaol
Seach gaoid a bhuntàta.

'Ill' oig a tha air an fhéill,
Cum do cheum gun tuisleachadh;
Nam faiceadh tu mis' an dé,
'S mi bha 'n éiginn ghàbhaidh.

'M boitean-feoir, am madadh-ruadh,
'S gobhar luath nan uirighean,
B' fhas an aiseag ficheadh uair
Na bhith suas ri pàirt diu.

IAIN MAC-GILLEAIN AM BAILE-MHARTAINN.

Hector Roy Maclean, a native of Mull, came to Tiree with Colonel Campbell, when the latter was factor of that Island for the Duke of Argyll. He was a ground officer. Neil Maclean—Niall mac Iain mhic Iain mhic Eachainn Ruaidh—married Christina, daughter of Donald Bàn Mackinnon of Gàradh Shòrabi. John, son of Neil Maclean and Christina Mackinnon, was born in Tiree. He could read and write, and was an intelligent and well-informed man. He lived at Ballimartin. He died four or five years ago. He was never married. He composed quite a number of songs.

BREACAN MAIRI UISDEIN.

Luinneag.

'S e 'm breacan lurach fasant' e
Nach faighear anns na bùithean;
Tha gorm, tha geal, tha sgàrlaid
Anns a bhreacan àlainn ùr so.

Tha 'n breacan measail air meil so
Measg gharbh-carioch agus stuc-bheann ;
Tha moladh mor 's gach ait aca
Air breacan Mhairi Uisdein.

Tha clann nan Gall ga 'm bòdhradh uim'
Am baile mor 's air dùthaich ;
'S tha iomradh thall am Pàris ac'
Air breacan Mairi Uisdein.

Nuair theid gach sreath air fhiaradh dheth
Le sioda liath ri chùlaobh,
Bidh earradh ùr do 'n Bhànruinn
Ann am breacan Mairi Uisdein.

Nuair chuirear ann am fasan e
Gu deise 'mhac an Diuca,
Bidh obair mhor aig tàilliearan
Air breacan Mairi Uisdein.

Chaidh naidheachdan do dh-Il' air,
Do Chinntire, Ghigha, Dhiura ;
'S tha Muil' is Col' air bhàinidh
Air son breacan Mairi Uisdein.

Tha Còmhall, Boid, is Arrainn,
Tha Braid-Alba, Lathurn, Müideart,
Is Morairn nam beann arda
'Cluich mu bhreacan Mairi Uisdein.

Tha leòghann, bradan tarragheal glas,
Lamh dhearg, is dealbh a chrüin air ;
'S tha ceann an tuirc bu tàbhachdaich'
Air breacan Mairi Uisdein.

Is lionmhor gaisgeach garbh-bhuilleach
A bhios a falbh gu sunndach

Fo earradh sgeanail Gàidhealach
De bhreacan Mairi Uisdein

Tha sliochd nan daoine rioghail,
Bha 'sna glìnn ri linn a Phrionnsa,
A beachdachadh gu blàth-chridheach
Air breacan Mairi Uisdein.

Bho chriochaibh tuath na h-Alba
Thig fir chalma, threubhach, lùghor,
A tagradh còir air pàirt bhith ac'
De bhreacan Mairi Uisdein.

Nan gairmteadh le crois-tàra sinn
Gu claidhean glas' a rùsgadh,
Bhiodh uile laoich na Gaidhealtachd
Fo bhreacan Mairi Uisdein.

Bu chearr an t-àm do naimhdean
Bhith air laoich nam beann ri mùiseag,
Nuair bhiodh iad deas gu sàthadh annt'
Fo bhreacan Mairi Uisdean.

Ach 's fhearr dhuinn sgur is tàmh thoirt dha
Mu'n dean Prionns' Tearlach dùsgadh,
'S mu'n tog e spiorad ardanach
Mu bhreacan Màiri Uisdein.

DI-MOLADH NA TI.

Luinneag.

Fhir leis an cumant' bhith 'siubhal nan garbh-chrioch,
Thig agus innis a niso chionn aimsir'
C'àit a bheil caile dh' fhas coltach r'a seanmhair;
Té nach do shearg le duilleach na ti.

Chi sibh cailean 's gach fasan 's an t-saoghal
'Dh' fhalbh gu buileach an fhuil as an aodainn;
Gun cho fad orra 's brogan faoine,
'S casan ro chaol air chumadh na ti.

Air glaodh a choilich mu'n soilleirich neoil
'S e cupa na maidne a's math leis na seoid ac';
Samhla air misgeirean ann an tigh-òsda,
Gearan fhear òg mar doir thu dhoibh ti.

Bodach a bhrochain 'bha foghainteach seideanta,
'Dh' i theadh gu somalta bonnach na leth-oirlich,
'Gearan 's a caoidh le a lamh fo leth-cheann,
'S gun chungaidh eile ni 'leigheas ach ti.

Maduinn na Sàbaid, is nàr ri 'luaidh e,
Mionnaichidh bodaich le corruich an uamhais;
Ach ni iad an t-altachadh fada gun ghruaim
'Sa mhaduinn Di-luain nuair gheibh iad an ti.

Màthair an leinibh, mu'n coisich e'n t-ùrlar,
Bheir i dha cupa na shuidh' air a ghlùinean;
Gheibh e i milis ged theirig an siùcar,
'S lagaich i 'luth as buileach le ti.

Cailleach nam briagan, na fiosachd, s na bòilich,
Aig 'bheil mar fhasan bhith 'mealladh gach òinnsich;
Fear anns an dàn a dh-aindeoin no dheoin,
'S cha'n innis i 'n còrr mur doir iad dhi ti.

Chi sibh cailleach na 'suidhe aig na h-éibhlean,
Flanain m'a ciobhull s i 'gearan an déididh,
'S gann gun doir i ort freagairt le réite
'S bidh i cho breun mur doir thu dhi ti.

Iasg na mara tha Glasachu làn dheth,
Im no ubh cha'n fhaigh fuireach 's an àite,

'S ged a dh' itheadh iad tur am buntàta
Cuirear an càis' a cheannach na ti.

Ged thig am bainne orra toiseach an t-samhraidh
Leanaidh gach cailleach ri fasan a gheamraidh,
Fiacalan fallain cha'n fheil iad nan ceann,
'S na bunan a th' ann cho dubh ris an ti.

Bodach beag biorrach a tighinn mu chaingis,
Màlaid bheag aige is cuiridh e sgraing air,
Punnd is leth-phunnd is ceithreamh 'sgach paipear,
'S e gun ghuth cainnt ach moladh na ti.

Latha na cùnntais 's turas an aimhleis
Bidh iad fo chasan luchd malairt an airgid;
Dé mar is urrainn iad gun bhith fo aìnbheach,
Nuair a tha 'n ainm an leabhar na ti.

Cha'n iad na marsantan uile gu léir
A rinn an droch fhasan gu muathan a theumadh;
Ach am fear crùbach ud an Dun-eideann;
Chuir e bho fheum iad buileach le ti.

B' aithne dhomh cailean 'bha farumach foirmeil,
Beo, brisg, beadarrach, caithreamach, calma,
Slàn, bras, fallain gu obair, ach dh' fhalbh sud,
S cuid dhiu tha gorm le galar na ti.

Thusa, chail' òg, bu chòir a bhith somalt'
Le fuil agus feoil, ma thoisich galar ort,
Bheir mi dhuit seol a dh' fhogras t-anshocair,
Ol am bainn' agus seachainn an ti.

A CHAILIN MHAISEACH DHONN.

A ghruagach a chuil shniomhanaich,
Bhean òg a's miannach leam,
Do phearsa dhireach chumachdail,
'S i chuir mi ort an geall,
Is maiseach, banail cliuteach thu,
S ro mhodhail aig gach am ;
S tha blàth mar dhrùchd na h-iarmailt ort,
Mar dhearrsadh gréin air fonn.

'S ann thig an sìod' am fasan air
Do chuailean maiseach donn ;
Suil chorrach a's glan sealladh leam,
Mar dhearcagan nan tom,
Do ghruaidhean mar na ròsan
Nuair bhios iad òg is fann,
'S do shlios mar fhaoilinn mara,
No mar chanach geal nam beann.

Mo chailin chruinn, dheas, fhuranach,
Tha urram ort nach gann ;
'S tu thogadh smal is mi-ghean dhiom
An uair bhiodh m' inntinn trom ;
'S tu dheanadh tric dhomh ùrachadh,
'S bu shùnndach 'thogadh fonn,
Le guth mar cheol na fidhle,
No mar smeoraich bhinn nam beann.

Ceud soraidh slàn thar chuaintean leat
A ghruagach mhaiseach, dhonn,
Le dùil gu'm faic mi sàbhailt thu
Bheir mi mo dhàn gu ceann ;
'S ged chaidh tu fad air astar bhuam
Do Ghlasachu nan Gall,
'S i tir a mhurain dhù-ghuirm
Bu dùthchas duit bhith ann.

HI O RO 'S NA HO RO EILE.

Luinneag.

Hi o ro 's na ho ró eile,
Hi o ro 's na ho ró eile,
Hi o ro 's na ho ró eile,
Gur tu mo luaidh ri 'm bheo cha cheil mi.

Nuair a bha mi 'm chaileig ghòraich,
Thug mi gaol is gradh do'n oigear
Aig a bheil a phearsa bhòidheach,
'S cha ghràdhaich mi ri 'm bheo fear eile.

Chaidh mi chaoill nan crann 's nan gallan,
'S chuir mi sùil am fiuran maiseach :
B' ann an Glasachu nam bùithean
A thug mi run do'n diulnach fhearail.

Meur a's grinn air peann a sgrìobhas,
'S a chur gleus air teudan fidhle ;
'S e do cheol a thogadh m' inntinn
An uair a bhithinn sgìth fo smalan.

Do chùl dualach, cuachach, boidheach,
Falt do chinn mar ìte 'n lòin-duibh ;
Do dha ghruaidh air dhreach nan ròsan,
Is iad fo dhealta ceo na maidne.

Tha do chalpa cuimir, dìreach,
Mar bhradan aimhne ruith gu fior-ghlan ;
'S gur a fior gu'n dug mi luaidh dhuit
Am measg na bheil de shluagh air thalamh.

Ach tha mise 'n dùil 's an dochas
Gu'n dig an là 'sam bi sinn còmhla ;
'S ma bhios tusa dìleas domhsa
Cha ghràdhaich mi ri m bheo fear eile.

AM MARAICHE GLEUSDA.

Luinneag.

Mo shoraidh le durachd do dhùthaich nan laoch,
A dhionnsuidh luchd m' eolais is oigridh mo ghaoil
A sheinneadh na h-orain mar smeoraich nan croabh,
'S a bheireadh gach taobh dhomh sòlas.

Tha mise ri faire mar eal' air an raon,
Cha ghabh mi fear eile 's cha leanainn e taobh ;
'S ann dh' fhàg mi mo leannan an dùthaich an fhraoich
Fo dhubhar nan craobh 's nam mòr-bheann.

Mo chion air mo leannan, caol mhala gun ghruaim,
'S e mhaise bha t' aodann a chaochail mo shnuadh ;
Do shlios mar an eala, mar chanach nan bruach,
Deud lurach is gruaidh marròsan.

Fleasgach a chuailein 's nan cuachagan donn',
Is maraiche treubhach gu reubadh nan tonn,
'S nach gabhadh a ghealtachd air bharraibh nan crann
Nuair rachadh an long gu seoladh.

B' iomairteach seolt' e gu leonadh nam fiadh,
Na h-earb' is a choilich a ghoireadh air sliabh,
'S air lochan nam bradan a leagadh nan giadh
Mu'n éireadh a ghrian 'sa chrò choill.

ORAN GAOIL.

Luinneag.

Gu'n dug thu inntinn luaineach dhomh,
Gu tric fo thonnan buaireasach ;
Gur e 'chuir fada bhuam thu
Gu'n d' ghabh na h-uaislean bàigh riut.

Ged dh-éireadh gr
Tha latha dorcha,
'S gur h-e ni sòlas
Thu thigh'nn do'n

Be'n lili 'n gleann
Be'n daoimein thu,
Be'm flùr am meas
'Thug cridhe leoin

Mar eala bhàin, tr
A caoidh air locha
Bho'n chaidh thu
'N dùil nach cluinn

Ach tha mi 'n dùil
Gu'n càraidh thu n
Gun doir thu chùn
Le ordagh cléir-do

O

Do ghillean òga a dh' fh
gu 'dhol

Gur muladach mise bhith
A thogas, no thuigeas, no
Le dùrachd mo chridhe s
A sheol thar na linne bho

'S mi 'm shuidhe gu h-uai
Tha nithean ga m' bhuair
'S mi caoidh nam fear sun
'Dh fhàg eilein an dùthch

Nuair thainig an latha gu dol air bhur n-aineol
'S a thionail grch caraid a bh' agaibh 'san àit,
Cha'n urrainn mi aithris na bha tigh'nn air m' aire,
'S mi sma intinn air an-iochd luchd-fearainn le 'm màil.

'S e 'm failcas na daoine ; 's e 'm mealltair an saoghal ;
'Se 's fasan dha daonnan 'bhith caochladh gach la ;
Mar choigrich air uachdar cha mhaireann 's cha bhuan sinn,
'S tha milltean de thruaighean ga'r fuadach a ghnàth.

Bu ghrianach ar maduinn nuair bha sinn na'r balaich,
Gun churam, gun ghearan, gun teannachadh màil ;
Le ceol is lan aighear cha laigheadh an smalan
Air a chomunn a bh' againn am baile nam bàrd.

Tha luchd fearainn shaoir anns an am so ro ghaolach
Air stòras an t-saoghail a shlaodadh bho chàch ;
'S lidh innleachdan baoghalt 'sa Ghaidhealtachd daonnan
Gu fògradh nan daoine, 's chur chaorach na'n àit'.

Cha'n fhaic mi 's an àm so ach caoirich air bheanntan,
'S cha 'n fheil anns gach gleann ach fear Gallda no dha ;
'S am beagan a dh' fhan dinn air rudhachan mara
Ga 'r-iomain gu cladach 's ga'r feannadh le màl.

Tha'n oigridh ghrinn uallach an diugh air am fuadach ;
Tha, deas agus tuath, tighean fuar agus fàs,
Cha'n fhaic mi a ghruagach dol feasgar do'n bhuaile
'S cha chluinnear a duanag 's i cuallach an àil.

Luchd fheileadh is osan is bhoineidean cocte,
'Bha riamh air am moladh 's air thoiseach 'sna blair,
Tha iad ga 'n cur thairis gu dùthaich mhi-fhallain,
'S gun ni air an air' ach am fearainn 'chur fàs.

Cha labhair mi tuilleadh mu euchd nam fear duineil
Do Bhreatann fhuair urram 's gach cumasg is spàirn ;
'S e daoradh an fhearainn 'chuir iad thar na mara
'S a dh' fhàg iad cho tana an gleannaibh nan sàr.

ORAN NAM PRIOSANACH.

'S ro fhad a thà mi gu tosdach sàmhach
Mu'n eilein ghràdhach so 'dh-àraich òg mi,
Bho'n chaidh a Bhanruinn 's an Diuc le chéile
Gu cur na 'h-eiginn tir reidh an eorna.

An t-eilein uaine tha torrach snuadhmhor,
'S e 's balla cuan dha le thonnaibh mòra ;
'S cho fada slar e ri Barra 's Ile,
Làn lusan riomhach 's e iseal còmhnard.

'Sa mhaduinn shamhraidh nuair chinneas seamrag,
'S i geal is dearg air a mhachair chòmhnaird,
'S ro lurach blàthmhor a lusan sgiamhach
Fo dhruchd na h-iarmailt 's a ghrian ga 'n òradh.

Tha muran, luachmhor, is biolair uaine
Na 'lagan uaigneach far 'n goir an smeorach ;
Is tric a fhuair sinn a mhil 'sna bruachan
Bho sheillean, luaineach, breac-ruadh a chrònain.

Mu'n dàinig Diuc ann no aon de 'shinnsear,
No Deorsa rioghail á righeachd Hanòbhair,
Bha'n t-eilein iseal 'bu lionmhor àirigh
Aig Clann nan Gaidheal na àite comhniudh.

Gach eilein iseal no beanntan arda,
'S gach gleann bha 'g àrach nan Gaidheal còire.

Tha moran fas diu gun duine ach ciobair
Bho Mhaòl Chinntire gu Taigh Iain Ghròta.

Tir nan gaisgeach 's nam breacan riomhach,
B'e uaill na righeachd iad, ged chaidh 'm fògradh ;
Bu lionmhor airigh is bo air buaile,
Le ceol na gruagaich mu bhruachaibh mòr bheinn.

Chum iad Ceusar as le 'chuid léidsean ;
Fir Lochlainn ghéill iad do Chaledonia ;
Aig blàr na Leirge chaidh ruaig air Hàco
'S e meud a thàmailt thug bàs ri bron dha.

Is tha luchd àiteachaidh 'n eilein ìsil s'
Fo dhoininn mhilltich gun àite còmhnuidh,
'S e n dìugh na fhàsach aig luchd ar mìruin,
A chuir 'sa phriosan ar gillean òga.

An Ionaraora, toll dubh a chruadail,
Dhùnadh suas iad a luan 's a Dhòmhnach ;
Ach bha de dh-uaisle an com Mhic-Cualrc
Nach biodh iad uair ann nam fuasg'leadh òr iad.

Theich na dubh thràillean 'bu chùis na h-aimhreit',
Mar ni an t-aingidh gun aon an tòir air ;
Gu'n deach an tilleadh ; cha robh ach breugan
'An cuirt Dhùneideann, 's bu leir sin dhomhsa.

B' iad sin na saighdearan smearail lùthar
Gu tighinn do'n dùthaich 'chur cùis an òrdagh ;
Bha fear mu seach dhiu toirt eachdraidh ghàbhaidh
Air each Mhic-Fàidein bha 'n àite còirneil.

Chaidh sinn' a bhuaireadh le luchd an tuaileis,
Ach sheasadh suas leinn air son na còrach,
Gu fearail, cliuiteach, air chùl nan Gaidheil,
Mar rinn ar bràithrean 'san Eilein Cheothar.

ORAN

A rinn am bard air do Shir Dòmhnall Mac-Pharlain a bhith air a thaghadh gu bhith na 'Fhear-Pàrlamaid air son Earraghaidheal.

Luinneag.

Tir nam beann nan gleann 's nam breacan,
Tir nam beann nan gleann 's nan gaisgeach !
Fàilt is furan Dhomh'll Mhic-Phàrlain
'N dùthaich nam beann ard' 's nam breacan.

Saoghal buan le buaidh 's le rian dhuit,
Gu bhith 'dol gun dàil a riaghladh
Dùthaich mhaiseach nam fear fialaidh,
Nan earb', nam fiadh, is nam bradan.

Thug an sluagh le urram spéis dhuit
Dh-aindheoin olc luchd tuaileas bhréige,
'S rinn iad àite suidhe réidh dhuit
'An Saint Stéphens ann an Sasunn.

Moch Diciadain bha sinn deonach
Gu bhith dlleas dhuit 'sa chomhstri ;
Ach am bàt' a b' fhearr a sheoladh
Cha dìgeadh e a chòir a chala.

Thug sinn bàt' air uallach guaille
'Chean Loch Ghot, 's b' e port a chruadail,
'Dhol gu Muile nam beann fuara
Dh' aindheoin doinionn cuain is gaillinn.

Ghabh an t-Eileineach a cùrsa,
'Gearradh geal nan tonnan dùbh-ghlas ;
Shaoil mi gu'm b' e Ceap an Dùitsich
Fearann Mhuile dlùth air Stafa.

Gaidheil an Rois Mhuilich fhuair sinn
Cridheil, caoimhneil, aoibheil, uasal ;
Sìol nam fear a's fhad o'n chualas
A chuireadh an ruaig 's a leanadh.

B'e Diciadain lath' a chruadail
'S Earraghaidheal riut aig tuasaid ;
Anns an fhichead blar bha buaidh leat.
'S lean thu 'n ruaig le luchd nam breacan.

'N ath Dhiluain bha sgeula gairdeachais
Aig uile Chlann nan Gaidheil ;
Ach bha beanntan Earraghaidheal dhuit
Le barrachd gràidh a lasadh.

Teine mòr air beanntan uaine,
Piobairean a cluich gu h-uallach ;
'S bha guth gairdeachais an t-sluaigh
A togail fuaim a ghluais Mactalla.

Bidh na bàird a deanamh òrain,
Anns gach coill gu'n seinn an smeorach ;
'S cha'n fheil fear do 'm buin an céol sin
Ach luchd-tagar còir an fhearainn.

Tha do chàirdean leat gu d' chòmhnadh,
Gu bhith seasamh taobh na còrach ;
Tearlach Friseal-Mac-an-Tòisich,
'S an t-Urramach og Mac-Calum.

Tha iomadh Ahab foilleil dalma
'N diugh 'an Gaidheltachd na h-Alba,
'S b' fhearr gu'm faicinn fuil gach cealgair
Is a charbad fo na madaibh.

Thigeadh " Tim an Obain " sabhailt,
Mar cholman Noah do'n airc,

Le fios gu'n robh an tuil air tràghadh,
Ged a chuir i fàs an talamh.

Bliadhna mhath ùr don Bhànruinn,
Is do Ghladstone, 's Domh'll Mac-Phàrlain,
Gu bhith tabhairt ceangail làidir
Do na Gaidheil air an fhearann.

DEOCH-SLAINTE DHOMH'ILL MHIC-PHARLAIN.

FONN:—"A nighean donn an t-sugraidh."

Deoch-slainte Dhomh'ill Mhic-Phàrlain;
Is duin' uasal, suairce, bàigheil thu;
'S tha dùrachd Chlann nan Gaidheal leat
A h-uile là ged dhealaich sinn.

'S ro lionmhor àit 'an òlar i,
An tir nan gleann 's nam mòr-bheannan,
Deoch-slàint an uasail mhòralaich,
'S a chuireas òr ga 'ceannach dha.

Is òlaidh sinn le dùrachd i
'An tir an fhraoich gu dùthchasach.
Bho'n 's urram mòr do'n dùthaich e,
Thu dhol do chùirt nan Sasunnach.

Duin'-uasal miosail, iomraiteach,
Mar tholbar glan nach tiormaicheadh;
Ged bha na h-urad iorghaill
Aig Mac-Fhionghain 's aig Polltalloch riut.

Rinn Earraghaidheal dearmad ort,
Le mheud 'sa bh' ann de chealgairean.

'S e sin an diugh 'chuir Scairinnis
Bhi'h cho ainmeil ri Sebastopol.

Ri gaillinn 's doininn geamhraidh
Ged rinn Earraghàidheal ceannard dheth,
'S e rinn an t-olc na mealltairean
'S na thainig ann de shliomairean.

Na laoich a's fad bho'n chuala sibh
Air muir is tir bha cruadalach,
'S e 'n t-eilein iseal uaine so
An t-àit bu duai d'an seanairean.

'S an caraid riamh bha dìleas dhuinn,
A leag mu sgaoil na priosanaich,
Bidh urram fad gach linn aige,
'S tha beannachd tìr na gainimh leis.

ORAN DO THEACHDAIREAN NA BANRUINN.

FONN.—"*Clachan Ghlinn-darnail.*"

Luinneag.

O seinnibh cliu nan teachdairean ;
Bidh reachdan math ri 'n lìnn ann,
Ciad sonaidh slan thar chuanntan
Leis a Chomunn uasal, rioghail.

Ach saoghal buan do'n Bhanruinn,
'Thug do'n chomunn àithne rioghal,
Gu teachd do'n eilein uaigneach so
Air uchd a chuain gu h-iseal.

Tìr bharr fo thuinn 's
An t-eilein ainmeil, fi
Gu buan tha fuaim n
'S e Tiriodh ainm r'a

Thug sinne sgeul na
Bha chuid bu mho dh
Le gearan seasmhach
De 'n chuid bu bhòid

Tha dòchas math is d
Gu'n dean an Diuca
'S gu'n éirich grian n
A nì gach stùc a dhìr

Ged tha an t-eilein cl
Do'n Diuca 'n diugh
Cha b' ann le ceart n
A fhuaradh e le shìnn

'S e cuilbheartan, is li
Is sodal-cùirt' is slìob
Is rioghalachd ar triat
'Chuir e fo 'r iaghladh

Mar luing 'bhiodh ga
'S gach sadadh cruaid
Ach gheibh sinn cala
Ma bhios na Gàidheil

O dheas gu tuath de '
O'n tha gach àit' is rì
Chuir iad fo fheidh 's
'S tha sliochd nan lao

O'n rinn na caoirich f
Le togail màil is chìse

Tha 'glinn le straithean 's munaichean
Gun duine beo ach ciobair.

'S e creathall clann nan Gàidheal i,
Tir fhallain àrd nam fior shruth,
'S tha còir aca cho sean oirre
'S nach urrainn eachdraidh innse.

'S è tìr nam beann 's nan gaisgeach i,
Is tìr nam breacan riomhach,
'S i ruith o Thigh Iain Ghròta
Gu ruig Maol na Oighe 'n Ile.

Nuair bheir iad suas an teachdaireachd
Bidh luchd an fhearainn dìte,
'S thig meas air "Tim an Obain"
Anns gach baile mor 'san riogachd.

Na teachdairian; the commissioners appointed in 1883 to enquire into the condition of the crofters and cotters of the Highlands and Islands of Scotland.

ORAN DO CHLOINN GHILLEAIN.

FONN:—*Mo run geal dileas.*

Luinneag.

O 's ann an Glaschu nan stòbull àrda
Tha clann nan Gaidheal a nis gu léir,
A cumail cuimhn' air na gaisgich chliùiteach
A ghléidh an dùthaich d' an sliochd na'n déidh,

Fhuair mi litir o shàr dhuin-uasal,
A rinn mo ghluasad o'n àm so 'n dé;

'S nam biodh e 'lathair 's mi chuireadh fàilt' air.
Gu cridheil càirdeil air sgàth a sgeul',

Mu Clann Ghilleain nan lann 's nan luth-chleas,
'Bu deas a dhùisgeadh gu dol air ghleus,
Bhith cruinn an Ghlaschu fo 'n sàr cheann-àrmailt';
Na treun laoich chalma bu gharbh am beum.

'S e fir nan clogad nan sgiath 's nan lùireach
'S nan lannan ruisgte 'bu mhath gu streup,
Is an struth garg, fuilteach, fraochar, feargach,
Nam brataich ghairbh air bhàrr chrannaibh réidh.

Aig Ionarchéitean bha iomadh dearbhadh
Air fuil bhras mheanmnach nam fear nach géill;
Nuair theich an reiseimeid each le 'n ceannard
Có sheas 'san àm sin ach clann nan treun!

An righ 's an dùthaich chosg iad gu daor dhaibh,
Bu lionmhor laoch a thuit anns an streup.
An là ud "Gaoir nam ban Muileach" chualas,
'S bheir sinne luaidh orra 'n diugh nan déidh.

Thug eachdraidh seanachas orr' mar dhream ainmeil;
Gur tric a dh' fhallbh iad le coin air éill,
Fo chrios bhall airgid is adharc fhudair,
Air feadh nan stùc-bheann le gunn' air ghleus.

Air lochan glan o shruth bras nam fuar bheann,
An eal' air uachdar is breac a leaum,
Bu tric a mharbhadh leoth' bradan tarra-gheal;
'S bhiodh iad 'sa gharbhlach a sealg an fhéidh.

Bhiodh bròg an fraochain orr' 's osain bhalla-bhreac,
Sgian dubh 's i lanna-ghorm fo ghartan réidh;
Bhiodh sporan tlachdmhor mu ghlùinean ghaisgeach
Air féileadh snasmhor de 'm breacan féin.

Bhiodh còta gearr orr' is breacan guaille,
'S gach ni bu dual dhaibh 'bhith air an réir;
Le boineid ghuirm agus it an fhìreoin,
Is ribin riomhach de 'n t-sloda réidh.

BEAN BHOCHD AM MANITÓBA.

Le Eachann Mac-Gilleain.

Luinneag.

Horo tha mi muladach,
Cha tog mi fonn, cha'n urrainn mi;
'S e càirdean caoimhneil cuireideach
A chuireadh dhiom an smuairean.

Is mise th' air mo leònadh
Ann an dùthaich Mhanitóba
'S mi ga 'm chiùrradh leis an lòinidh
Agus deud mo bheòil air fuasgladh.

Tha'm fuachd cho mór 's an dùthaich so
'S nach d' fhàg e neart no lùths annam,
Oir ged tha'n fhiarag dùbhailte
Gu'n d' reodhadh cùl mo chluasan.

Tha madaidh-alluidh gharg, fhuileach
Mar ghairmh tràigh nam fairgeannan
A donnalaich 'san anmoch
'S a cur farbhais oirnn is uamhais.

Tha Innseanaich ro iargalta
Gach oidhch' is là 'cur fiamha oirnn;
Cho dubh ri sùith tha 'm bian aca
'S cha chuir an siobunn snuadh air.

Tha 'ghaoth cho cruaidh nuair shéideas i
'S nach fàg i brat no bréid againn,
Bidh 'n darach cruaidh a géilleadh dhi,
'S an tigh gu léir a luasgadh.

Bidh dealanach le tàirneanaich
A bualadh bhuar is bhàthaichean
A burach tholl is làraichean
'S a trusadh bàrr nan cluaintean.

Bidh falaisgean ro eagallach
A losgadh feòir is phreasaichean
'S gur gann a gheibheadh teicheadh as,
O 'n teas, an t-each a's luaithe.

Bith nathraichean glas lùb-dhromach
Fo bhonn ar cas ga 'm plùchadh leinn,
Mar chudaigean cho siùbhlach
Nuair bhios an liù ga'n ruagadh.

Tha cuileagan cho lionmhor ann
Cha'n fhàg iad bàrr no biadh againn;
Nuair thig am blàths bidh ciadan dhiu
A sàs gu dian am ghruaidhean.

An uair thig teas an t-samhraidh oirnn
Cha'n fhàg e càil no cainnt againn,
Cha'n iarr sinn biadh no annlann,
Is gur gann a nì sinn gluasad.

'S e b' annsa leam bhith 'n dràsda
Ann an tìr nam beanntan àrda
Ann an Caragraich nan sàr laoch
A tha cridheil càirdeil suairce.

Oir ged tha fearann saor againn,
Le croidh, is eich, is caoirich air,

Tha mis' gu tric a caoineadh
Is gun aon a ghabhas truas rium.

Gidheadh tha agam gàirdeachas
Nach ceannaich òr na bànruinn bhuam ;
Cha doir am bròn am bàs dhomh,
Agus Niall Iain Bhàin cho suairce,

LACHAINN MAC-GILLEAIN.

Lachlan Maclean—Lachainn mac Neill mhic Dhomhnaill mhic Iain—belongs to the Achanansabhall branch of the Macleans of Coll, and was born in the island of Rum. He has been for a number of years a merchant at Tobermory. He is popularly known as Lachainn Neill.

ORAN

Do dh-Alasdair Og Mac-Gilleain, eighre Chola, a dh' fhalbh gu Natàl 'sa bhliadhna 1849.

Luinneag.

An gille dubh cha tréig mi
'S do dh-fhear a chruidh cha gheill mi,
An gille dubh cha tréig mi,
Bho'n thug mi spéis do dh-Alasdair.

Gur h-e mó cheist an t-àrmunn
A dh-fhas de 'n choill a b' àirde ;
Ged leagadh dh' ionnsuidh 'n lair i,
Bidh sriamh gu fàs 'san earrach aic'.

Thig snomhach oirr 'sa gheamhradh,
'S cha dean an reothadh call di,
'S thig duilleach oirr' 'san t-samhradh
'Ni dion do cheann nan airsnealach.

'S e 'n uaisle bhith na d' nàdar,
Is ceartas air son pàigheadh,
'Chuir thu cho fad bho d' chàirdean
'S a chuir thar sàil a 'r sealladh thu.

Mar chomhachaig nam beanntan
Fo mhùiseag ian nan gleanntan,
Tha sinn fo smachd nan naimhdean
'Tha campachadh 'san fhearann so.

'S e 's coimeas dhuinn an dràsda
Fear fann 's e siubhail fàsaich,
Gu h-lotmhor, acrach, sàraicht',
Gun àit gu casg a ghalar deth.

Gur h-ann air chùl na gréine
'Tha 'n t-uasal 'dheanadh feum dhomh;
'S ann tha mi 'n so mar dhéirceach,
Gun neach na d' dhéidh ri 'n gearain mi.

Cha sàsaicheadh an t-òr mi,
Ged bheirteadh dhomh na 'thorr e;
Gu'm b' fhearr leam t' fhaicinn còmhl' rium
Le còirichean an fhearainn so.

Gu bheil mi ann an dòchas
Ma 's ceithir bliadhna beò mi
Gu'm faic mi thu na d' chòmhnuidh
An àite a Chòirneil Alasdair.

ORAN AIR NA CROITEARAN.

Luinneag.

Fal ó hal al ó, hal al ó haro hì,
Fal ó is fal ó, hal al ó haro hì,
Fal o hog i o, agus ó haro hì,
Cha mhór nach bu choma leinn cogadh no sìth.

Bu chogadh 'bha 'm bheatha bho 'n dh-fhàg mi bhith m' phàisd,
'S gur tric a bha m' fhallus ri frasadh gu làr,
'S nach fhaighinn an cadal le goirteas mo làmh,
'S mi gun aodach, gun chaiseart nuair phàighinn an màl.

Air uachdarain an fhearainn cha b' aineolach mi,
A thog an cuid mhailtean cho àrd ri tri-fillt;
'S iomadh sean agus óg a bha chòmhnuidh 'san tìr
'Rinn sibh fhògradh air aineol gun leaba, gun dìon.

'S ma thig oirnn na naimhdean a nall thar a chuain,
Gu'm bi ceannardan Shasuinn ag agradh gu cruaidh,
Ag ionndrainn nan Gaidheal 'sna blàir bu mhór buaidh,
Le 'n cuid bhiodagan stàilinn 's tric 'rinn àr air feadh sluaigh..

Luchd nam féilidhean ballbhreac bha ainmeil 's gach linn,
A ghleidheadh an larach is onair an righ,
Tha'n diugh air an sgapadh ro fhada bho 'n tìr
'S a bheil cnàmhan an seanar na 'n laigh anns a chill.

Chaidh na Gàidheil a sgapadh mar mholl leis a ghaoith,
'S cha 'n fhaic mi 'n diugh gruagach air buail' a chruidh laoigh,
Ged théid mi air astar cha'n fhaic mi 'sna glinn,
Ach ciobair le 'bhreacan 'sarruinn bragsaidh nam miol.

Cha dean caoirich 's crodh ballach, 's cho mhó ni na féidh;
'S cha dean ciobair no geamair le 'n cuid mhadaidh air féill,
An àite nan gàisgeach 'sna blàir bu mhór euchd,
Ged a rinn silh an sgiùrsadh gu dùthchannaibh céin.

Cha'n fheil rioghachd air thalamh 's am bidheadh na séoid,
Nach doireadh dhaibh fearann bho'n deanadh iad lòn,
Ach Breatann mór uaibhreach le h-uaill is le 'spòrs,
'Rinn na laghannan cruaidh' tha toirt bhuainn ar tigh'nn beò.

Ri riaghailtean Shasuinn is Alba le chèil',
Cha'n fhaighear cho tàireil an àite fo 'n ghréin;
Tha miolchoin ga'm biathadh le fialachd is spéis,
'S na leanaban lag tana le gainnid a bhéidh.

Gach cearc bh' air an fharadh aig boirionnach truagh,
'Bha gun bho aic' gun ghearran, gun chaora, gun uan,
Ged b' e sud a cuid stòrais 's a lòn dhi ro chruaidh,
Le ordagh an t-siorraim gu 'n dugadh iad bhuaip'.

Bidh gach diùc is fear-fearainn 'an diomb ruinn gu léir
'Chionn bhith 'g iarraidh an àit 'bh' aig ar pàrantan féin,
Ach seasaibh gu daingeann is tagraibh gu treun,
'S bidh agaibh buaidh làrach 's thig iadsan fo ghéill.

Geamair, a gamekeeper.

ORAN

A rinneadh leis a bhard air dha ministear a choinneachadh a thubhairt ris gu'n robh a Ghàidhlig air làsachadh.

Is latha dhòmhsa 'fallbh mu'n cuairt,
Gu h-uaigneach gabhail sràid,
Co dh' amais rium ach bodlach gruamach,
Duaichnidh am measg chàich.
Bha 'fhalt na 'dhualan sios mu ghuaillean,
'Mhalan fuath'sach gràmd',
Is thuirt e rium le goimh is fuath
Gu'n d' fhuair a Ghàidhlig bàs.

Thuirt mise ris gu grad air ais,
Nach faiceadh e ri là,
A Ghaidhlig uasal, asmhor, ghasd'
A dol an glaic a bhàis
Gu'm biodh i beo a linn gu linn,
A dhaindeoin mi-run namh,
'S a cliu ga 'sheinn air muir 's air tìr
Le oirair ghrinn nam bard.

Rach 's fallbh o'n ear gu ruig an iar,
O'n tuath do 'n àirde deas,
Rach 's siubhail thar gach fairge 's cuan
Do dhuthaich fhuair no theith,
Is gheibh thu 'Ghaidhlig bhlasda bhinn
'S gach tir 'san gabh thu tàmh ;
Cha déid a dioch'nachadh gu sior,
'S am faicear crioch gach là,

'Chainnt mhilis bhàigheil 'bh' aig ar màthair',
'S sinn na 'r pàisdean og'
Ged 's tric i faotainn claoidh is tàir
Le gràisg a 's faoine ceol,

Fhad 's shileas sneachd air beanntan ard'
'S muir tigh'nn gu tràigh lo chròic,
No fhad 's bhios cainnt am beul nam bard
Gu'm mair a Ghàidhlig beo.

NIALL MAC-GILLEAIN.

Neil Maclean was born at Caolas, Tiree, on May 1st, 1842. His father, Lachlan Maclaine, was the son of John Maclean—Iain mac Dhòmhnaill mhic Thearlaich mhic Eoghain. His mother, Ann Maclean, was the second daughter of Neill Maclean, brother of John Maclean, the poet. He married on February 4th, 1885, Catherine, eldest daughter of Donald Macfadyen and Mary Maclachlan in Bail'-a-Mhuilinn, Mull. He resides in Glasgow, at 2 Rutland Crescent.

ORAN MOLAIDH

Do Ghiorsal Nic-Fhionghain air do'n bhàrd a faicinn aig bàl nam Muileach.

Luinneag.

Air fàill ill o na hùg oirlnn o,
Air fàill ill o na hùg oirinn o,
Air fàill ill éile hùg oirinn o,
'S lionmhor buaidh air mo bhean-dùthcha.

Oidhche dhòmhsa 's mi aig bàl
Le muinntir Mhuile nam beann àrda,
Dhearc mo shùil air òigh 's i mearrsadh,
'S chuir i càch gu leir fo sgàile.

'S beag an t-ioghnadh leam mar tha thu,
Fallain seang, gun mheang, gun fhàilinn
Bho do ghruag a sios gu d' shàiltean ;
'S urail grinn a choill o'n d' fhàs thu.

'S lionmhor oigear bhios a feoraich
Gu de'n t-àit do 'm buin an og-bhean.
Buinidh i do thìr an eorna,
Ged a dh' fhàg a h-athair og i.

Tha i cumadail, deas, dìreach,
'S math i thig dhi gùn de 'n t-sioda,
Cas a's grinne dhol tróimh 'n ridhle ;
'S leat cliu 'bhàil 's gach àit am bi thu.

Tha na Muilich 's iad fo mhì-ghean,
Thug thu 'n t-urram bhuap' da-rìreadh ;
Measg an gleanntan maiseach mìne
Cha'n fheil ac' na bheireadh dhiot e.

'S lionmhor fleasgach 'bh' ann le maighdinn,
Sùil aca ri cliu na h-oidhche ;
Mar a ghrian measg reul a boillsgeadh
Dhearrsadh tu nam measg mar dhaoimean.

Muineal geal mar shneachd nam mòr-bheann,
Bilean tan' air dhreach nan ròsan ;
'S lionmhor uasal 's aithne dhòmhsa
Rachadh mìl' air sgriob do phòige.

T' anail chaoin mar ghaoith 'san og-mhios,
No mar oiteig bharr thom ròsach ;
Leam a b' éilbhinn bhith 'sa chòisir
Nuair thogadh tu séisd nan òran.

Tha thu caoimhneil, aodheil, cairdeil,
'S cha'n fhac' mi riamh gun fhiamh a ghàir' thu ;

Gun mhòrchuis, gun mheud mor, gun àrdan,
'S tu cho uasal suairc ad nàdar.

Gu ma fada maireann slàn thu,
'Sheasamh cliu na tir' a dh' fhag sinn ;
'S nan robh mise 'san taigh-thàirne,
'S mi gu'n òladh do dheoch-slainte.

Soiridh bhuan le buaidh do'n ainnir
'Choisinn cliu bho thìr na gainnimh,
Le rogh' céile 's cléir ga'n ceangal ;
Pailteas maoin dhuibh 's saoghal fada.

ORAN

Do Mhairearad Nic-Dhòmhnaill.

Luinneag.

Bu chaomh leam bhith mire, bhith mire, bhith mire,
Bu chaomh leam bhith mire ri rìbhinn ghloin oig ;
Bu chaomh leam bhith mire ri 'taobh mar a shuidhinn
'S mo gràdh air a bilean nam sireadh nam pòg.

Tha mais' agus loinn an am pearsa na maighdinn,
'S i siobhalta caoimhneil is aoibheil na dòigh ;
Is fior fhuil gun truailleadh Chloinn Dòmhnaill a chruadail
Na 'cuislean a bualadh gun uabhar, gun spòrs.

'S math thig gùn air an ainnir de'n t-siod anns an fhasan ;
Tha cneas mar an canach 's tha h-anail mar ròs
Tha deud mar na dìsnean 's i fallain, deas, direach,
'S cha digeadh ach firinn bho bhriodal a beoil.

'S ann ort a tha'n cuailein 'tha camalagach, dualach,
'S cha mhios' e an cuaich air 'chur suas mar bu nòs ;

Suil dhonn is caomh sealladh fo 'n mhìn rosg a's gloine,
'S dh' eisdeadh eunlaith na coille mar sheinneadh tu céol,

Mo bheannachd na d' chuideachd gach taobh ni thu suidhe,
'S tu 's eireachdail cumadh bho d' mhullach gu d' bhròig;
Cas chuimir ghrinn inich gu siubhal an fhirich,
'S cha'n ioghnadh na gillean bhith tigh'nn air do thòir.

Ma gheibh thu mo dhurachd 's ann dhuit nach bi curam,
Bidh do chéil' umad mùirneach 's gach cuis mar bu chòir;
Ann ad stòr gu'n robh pailteas is òr na d' thigh-tasgaidh,
Gun eiginn, gun airc ort cho fad 's bhios tu beo.

ORAN

A rinneadh an ainm nighinn oig.

Luinneag.

Bha mi 'n raoir gu sùnndach sùnndach,
Bha mi 'n raoir gu sùnndach sùnndach;
Tha mi 'nochd 's mo chridhe tùrsach,
'S mi ri ionndrainn a ghil' oig.

'S lionmhor buaidh a th' ort ri 'àireamh,
Ged nach innis mis' ach pàirt dhiubh,
'S cumadail deas grinn air sràid thu,
'S tu mo ghràdhsa de'n bheil beo.

Gur h-é mise 'thug an gaol dhuit,
'S mi nach aicheadh air mo dhaoin' e;
Do dha ghruaidh cho dearg 's na caoran,
'S bheirinn fhin le faoilt dhuit pog.

'S math thig sùd dhuit 'shiubhal garbhlaich,
Feileadh preasach, sporan seana-bhruic,

'S cuma bhradain air do chalp'
Fo osan balla-bhreac sealg air eoin.

'S lionmhor gruagach th' ann an deidh ort,
Eadar so is rutha Shléite ;
Culaidh fharmaid do na ceudan,
Ge b' e gheibh o'n chleir ort coir.

Gur a tric mi ort a bruadar
'S dh' fhagadh sud mo chadal luaineach,
Anns a mhaduinn 's mor mo ghruaimean,
Gun thu luaidh a bhith ga m' choir.

Bu tu fhein am flor dhuin'-uasal,
'S cul do chinn mar fhitheach bhruachan ;
Gheibhinn cadal leat 'san luachair
Le gaoith tuaith is oidhche reoit.

Tha thu taitneach ann ad nàdar,
Tha thu caoimhneil, fialaidh, làigheil ;
B' e mo mhiann bhith suidhe làmh-riut
'G éisdeachd mànrain bhìnn do bheoil.

OIDHCHE NA DUNÀRA.

Luinneag.

Thug mi 'n oidhche 'n raoir 'sa bhàta,
Thug mi 'n oidhche 'n raoir 'sa bhàta ;
Thug mi 'n oidhche dhoilleir fhiadhaich
'S a chuan shiar gu tìr nan Gaidheal.

'Bhliadhna na faidhreach 'chaidh seachad,
'S càch gu h-éibhinn a dol dhachaidh,
Thog mi 'm poca leam na m' achlais,
'S ghabh mi 'n t-aiseag 'san Dunàra.

Nuair dh' fhag sinn am mach a Grianaig
Bha i boidheach 's fiath nan ian ann,
'S bha na h-ònagan ro chiatach,
Gach te riamh dhiu 's fiamh a ghàir' oirr'.

Bha meud mor 's a h-uile tè dhiu,—
Tiristich a bruidhinn Beurla,
Muilich 's Sgitheanaich, 's b' e 'm beud e ;
Chaill iad gu léir an cuid Gàidhlig.

Thoisich fear air gleusadh pioba,
'S thòisich danns' air a chlàr-leal ;
Is ma dh' innseas mi an fhìrinn,
Saoil nach robh mi-fhìn 'san àireamh.

Bha na h-ònagan cho spòrsail,
'S air an sgeadachadh cho leomach ;
'H-uile te le uladh còmhdaicht'
'S it' an eoin nan adan àrda.

Shil i, 's shéid i, 's dh' fhàs i dorcha,
'S gu'n do bhòc an fhairge colgach ;
Cha robh leithid sud de stoirm ann
O'n bhliadhn' a dh' fhalbh am buntàta.

Nuair a bhòc an fhairg' na 'gleanntan,
Cha chluinnteadh Beurla 's an am sin ;
Ghlaodhadh gach te, Cùm, cum teann mi,
Tha mo cheann an imis sgàineadh.

Chuala mi guth tiamhaidh, brònach,
Bho Nic-Mhuirich as a Mhòintich,
'S i ag ràdh ri Liùsaidh Bròige,
'S math dhe 'n té tha'n còir a màthar.

Mu 'n d' ràinig sinn Maol Chìnntire
Chaidh an ceol air feadh na fìdhle ;

Cha robh té nach robh na 'sìneadh
'S lùb dol air a driom le spàirneachd.

Chìteadh thall 's a bhos na 'n sìneadh
Gruagan feall air a chlàr-lseal,
'S clrean cùil a dol nam plosan ;
'S ann leam fhìn nach b' aobhar gàir' e.

Nuair a ràinig sinn na Torrainn
Bha 'mhuir gharg na 'mìll a roladh,
'S chluinnteadh osnadh throm air osnaidh
'Tigh'nn bho luchd nan dosan cràsgach.

Nuair a ràinig sinn Bun-easain
Is a dh' éirich sinn na 'r seasamh,
'S iomadh ribin grinn 'bha preasach,
'S iomadh deis' a bha ri 'càradh.

'N té a chaill a dronnag Ghreugach
Thug i leum a null gu h-eutrom
Gu ball-dionaidh 'dheanamh gréim' air,
Ach 's beag feum 'bha dhi 'san àrcan.

'N fheadhainn 'bha 'san oidhch' cho spòrsail
'S nach dannsadh iad rìdhle comhl'-ruinn,
Cha dugainn fhin 'sa mhaduinn gròt orr' ;
Dh' fhan am bòsd, ach dh' fhalbh an àilleachd.

Fhuair sinn sàbhailt do 'n tir ìsil,
'S bheir mi 'n dàn so gu ceann-criche ;
Ach cha leig mi 'm feasd air di-chuimhn'
Oidhch' na dìl' air an Dunàra.

Uladh, ulster. Gruagan feall, chignons. Dronnag Ghreugach, Grecian bend. Ball-dionaidh, fender.

TIONAL CHLOINN GHILLEAIN.

Luinneag.

Tha tional tha tional an dràsd aig gach cinneadh,
Tha tional tha tional aig gach cinneadh an dràsd ;
Clann Ghilleain a tional air an ochda la fichead,
Bidh 'aighear 'is iomairt aig gilleain mo ghraidh.

Gur mis tha gu h-eibhinn 'sa' mhaduinn 's mi 'g éirigh
O'n chula mi sgeul a thog gleus air mo chàil,
Mu chinneadh na feile bhith coinneachadh ri chéile,
Clann Ghilleain nan geur-lann nach géilleadh do nàmh.

Le ceann-cinnidh tha macant, d' an dual a bhith beachdail,
O Dhubhairt a Chaisteil, 's b' e cleachdadh nan sàr
Gu 'n seasadh iad dileas an onair na rioghachd ;
Tha eachdraidh ag innseadh mu'n gniomhan 'sna blair.

Nuair sgaoileas e 'bhratach bidh tional air gaisgich,
O'n iar is o'n ear thig iad air as gach cearn ;
Le fior-fhuil gun truailleadh nan cuislean a bualadh,
Bhith dileas bu dual doibh gu buaidh no gu bàs.

Bho na Leathanaich ainmeil 's gach cearn as an d' fhalbh iad,
Mar leoghann is colg air bu doirbh dhol nan dàil ;
Cha bu spiochdairean cruaidh iad, na 'n nadar bha 'n uaisle :
Gun tric rinn iad fuasgladh air truaghain na 'n càs.

Na d' shuaicheantas fiachal tha bradan an fhior-uisg,
'S an struth maiseach, riogail, a direadh an àird,
Ròin a bhéin riomhaich is long nan crann dìreach,
Lamh dhearg le crois sìnt', caisteal dìdinn is màm.

Sud a choill bha gun chrionaich 'san stochd o'n do chinn thu,
'S ioma meanglan deas priseil a dhirich an àird,
Eadar Carsaig 's Lochbuidhe 's Torloisgt ann am Muile.
Aird-ghobhar nan curaidh, is Dubhairt nan sàr.

Bha teaghlach nan Colach lan meas agus onair,
Gum b' fhoghainteach fearail am Breacachadh dh' fhàs ;
Cha bu shùgradh am fearg nuair a dhuisgeadh an colg,
Bhiodh e 'n cùnntas nam marbh ge b'e thairgeadh tigh'nn dàn.

'Sioma ceatharnach ainmeil de theaghlach nan Druimnin,
Nuair thoisicheadh iorghaill le'm b'ionmhuinn am blàr ;
'S iad le'n cinneadh air thoiseach aig latha Chuil-fhodair,
Mar mhiolchoin air lomhain air son a bhith 'n sàs.

An t-oighr' thig ad dheidh-sa air cinneadh na féile,
Na di-chuimhnicheadh beusan nan treun laoch o'n d'fhàs ;
Biodh e iochdar ri truaghain 's ri dilleachdain shuarach
'S anns a Ghàidhlig bidh uailse air luaidh leis na bàird.

CÉILIDH CHLOINN GHILLEAIN.

Luinneag.

Seinnim duan do Chlann Ghilleain,
Cuiream eallain dhaibh air saod ;
Do 'm bu dual bhith ann am Muile
'N caisteal Dhubhairt 'n taic a Chaoil.

'S ann an nochd a thruis na diulnaich,
Sud na fiuran nach robh faoin,
Clann Ghilleoin nan sròl 's nam breacan,
Suas a bratach, 'chlann mo ghaoil.

Bha iad foinnidh, fearail, calma,
Bha iad ainmeil anns gach taobh ;
'S gu bheil eachdraidhean ga dhearbhadh
Nach robh 'n fhìn' ud cearbach claon.

Càit an cualas riamh fo mhasladh
Sliochd nam mac bho thaic a chaoil ;
Chuidich iad aig Blar-na-Lairge
'Thoirt do Ghaidheil Alba saors'.

Aig Sliabh-an-Shiorraim sheas iad dìleas,
Ged bha tri riu mar an aon :
'S e mo ghràdh a chlann nach diultadh,
'Sgap iad feachd an Diuc air raoin.

Gu ma buan gu 'n robh thu, Iain,
Mach bho Ionar-nis nan croabh ;
Meanglan priseil a Dochgarroch,
Ursan chath' nach crath ri gaoith.

Saoghal fada dhuit a Mhànuis,
'S onair ard thu thìr an fhraoich ;
'S thug thu sgial mu thurus Eachainn
Air each deataich dhuinn Diardaoin.

Soraidh slan gu'n robh do'n chinneadh,
Buaidh is piseach air na laoich ;
'S gu ma fad iad 'tional comhla,
'S piobairean 'cur ceoil air saod.

CÉILIDH MHIC-GILLERUAIDH.

Oidhche dhomsa-sa 's mi air chuairt,
Gu'n d' thog mi suas am bràighe orm,
Dh-ionnsuidh céilidh Mhic-Illeruaidh
'Tha cumail 'suas na Gaidhlig dhuinn,

Ri gabhail òran 's a seinn dhuan
Mar chuala sinn bho 'r pàrantan.
'S e 'n ceol a's binne chuala cluas
Na gruagaichean 'seinn Gàidhlig dhuinn.

'S cuimhneach leam nuair bha mi òg
Bhiodh clòithean ac' 'sa Ghaidhealtachd,
Bhiodh gruagaichean a luadh air cléith
'S gu'm b' éibhinn a bhith làmh riutha ;
Iad cur nan oran air an gleus
'Sa chainnt bh' aig Eubh 'sa ghàradh dhuinn ;
'S bu bhinne leam na ceol na teud
Nuair thogteadh séisd nan dàna leo.

Ged a dh-fhag sinn tìr ar dùthchais,
'S dù dhuinn gu'm bi bàigh againn
Ris a chànain mhaisich chiuin
A dh-ionnsaich sinn o 'r màthraichean.
'S fhad 's a bhios duilleach 'fas air crann,
No 'bhuaileas tuinn ri traigheannan
Bith cliu 'n duin' uasail so air chuimhn'
O'n ghabh e suim de 'r cànain-ne.

Ged nach cluinn sinn stuadh a chuain
Air carraig chruaidh mar thairneanaich,
No torman binn ti taobh a ghlinn
Aig sruth an uillt mar bàbhaist dhuinn,
Bidh againnn gradh gach la na 'r crìdh
Do chànain tìr nan ard-bheannan,—
Chaidh uimpe sian bho chian nan chian,
'S ged bhios i liath cha bhàsaich i

'S gu'n robh soirbheachadh 's gach ceum
Dol leis a chéilidh Ghàidhealach so,
Far 'm faod sinn còmhlachadh ri cheile
Mar 'bha'n treubh o'n d' thainig sinn.
Bidh siol nan laoch le 'n caidreabh caoin,
Feadh lagain fhraoich na Gaidhealtachd

'S cainnt nam beann ga 'cur air fonn
Le sinsichd nan sonn a dh-àraich iad.

Mhic-Ille'ruaidh gu'n robh leat buaidh
A cumail suas na Gàidhlig dhuinn :
Seas gu teann dìleas i ri d' linn
'S na leig oirr' spid no tàmaille,
Ach cum i suas le cliu is buaidh,
A chànain usal' mhàthaireil,
'S bidh cliu do gniomh ga sheinn gu binn innt'
Leis an linn nach d' àraicheadh.

ORAN A CHEILIDH.

Luinneag.

Ill à horinn hug is hórinn,
'S mi tha coma de their càch ris ;
'S toigh leam fhein bhith anns a chéilidh
'G éisdeachd sgeulachdan 'sa Ghàidhlig.

Bidh iad leinn a Eilein Leòdhais
Siol non daoine coire bàigheil,
Far am faigh an coigreach biadh
Is far nach d'iarradh riamh air pàigheadh.

Ged tha na h-Earradh creagach ciar,
Gu'n dean 'chuid nionag sniomh is càrdadh,
'S ainm an diugh dhiubh feadh an t-saoghail,
's cuid de'n aodach air a bhànruinn.

Bidh iad leinn o dha cheann Uidhist,
Tir a mhurain 's tir na h-àirigh ;
'S iomadh gruagach bhanail bheusach
Bhiodh air féill o Loch a Chàrnain.

Bidh na Sgitheanaich o'n tuath ann,
'S fallain uasail fuaim an cànain ;
'S fàgaidh mis' an cliu oirr' sgriobhte,
Aig an linn nach deachaidh àrach.

Bidh na Rumaich leinn 's na Canaich
Eigich 's Rathasaich gun àireamh,
'S Mucanaich o'n Eilein iosal,
'Sheasamh dileas taobh na Gàidhlig.

Sliochd nan loach o'n Eilein Cholach
'S tric fhuair onoir anns na h'àrailh.
C' àit an cualas riamh orr' cùnntas
Far an dug iad cùl ri nàmhaid ?

Bidh iad o Mhuile nan craobh ann,
Innis nam ba-laoigh 's nan ard-bheann.
'S fhurasd' aithneachadh air an snuadh
Nach b' ann mu bhruachan Chluaidh a dh' fhàs iad.

Bidh iad leinn o Chlochan Dhiùra,
Sliochd nan diulnach 'stuireadh bàta ;
Cùl an cinn mar sgéith an lòin-duibh
'S an gruaidhean mar ròs an garadh.

Bidh na Finnich ann an tolr orr',
Sgriob am poig air fear no dha dhiubh
'S iomadh rud a dh' fhaotainn innseadh ;
'Ghaol na sith gu'm mi sàmhach.

Bidh iad 'sa cheilidh leinn gach oidhche,
Cailean grinn a seinn nan dàn dhùinn ;
'S cuid aca nam buill de 'n Chomunn,
Taobh Lochodha chaidh an àrach.

Cha di-chuimhnich mi 'n t-eilein uaine
A siar 's a tuath an Earraghaidheal ;

Ged nach fhasadh craobh am dhùthaich
Gheibht' ann flur nan cailean Gaidhealach.

A chuid mhac cho fallain fuasgailt,
Cha do sheol a Cluaidh 'thug barr orr';
'S bhuinig fear dhuibh 'n reis a Sina,
'Choisinn cliu do 'n tir a dh' fhàg e.

Leanaibh dlùth ri cliù 'ur sinnsre,
Seasamh dileas taobh 'ur cànain,
'S mor a chulaidh-phrois is uaill dhuibh
Nuair their sluagh gu bheil sibh Gaidhealach.

SEUMAS MAC-GILLEAIN.

James Maclean is the son of Lachlan Maclean—Lachainn Neill—and Ann Macdonald. He lives at Old Wittington, near Chesterfield in England. He is the author of quite a number of songs.

ORAN GAOIL.

Gur mis' tha fo mhichion,
'S mi 'n iomail na tire;
'S bho'n 's fheudar dhomh innseadh
Tha m' inntinn fo bhron;
Mo chridhe cho luaineach
Ri tonnan nan cuantan
Mu dhèighinn na gruagaich
'Tha 'gruaidh mar an ròs.

Gu'n robh mi 'n Duneideann
An dùthaich na Beurla,

'S an Sasunn 's an Eirinnn,
Measg dhéideagan òg';
Ach cha 'n fhacaic 's cha chualaic
Mi 'h-aon a thug buaidh ort:
'S mur dean mi do bhuannachd
Cha dual dhomh 'bhith beò.

Cha'n longhnadh, a dhaoine,
Ged tha mis' air faondradh,
Ma 's eiginn dhuinn sgaoileadh
'N deidh gaol 'thoirt cho mòr.
'S nuair bhios mi na m' aonar,
A dìreadh nam fraochan,
Bidh t' lomhaigh is t' aogasg
Gach taobh dhiom tigh'nn beò.

Gu'n innsinn-sa t' aogasg;—
Do shlios mar an fhaoileann,
'S do ghruaidh mar na caorann
Bho thaobh nam beann mòr.
Tha do shùil mar an daoimean
A dearrsadh gu soillseach,
'S gu siùbhlainn-sa 'chaoidh leat,
'S an oidhche ri ceò

Gur gile mo ghruagach
No eala nan cuantan;
Tha aogasg do chuailein
Na chuairtean mar òr;
'S e gu lachlagach, dualach
A slos air do ghuaillean,
Nuair théid thu do'n bhuaile
A chuallach nam bò.

Gur diombach mi-féin
De luchd deanamh nam breugan,
Bho'n tric an robh m' fheudail
Ri éisdeachd droch sgéoil;

Iad ga d' thiadh 's ga d' theumadh,
Gus an d' rinn thu mo thréigsinn ;
'S ma chaidh sinn bho chéile,
'S i 'n eucoir 'thug oirnn.

Ise a freagairt.

Na creid thusa, 'Sheumais,
Luchd deanamh nam breugan,
'Bha 'gnath 'cur an céill dhuit
Gu'n tréiginn-s' a chòir,
O, cha tréigeadh, ach dh-fhalbhainn
Troimh Shasunn as Albainn,
Leat shiubhlainn-s' an fhairge
Gun dealg ach da bhòrd.

ORAN GAOIL.

Ann an toiseach na bliadhna
'S beag mo mhiann air a cheòl,
'S beag mo shunnd air làn aighear,
'S ann tha m' fhaire-s' air bròn.
Tha mo chridhe ro bhrùite,
'S tric le m' shuilean na deoir,
Bho'n a thug thu do chùl rium,
'S air fear ur g' bheil thu'n tòir.

Dean a bheannachd so aiseag
Dh' an chailinn a 's bòidhch',
Agus innis mar thachair
Gu bheil m' aigneadh-s' fo león.
Tha mo chridh' agus m' inntinn
Air an lionadh le bròn,
Leis a ghaol thug mi 'n rìbhinn
'Chaoidh nach diobair as m' fheoil.

Cha ghaol ràidhe no miosa,
A ni crìonadh gu làr,
A thug mise do'n rìbhinn
A rinn mo lionadh le gràdh ;
'S ann a gheall mi le firinn
A bhith dìleas gu bràth
Gus an deanar mo shìneadh
Anns an lìon-aodach bhàn.

Gu'm bi móran fo ionghnadh
Mis' a liathadh cho tràth,
Ged nach tuig iad gach pian
A tha ri iathadh mu m' chàil.
Chaidh aiceid na m' thaobh-sa
Nach sgaoil as gu bràth,
'S cha'n fheil lighich ri fhaotainn
A bheir faochadh do m' chràdh.

'S iomadh oidhche glé shuairce,
Ged bhiodh gruaimean air pàirt,
A thug mise às mo ghruagach
Feadh chluainteannan fàs,
Sinn a còmhradh mu'n spéis sin
Nach stéinneadh gu bràth,
'N diugh 's ann 'rinn thu mo thréigsinn
Le eucoirean chàich.

Ach ged rinn thu mo thréigsinn
'S nach h-fheil feum dhomh no stàth,
A bhith 'féorach mu d' dhéibhinn
Bheir mi spéis dhuit, a ghràidh ;
Bidh mo bheannachd le dùrachd
Gu t' ionnsuidh-s' gach là,
Gus an uair anns an dùinear
Mo shùil leis a bhàs.

ORAN GAOIL.

Ged fhuair mi 'n talànt an tràth 's an d' rugadh mi,
Cha chuir mi 'n t-òran-s' air dòigh, cha'n urrainn mi ;
Bhith 'caoidh na màbaig 's e dh' fhag fo mhulad mi,
Gu'n dug mi gaol dhi thar aon as muinighinn.

Och ón a righ gur mi tha muladach,
A bhith ri fagail an àit' san d' rugadh mi,
'S an t-eilein bòidheach bu deòin bhith fuireach ann,
Far 'n cluinnt' an smeòrach is ceòl nan uiseagan.

Bho'n 'thug mi gràdh dhuit cha'n àicheam tuilleadh e,
Cha mhìos' no raidhe bha fàs a bhunaitean ;
Ach gaol cho mór ris, 's fa-dheòigh le cudarom,
Cha'n fhaigh té eile ged thréigeadh tusa mi.

B'e sud an cairdeas rinn fàs an cudarom,
'S nach faighteadh faslach o 'bharr gu 'bhunaitean ;
'S gu bheil mi 'n dòchas ma 's beò ri chumail sinn,
Air leabhar sgriobhte na sgìr gu'n cuirear sinn.

Na bi ri smaointinn, a ghaol, gur duilleach mi
A bhios a caochladh le gaoith nam munaidhean ;
Gur h-ann bhios t' aogasg ri m' thaobhs' h-uile n-ait,
'S cha déid an gaol ud mu sgaoil ma 's urrain mi.

Na leig air dì-chuimhn' o d' chridh' gu buileach bhuait
Na tha mi 'g ràdh gedi bu chàs 'bhith fuireach rium ;—
Na h-éisd an sluagh 'dheanadh suarach umam-s' thu,
'S na biodh fear fuadain mu 'n cuairt nan ursainnean.

Gur ann air Dòmhnall a's gòrach thusa leam,
Tha'n caol:as mòr 's cha'n fheil séol air grunnachadh.
Nach crath thu 'ghaol dhiot mar chraoibha duilleagan ;
'S ma gheibh thu ciobair cha bhith ort uireasbhuidh.

'S ann thuirt an ribhinn : Tha mi cho duileachdach,
'S nach èirich m' inntinn leam fhìn ach muladach,
Ged gheibhinn còbair bhiodh mi fo uireasbhuidh
'S an gille donn air bharr thonn 's mi fuireach ris.

ORAN GAOIL

Tha mi fo champar an tùs an t-sàmhraidh,
Gur beag mo shannt air bhith 'seinn nan òran ;
'S e meud mo ghraidh dhuit 's e dh' ùraich càileachd dhomh
Gus an dàn so 'chur ann an òrdan.

Aig ceann a mhiosa bidh ceithir bliadhn' ann
Bho'n thug mi 'n ciad ghaol do 'n ainnir òig ud,
Air bàta ciatach nan rothan iarainn
'Dol dh-ionnsuidh 'n iasgaidh 's mi 'triall do'n Oban.

Gur h-iomadh caochladh 'thig air an t-saoghal,
'S tha cuid ri fhaotainn 's na cailean òg' dheth.
Cha'n fhaic mi nìonag a ni rium brìodal,
'S ann air fear ciuird a bhios i an tòrachd.

Ar leam a nìonag ma ni thu 'n fhìrinn,
Gur olc a chiùird a th' aig fear a chòta ;
Na mnathan baobh sin 'bhios air an daoraich
Bidh e ga 'n slaodadh gu'n àite còmhnuidh.

An cluinn thu, Mhairi, dean suidhe làmh rium,
Is thoir do làmh dhomh ma tha thu deònach,
'S te ùr ga bràth cha chuir mi na t' àite,
'S an anart bhan gus an déid mo chòmhdach.

Nam bithinn cinnteach gu'm biodh tu dìleas,
Gu'n doirinn fhin dhuit mo ghealladh pòsaidh
'S gu'n cuirinn cruaidh shnaim a chaoidh nach fuasgail,
Do'n dachaidh bhuain gus an déid sinn còmhladh.

Ged thug mi gaol dhuit cha dean mi 'ghlaodhadh,
Ma 's e 's air sgàileadh gu bheil thu deònach ;
Ach fiach ma dh' fhaodas nach gabh thu faoinean
'Bhios air an daoraich 's na taighean òsda.

An deidh do dhiùrrais ma thug thu cùl rium,
'S gur h-e fear ùr tha thu 'n dùil a phòsadh,
Na gabh breun ùmhaidh nach labhair ciùin riut,
Le cridhe dubailt 's gun sùil ri trôcair.

A Mhàiri Chamaroin o thaobh na fairge,
Tha maise dhearbhte na t' aghaidh bhòidhich.
Co 'n tè bheir buaidh ort le d' shùil neo-luainich ;
Ach 's beag mo thruaighe cha bhuannachd dhòmh-s thu.

ORAN GAOIL.

Fonn.—A chailinn ghrinn a chuailein reidh,
H-aoil ó, mar tha mi 'd dhéidh ;
A ghruagach dhonn dh' an dug mi spéis,
Ma thréig thu mi tha mulad orm.

Gur a mise 'tha fo ghruaim,
'S a chuan Bharrach ri gaoith tuaith,
'S mi ri cùmhneachadh mo luaidh,
Gur truagh nach robh mi 'n cuideachd leat.

'S tric mi cuimhneachadh leam fhin
Air na chuir thu h-ugam sgrìobht' ;
Gu'm bi na maraichean gu dìon
A stri an deidh a h-uile te.

Ged a chì mi 'n so gu leòir,
'S fuathach leam tha cainnt am beòil ;
Gheall mi dhuit nam bithinn beò,
Gu'm posamaid na 'm b' urrainn dhomh.

Gur a mise tha fo thuirs'
Le bhith 'g éisdeachd mu na chùis
Nach tabhair t'athair ach 'dh-fhear dùthch',
A bhios a cùnntas mhulan thu.

Ged a tha mi gann de 'n t-saogh'l,
Gun chrodh ballach 'muigh air raoin,
Chuirinn long nan àrd chrann caol'
Fo h-aodach mar a bhuineadh dhi.

ORAN MARACHD.

Luinneag.

Ho ro no, gu bheil mi tùrsach,
Trìd mo mhànrain dh' fhàg mo lùgh mi,
'S cha bhith càil agam gu sùgradh
Gus am faic mi rùn mo chéille.

'Fhir a shiubhleas thar an t-sàile,
'Dh-ionns' na tìr' 'san deachaidh m' àrach,
Inuis dhaibh 's na bi ga 'àicheadh
Gur h-anns an Fhorgan Hall 'tha Seumas.

'S ann Di-màirt a rinn sinn gluasad,
Bha i fiathail 's air bheag bruaillein,
Seachad Ealasaid a chuain dhuinn,
Gu'n do dh-fhuasgail sinn a bréidean.

'Dol seachad air Maol Chinn-tìre,
Thog i caitein air an lionadh,
'S mu'n do nochd sinn an Roinn Ileach,
Thòisich siolan air bhith 'g éirigh.

Nuair a rinn an fhairge tèeadh,
Crainn ri lùbadh 's siùil ga 'n stròiceadh,

Leam gu'm b' fhearr bhith taobh Loch Ròineirt
Na bhith 'n so air chors' na h-Eireann.

Ged a chuala mi bho chian e,
Gu'n robh cruadal 's a chuan t-siar so,
Cha do thuig mi gus am bliadhn' e,
Ged bhiodh càch a deanamh sgeul' air,

'S cian bho'n dh-innseadh dhomh-s' aig baile,
Gu'n robh cruadal anns a mharachd ;
Ach mu'n d' rainig mi *St. Lazarence*,
Gu'n do dh-fhairich mi nach breug e.

'S rud nach d' fhoghluim mi air chùnt e,
Briosgaid chruaidh anns a bheil fìneag ;
'S mir de dh-fhéoil tha 'm feum air sliopadh,
'S gann gu'n déanadh 'n fhiacail feum oirr'.

Ged a théid mi-fhìn a làighe,
'S beag le cìnnt a gheibh mi 'chadal,
Ach a cuimhneachadh mo leannain ;
'S fhada 's fhada sinn bho chéile.

Bidh an sgiobair ann an diomb rium
'G ràdh nach fhiach a tha mi 'stiùradh ;
'S aig a mheud 's a thug mi rùn dhuit,
'S gann gu'n dean mi 'n curs' a léirsinn.

ORAN AIR TURUS SEÒLAIDH.

Beir soraidh bhuam do 'n Ghàidhealtachd,
A dh-ioc'ns' na tir' a dh-àraich mi,
'S dean innseadh mar a thàrladh dhuinn ;
'S an Fhorgan Hall bho'n sheòl sinn.

Beir soraidh 'dh-ionns nan gruagaichean ;
Dean innseadh dhaibh mur cuir iad e,
Gur h-ann, le gaoith bho thuath againn
Air moch Di-luain a sheol sinn.

O, aisig i gu sàbhailte,
'S na dhochuimhnich na pàrantan,
A fhuair an claoidh ga 'r n-àrach-ne,
A nuair a bha sinn gorach,

Nuair fhuair sinn mar a b' àill leinn,
Is a chuir sinn siùil an àird oirre,
Gu'n d' chuimhnich mi mo mhàthair ;
'Bhith ga 'fàgail bha mi brònach.

Air feasgar caoin Di-ciaduinn dhuinn,
Bha ceò le fiath nan ian againn ;
'S ged chaidh a h-uile stiall oirre,
Cha deanadh i dhuinn crònan.

'Dol seachad air Creig Ealasaid,
'S ann thàinig i bho 'n ear oirnn,
Is gu'n fhàg sinn uile bheannachd
Aig na beannaibh 'bu gheal còmhdach.

Diar-daoin bha la a b' éibhinn ann,
Ri taobh an fhearainn Eireannaich,
A faotainn mar a dh-fheumamaid,
'S i ás ar déidh le sòlas.

Di-haoine thàinig gruaim oirre,
'S ann thòisich i ri tuairnealaich ;
Gu'n d' fhuair sinn air a gualainn i,
'Dol slos ri tuath air Tòraidh.

Di-sathuirn air a lionadh di,
'S ann thàinig i na 'sioban oirnn,

'S cha d' fhuair sinn fois no dìobradh,
Bho rìoghrinn fad Dì-dòmhnaich.

An ath Dhi-luain bu dlùth i dhuinn,
Gur beag a bha de shùnnd orm,
Is mi 'm sheasamh aig an stiùir aice,
'S a siùil ri dol na 'n stròicean.

An àite dhuinn bhith fortanach,
'S ann 'thàinig oirnn a bhochdainne ;
Bha cruadal agus gort againn,
'N àm nochdadh ri *St. Paul's* dhuinn.

Gu'n robh a bhriosgaid chruaidh againn,
'S an fheòil nach èireadh buaidh oirre ;
'S cha'n fhaighinn diar air uaireannan
De 'n fhuar-uisge ri òl innte.

Ged leanainn fnìn air innseadh dhuibh
'S ann theireadh pàirt nach fìrinn e ;
'S gu'n dean mi 'n duan so 'chrìochnachadh.
Mu 'm fàs silbh sgith de m' chòmhradh.

DUANAG DO MHARAICHE.

O, Chailein, na biodh mìchion ort ;
Ciod e chuir thu trom-inntinneach ?
'Bhith cuimhneachadh nan nìonagan
A dh' fhàg thu 'n tìr an eòrna ?

Thainig Mac-Eachainn làmh rium,
Is a bhial le fiamh a ghàire air,
Ri cuimhneachadh nam màldagan
A dh-fhàg e 'n Cille-Chòmhain.

Bidh Cailein 's e air uaireannan
Ri sealltainn sios le suaraich' air,
Ach meat ni Maighstir Ruairidh dhuinn,
Gu dol mu'n cuairt *Cape Horn*.

Ged thuirt mi Maighstir Ruairidh riut,
Na fàgadh sud fo ghruaman thu ;
Cha'n fhaicinn-s' air do bhualadh thu
Da uair gun dol ga d' chòmhnadh.

Bho'n rinn mi 'n duan 'san anmoch dhuibh,
Cha dlochuimhnich mi 'n Camaronach
A tha de 'n fhine bhalla-chriosach
'Bha ainmeil anns gach còmhrag.

Nach cuimhnich thu na gruagaichean
A th' anns an t-Sàilein Shuaineartaich?
An nochd ged 's fhada bhuapa sinn
Cha'n fhaigh fear fuadainn còir orr'.

ORAN AN GASGAICH.

Luinneag.

Ho ro sguiridh mi, sguiridh mi,
Ho ro sguiridh mi 'n iasgach ;
Sguiridh mi tuilleadh de tharruinn nan dubhan,
'S e obair na duibh' e, s beag 'bhuidhinn mi rianuh air.

Gur mis' tha fo chùran an toiseach na dùltachd ;
Tha mi gun sùnnd as deaghaidh an iasgaich,
Sheinnino le dùrachd ealain ás ùr
Air sruithean a Chùirn, an fheadhainn a liath mi.

Innsidh mi 'n fhìrinn, am beagan a b' fhiach mi,
Chuir mi e' n linn an toiseach na bliadhna,

'S theann mi ri stri ri rud nach do chìnn leam
'Leantainn air ciuird a dheanamh de 'n iasgach.

Comhairl' na còrach bheirinn-s' air òigear,
Gun bhith cho gòrach 's teannadh ri iasgach ;
Chosg mi mo bhròg an m' aodach gu'n d' shròic mi
Ri obair a bhròin nach cumadh am biadh rium.

Bidh cuid anns an tìr so rium-s, ann am mìothlachd
Chionn gu bheil mì 'cur sios air an iasgach ;
Dh' innis mi 'n fhìrinn, 's obair nach fhiach e,
Mhallaich mi chiuird, 's ann agam bha 'n riasan.

Ged leanainn-sa 'n t-òran chuid ris nach còrd e
Their iad gur bòilich 'th' agam 's na briathran,
'S chuireadh e móran tuilleadh am phòca
Bhith tarruinn nan ròp anns a chuan Iar-dheas.

ORAN DO'N GHÀIDHEALTACHD.

Luinneag.

'S toigh leam fhin an t-àit 'san deach m' àrach òg,
Far am faighinn càis is bainne blàth ri òl ;
'S toigh leam an t-àit 'san deach m' àrach òg.

Ged tha mi 'san àm-s' am chòmhnaidh anns a Ghalltachd,
B' fhearr leam a bhith thall 'sa ghleann 'san robh mi òg.

Sud far 'n robh na gillean dh-fhàs gun mheang, gun ghiorag.
Bu mhath air an iomain ga 'n ruith air an lòn.

'S cha mhios anns an stri iad, 'buidhinn cliù do'n riogh achd ;
'S iomadh aon a striochd dhaibh an nan linn righ Deors'.

Bonipart gun taing dha chuir iad fo chomannd e ;
'S dh-fhàg iad miltean Fhrangach anns a champ gun deò.

Cha'n fheil ceàrn na 'rioghachd far an leughar sgriobhadh,
Nach h-fheil e air innseadh 'n gniomh a rinn na seòid.

Chuala sibh mu 'n euchdan ann an tir na h-Eipheit,
'Dol gu Tel-el-Cébir 's beigineid na 'n dòrn.

Choisinn iad an làrach, chuir iad as do dh-aireamh,
'S chròidh iad do'n chanàl an corr a dh-fhagadh beò.

ORAN

Air taobh Mhic-Phàrlain a sheas air son taghadh parlamaid an siorramachd Earraghaidheal.

Anns a bhliadhna ochd ciad diag
Is ceithir fichead, 's gu'n d' dhiagaich e dhà,
An treas mìosa de 'n t-samhradh
Nuair 'bha duilleach nan crann 's e fo bhlàth,
Chaidh an t-arm ann an òrdan
Dhol a thagairt an còir am measg chàich,
'S gu'n deach cuideachd a Chòirneil
'Chur do'n chùil 's am bu chòir dhaibh bhith tàmh.

Nuair chaidh cogadh a ghlaodhach,
Chiteadh tighinn na laoich 'bha gun sgàth ;
Laidir, ealanta, lùthar
'S iad ri tarrainn a dh' ionnsuidh chroinn-tàr',
Le 'n cuid chlaidheannan rùisgte,
'S iad air bhioradh a chùm a bhith 'n sàs ;
Thug iad mionnan mu 'n d' ghluais iad
Gu'm biodh acasan buaidh air no bàs.

Leum na h-Eileinich uile—
Colaich, Muilich, is Tiristich fhior,

Ilich 's Diuraich gu duineil,
'S na bha 'n Colaidhsa 'chuideachd Mhic-Nèill,—
'S taigh fo bhrataich Mhic-Phàrlain
Dhol a sheasamh na làrach gu dìon,
'S thug iad sgrios air an nàmhaid
'Bha ga 'r gleidheadh na 'r tràillean fo chìs.

Nis bho 'n choisinn thu 'n t-urram
Théid thu mhor bhaile thu Lunnain a suas;
Bidh an luchairt na bànruinn
Aite-suidhe aig Mac-Phàrlain bhios buan,
'Thagairt cuis Earraghaidheal,
'S bidh tu misneachail, stàilinneach, cruaidh,
'S bheir thu dhachaidh a chòir dhuinn
'Rinn na naimhdean le fòirneart 'thoirt uainn.

Bidh na féidh air an sgapadh,
Cha bhith h-aon dhiubh an taice na frìth;
Théid na coin ris na caoirich
'Chuir na gaisgich air faondradh bho 'n tìr.
Bidh am fearann air 'àiteach,
'S theid na tulaichean àrda fo shiol,
'S a taigh croiteir is coiteir
Chithear smùid airneo toit anns na glinn.

ORAN

Do dh-Alasdair Og Chola, air dha dol air imrich do dh-Africa.

'S mithich dùsgadh a suain,
Agus sealltainn mu 'n cuairt;
'S e mo dhiochuimhn' 'tha bhuam a thréigsinn,

'S oighre Chola nam buadh
Leis an éireadh mór shluagh,
Air a chur bhuainn thar chuan, 's b' e 'm beud e.

Bho'n a shiubhail do bhàrd,
Is a theirig luchd dàin,
Gur tìm dhomhs a bhith 'n dràsd ga 'gleusadh.

Gur h-e mis' th' air mo chràdh
Bho mhaduinn Di-mairt,
Bho'n a chualaic mi 'ghraidh mu d' dhéilbhinn.

Gu'n do dh-fhallbh thu thar sàil',
Air luing nan crannagan àrd',
'N tùs na gaillion 's an àm an t-séididh.

Dh' fhallbh thu 'dh-Africa thall,
Far nach h-fheil do luchd dàimh,
'Measg nan Cafar, 's nan lann, 's na spréidhe.

'Ghaoth gu ciùin a bhith leat,
Ga do ghiùlan am mach,
Gun riof dhùbailt, gun slat ga 'tréigsinn.

'S an car deas bhith dhe d' bheart,
H-uile ceum 'bheir do chas,
Gus an till thu air t' ais le éibhneas,

Dh' ionnsuidh caisteal nan stuadh,
Tha ri aghaidh a chuain,
Far an tric 'n robh daoin' uaisl' aig féilleachd.

Far an tric 'n robh do thuath
'Cluich nan caman le fuaim,
'S iad gu mireagach, luath, bras-leumnach.

Far 'm bihdh plop nan dos àrd
'S deagh fhear gnìomh aig a sàil,
'S cha b' e buideal mo ghràidh-s' a thréigeadh.

Ged a tha e 's an àm
Ann am freasdal nan Gall,
'S gun ach beag a theid teann do t' èirig.

Bidh mi 'n dochas gu bràth
Gu'n till thu gun dail,
'S gu'm bi 'n dara Mac-Neill na 'éiginn ;

Gu'm bi 'n Stiubhartach Ruadh
'Chuir air fògradh do thuath
Air a sgiursadh gu cuan na h-Eireann.

Ghreas e mòran gu uaigh,
'S cuid tha 'n crann anns a chuan,
Thogas fanais a suas na 'dheidh so.

Ma 's e iomairt nan lann
A Bhuidhneas dhuinne an geall,
'Siomadh fear a theid teann na 'éideadh.

Theid do bhratach-s' an àird,
Coinnichidh iad as gach àit',
Gu ruig oighreachd Chill-Dàir an Eirinn,

De theaghlach Dhubhairt nan stuadh,
Le 'n cuid staileannan cruaidh,
Na ni 'n càradh gu uaigh gu beumnach.

Cha dean caoirich nam beann,
No 'n croih breac bharr nan gleann
An seasamh an àm na h-éiginn.

ORAN

A rinneadh air do Chlann Ghilleain bràisd a thabhairt d' am piobaire a chiad mhios de 'n gheamhradh, 1886.

Luinneag.

Bha mi 'n raoir gu sùnndach, sùnndach,
Bha mi 'n raoir gu sùnndach, sùnndach,
Leis a chuideachd a bha mùirneach
'S nach biodh sgrùbaireach mu 'm bòrd.

Fhuair mi litir air Di-ciaduinn,
'S gu'm bu taitneach leam a briathran,
Gu'n robh 'n comunn chiùiteach fialaidh,
'S iad ga m' iarraidh do'n taigh-òsd'.

Nuair a ràinig mis' an talla,
Rinn iad m' fhàilteachadh le cabhaig—
"Thig, suidh lamh ri fear na cathrach"—
'S chuir iad searrag ann am dhòrn.

'S gann gu'n gabhadh e dhomh àireamh
H-uile seòrsa bheir a chlàraich,
Uisge beatha, branndaidh làidir,
Fion na Spàine agus beòir.

Dh' òl sinn slàint' an teaghlaich rioghail;
Co nach tràghadh i gu h-iochdar?
'S cha do dh-fhàg sinn ann an diochuimhn'
Ar ceann-cinnidh fiachail còrr.

Ghuidh sinn sonas sith is suairceas,
Saoghal fada le deagh bhuaidh dha;
Co nach tràghadh làn na cuaiche
Air an uasal 'tha gun phròis?

Bho'n a chruinnich sinn 'san anmoch.
Gur e 'n t-saothair air 'n do dh-fhalbh sinn,
A thoirt prine-bretnich airgid
Do 'n fhear chaima b' ainmeil ceòl.

Gu 'm b' e sud am bràisd bha ainmeil,
Chiteadh struth agus lamh dhearg ann,
Long is craobh is bradan tarra-gheal,
Caisteal agus dealbh nan ròn.

Struth, ostrich.

ORAN

A rinn am bàrd do Chomunn Chloinn Ghilleain 'an Glaschu, air dhaibh dearmad a dheanamh air òran eile a rinn e dhaibh a chó-bhualadh, ged a gheall iad sin a dheanamh.

'S ann a bhuineas mi 'n chomunn
A dh-fhàs somalta, stòilte ;
Buidheann rioghail nan lann
Tha fo chomannd aig Sir Dòmhnall.
Bho'n a thagh sibh mar bhàrd mi,
Chuir mi Gàidhlig air dòigh dhuibh ;
Bho nach d' rinn mi am Beurl' e,
Cha robh feum ann am chòmhradh—
'S cha b' fhiach e dad, cha b' fhiach e dad.

Cha robh suim aca de m' shaothair,
Chuir iad faoin mo chuid bàrdachd ;
Bha sud tuilleadh 's a shaoilinn
Thighinn bho dhaoine tha cho stàtail.
Gu'n robh cuid diubh na m' chòmhradh,
Bho chionn còrr agus ràidhe,
Gheall gu'm faicinn e sgriobhte
'An clar-innse na Gàidhlig.—
O chionn fad, o chionn fad.

'Bhith 'cur sios air a Ghàidhlig
'S ni gun stàth dhuibh bhith strì ris ;
Nuair bha Noah 's an àirc
Gu'm b' i a chànain a bhruidhneadh ;
Chaidh a labhairt le Adhamh
Anns a ghàradh gu bhrìoghail ;
Rinn mi 'foghlum bho m' mhàthair
Mu 'n do dh-fhàg mi na clochan,
'S cha dean mi stad, cha dean mi stad.

Cha'n fheil sluagh fo na speuran
Cho math gu feum ris na Gàidheil,
Nuair a théid iad na 'n éideadh,
Ann am féileadh 's an sgàrlaid.
Nuair bha 'n rìoghachd na 'h-éiginn,
'S mór an t-euchd a rinn pàirt dhiubh,
'S iad gu'n gleidheadh an càmpa,
Aig cho gann 's ga 'm biodh 'n àfreamh,
O chionn fad, 'o chionn fad.

C' àit an cualas 's an t-saoghal,
Bho'n bha Maois anns an fhàsach,
Meud nan euchd rinn na laoich ud
Mach aig raon Bhalaclàbha.
Nuair chuir Cailein air ghleus iad,
Rinn e èigheach 's a Ghàidhlig,
Is sibh sìol nan daoin uaisle
'S tric a bhuannaich an làrach,
'S na deanaibh stad, na deanaibh stad.

Nuair a fhuair iad an t-òrdan,
Ghabh iad sòlas is bàigh ris,
'S tìr nan garbh bheann 's nam min ghleann
Tigh'nn roimh 'n inntinn mar sgàile.
Ged bu Bonmhor na nàimhdean,
Le 'n cuid dh ingnichean laidir,
Mur a deanadh iad striochdadh,
Cha bhiodh ni ach am bàs daibh,
Le stàilinn ghlais, le stàilinn ghlais.

Mar a tha e sìth mo sheanachas,
Cha robh calma 's a tha iad,
Gu'n d'eil dearg naodh 's na h-Innsean
Air a ghlomadh a rinn pairt diubh';
Nuair bha each air each theag feum dhaibh
Thainig eirbh air na Gaidheil,
'S thug iad buaidh mar bu chòir dhaibh,
Ged bha moran dhiubh 'bhàsaich,
'S nach dig air ais, 's nach dig air ais.

'S ann a sguireas mi 'n òran,
Gun an còir chith ga 'ràitinn;
Tha mi cinnteach gur leir dhuibh
Gu bheil feum anns a Ghàidhlig.
Gus an caochail na siantan,
'S an sguir lionadh is tràghadh,
'S fhad 's bhios grian anns na speuran,
Agus reultan na 'n àite,
Cha deid i as, cha dèid i as.

ORAN.

A rinn am bàrd air furmailt a thug an Ridire Còirneal Fitzroy Domhnall Mac-Gillean, C. B., do Chomunn Chòisnn Ghilleain anns a *Bhath Hotel* an Glaschu, miosa deireannach a gheamhradh 1896.

FONN.—"*Deoch slainte nan gillean.*"

Mo run air a chòmhlann bha 'n raoir 's an taigh-òsd,
Ann an cuideachd a chòirneil bu mhoralta cainnt';
Thug mise mo bhòidean gu'n deanainn an t-òran
Do 'n treubh do 'n robh Còrneal, Sir Domhnall, mar cheann.

'S tu saighdear cho calm' 's a chaidh àrach an Albainn;
Gur tric rion thu 'dhearbhadh le armailtean thall.

Mar uan do na càirdean 's mar leòghann do d' nàmhaid,
Fo bhrataichean àlainn ga 'n càradh ri crann.

Bha 'bhaintighearna làmh riut gu slobhalta càirdeil,
Mar chiteadh gun fhàilinn o 'sàiltean gu ceann
Gu sìgeanta coimhneil 'cur seachad na h-oidhche ;
'S e mheudaich ar n-aoibhneas an t-oighre bhith ann.

'S e Eachann an t-òighear ga 'm math thig an còmhdach,
Le sporran is brògan, 's gun mhórchuis na 'cheann.
Tha shlios mar an t-eòinean 's a ghruaidh mar na ròsan,
'S gur nèarachd tè og a gheibh còir air a làimh.

Nuair chruinnich a chuideachd a eilein a mhurain,
A Cola 's a Uibhist 's a Muile nam beann,
A Diùra 's a Sgarba 's gach cearna de dh-Alba,
Bho Lunnainn an airgid 's bho'n Ghearmailt a nall,

Gu clùnteach bu tlachdmhor bhith 'faicinn nan gaisgeach
Le féilidhean tartain 's le 'n gartanan teann,
Le stocainnean claiseach, 's le boineidean ballach,
Mar chleachd sibh bith agaibh 'n àm tarruihn nan lann.

Nuair chaidh iad do'n t-seòmar 's a fhuair iad an òrdan,
Bha pìoban ri ceòl dhaibh is móran dhiu 'danns'
Gu h-iollagach sùnndach 'cur crith' air an ùrlar,
'S gu'n doireadh iad dùbhlan do dhùthaich nan Gall.

Cha ghabh e dhomhs' aireamh na chruinnich a làthair,
Cho mór 's ga'n robh 'n fhardach bha àiteannan gann ;
Cha'n fhacaic sinn roimhe a leithid de choinnimh ;
Bho latha Chùil-fhodair gun choimeas di ann.

JOHN MACLEAN.

John Maclean was born at Urvaig, Caolas, Tiree, in 1867. His father, Lachlan Maclean, was the son of John Maclean—Iain Mac Ghilleasbuig mhic Lachainn—and Catherine Macintyre. His mother, Mary Maclean, was a daughter of Neil Maclean, brother of John Maclean the poet. He followed the sea for some time. He died at Urvaig in December, 1895.

ORAN GAOIL.

FONN :—*A Choille Ghruamach.*

Air moch Di-luain gu'm bu mhor mo smuairean,
A fagail Chluaidh 's mi 'cur suas nan seol,
Gur ann mu'n ghruagaich a rinn mo bhuaireadh,
'S dh' fhag m' inntinn luaineach le cainnt a beoil.
Do ghaol ga m' sharachadh 's ga mo chràdh-lot
Mar rinnean staillinn a sàs am fheoil ;
'S gach la is oidhche tha thu na m' chuimhne,
'S tu mo reult-iuil is mo chliu 's mo cheol.

Di-mairt nuair fhuair sinn air broilleach cuaine
Le'r n-eithir uallaich bu chruaidhe bord,
Bu trom an iarmailt 's i frasach, sgiathach,
Is coltas sgiansgarach air na neoil.
Bha thusa nuair sin ad chadal suaineach,
Gun chuimhne, 'luaidh, gu bheil mi gun doigh,
'S fear eil air uairean a deanamh suas riut
Air son an tuaileis a thog iad oirnn.

Is iomadh ionghnadh a th' anns an t-saoghal,
'S e h-aon diu, 'ghaoil, chuir nach robh mi 'd chòir.

Mu choinnimh m' inntinn gu'm faic mi t' lomhaigh
Ged b' ann a direadh a rifeadh sheol.
Fhuair thu buaidh orm le do bhriodal,
Mo chridh' gu'n d' lion thu gu tinn le bron ;
'S ma thug iad 'thaobh thu cha bhuan mo shaoghal
'S fear eile faotuinn le aoigh ort coir.

Nam bu bhàrd mi gu deanamh dhàna
Gu'n cuirinn àird air do chliu ro mhor.
O d' cheann gu d' shailtean gun mheang, gun fhailinn,
Gur fallain dh' fhàs thu a nios o t' ong'.
Gur dearg do ghruaidhean seach ròs nam bruachan
Fo dhuilleach uaine nan cluan 's nan còs ;
'S tha fiamh do ghàire cur saighdean graidh
Ann am chridh gach là o'n a thog sinn seol.

'S e fiamhachd t' aodainn a rinn mo shlaodadh
'S a thug a thaobh mi le gaol bha mòr ;
Gur maiseach fìnealt, gur fallain, dìreach,
Tha pears' na ribhinn air bheil mi 'n toir.
Tha fiamh do chuilein-sa, sios mu 'd ghuaillean
Air sniomh na dhualan, air tuar an oir ;
'S beul cuimir, guamach, nam bilean snuadhar
Fo shuilean luaineach na maighdinn òig.

O'n fhuair mi t' eolas bu mhor mo dhòchas
Gu faighinn còir ort ri m' bheo le àgh.
'S ann air Di-dònaich 's tu measg nan oighean
A fhuair mi 'n leon 'tha toirt bròin domh 'n dràsd ;
Bha saighdean luaineach o'm chridhe g'uasad
A rinn mo bhuaireadh, a luaidh, gu gràdh ;
'S ma 's e fear ùr leis an d' rinn thu lùbadh
Bidh mise tursach gun sunnd ri m' la.

Is iomadh buaireas a bhios a gluasad
Am measg an t-shluaigh nuair a bhios iad og ;
'S e sin a chruadhaich do chridhe bhuamsa
O'n ghabh mi chuairt so do Mhontreal.

'S gur ceart a tha thu ma rinn thu 'm fhagail
'S nach leig do nadiar leat tigh'nn am chòir
'S fear eile 'm aite toirt gealtaidh laidir
'S e cur ort fàilte le fainne pòsd.

'S air mheadhon oidhche, ged b' ann ga stiuradh.
Gur tric mi cuimhneachadh air do dhòigh ;
Mo shuil 'sa chomhsaist ga cumail dìreach
'S an fhairge mhìlìteach a nios o sroin ;
A sgiathan sgaoilte ri cruas na gaoithe
'S i feadach, caontagach ris gach rop ;
A gillean aotrom cur rith' a h-aodaich
'S an sneachd na chaoirean mu chaol nan dorn.

Ach bha do ghaol dhomh gu pailt ri fhaotuinn,
Ged 's mor an caochladh a thainig oirnn ;
Is iomadh gamhlas a bh' anns an am ruinn
Air son gu'n d' gheall mi gum bionaid pòsd.
Chreid thu an tuaileas a rinn iad suas dhuit,
A chum 's gu'm buaireadh iad thu o sgleo.
'S ma rinn thu m' fhàgail, mo chreach mo chàradh,
'S mo shoraidh slan leat, a ghraidh, ri d' bheo.

'S a Mhàiri bhoidheach gur trom mo chòmhradh
O'n là a dh' fhògair iad uam do ghaol ;
An comunn blàth, bha gu caoimhneil cairdeil,
Le mi-run chaich gun deach e mar sgaoil.
'S na gillean oga a thog an sgleo so
Cha dean e stor dhoibh cho mor 's a shaoil ;
Cha chuir a sios mi 's cha doir e mi-chliu
Air h-aon de 'n linn a thig air mo thaobh.

Ma thug thu cùl rium gur beag mo churam,
Gur h-iomadh flùr a tha fàs fo 'n ghréin,
Is maighdean bhoidheach a th' ann de'd sheorsa
A's aithne dhòmhsa 'thig air mo réir.

Gu'n stiuirinn bàta nan sgiathan pràise,
'S anns na croinn àrda gun deanainn feum ;
'S bheir Righ nan grasan sinn dhachaidh sòbhailt
Thar tuinn an t-sàile gu cala réidh.

ORAN

Do Lachainn Mac-Gillean, le a phiuthair agus i a cumha a h-ighinne an deidh a bais.

Gur a cianail bochd m' adhart,
Chaill mo shùilean am fradharc,
'S mi am ònrachd a feitheamh do ghruaige,
Gur a cianail, bochd &c.

Tha i dualach tiugh cleachdach,
Is na snìomhainean casa ;
'S leir do m' Righ gu'm bu thachdmhor do shnuadh-sa ;

Sùil 'bu mhìogaiche sealladh
Fo chaoile na mala,
Mar gu'm biodh an t-òl leana air na cuachan ;

Beul tana dearg daite
Mu'n deud 'bu leòir ceartais,
Sùil chorrach ghorm ghlas gun bhith luaineach.

Nuair a rachadh tu 'n chlachan
Is a shileadh an sneachda,
Bhiodh t' aghaidh bhruich mheachair gun fhuachd oirr'.

Cha'n fheil leine mhic tighearn',
Chuireadh òganach uime,
Nach deanadh mo nighean-sa fhuaigheal.

Gur h-e mis' 'th' air mo churadh,
Tha dh' phu'-ull leam sunnail
'S nach robh tional na duthch' de dhaoin' uaisle ann.

'S mise chaill na deagh bhraithrean,
Chuir mi uile gu traigh iad ;
'S i 'n aon nighean a chràidh mi 'san uair so.

Gur a lionmhor dhuit caraid
Ann am biàr sin na faia,
'Bheireadh giulan gu h-allail gu uaigh dhuit.

Ach a Lachainn a Muile,
'S cian 's gur fada leam t' fhuireach ;
'S ann a ghlaodhadh iad curaidh roimh shluagh dhiot.

Dh' fhag thu 'm marcaich' 'san fhéithe,
'S e na 'chlachan fo cheudan,
'S gu'm bu bheag sud dhe t' euchd mar a chualas.

Nuair a chaidh thu 'san achdair,
Cha do cho-sinn thu masladh ;
Bheireadh Ruari nam bratach do luach ort.

Chaidh thu 'n lathair Mhic-Cailein,
Fhuair thu airm 's gu'm b' e t' airidh ;
Sin an t-Iarla rinn aithn' air do chruadal.

Gur a cairdeach thu 'n ghaisgeach
'Rinn an Eirinn an tapadh
'Thug a chreach ud gun fhaicil fo thuath as ;

'Rinn a chreach air Mac-Güine,
'Chuir a cheann ann an cunnart,
Agus moran de' mhuinntir an cruadal.

ORAN

Do Lachainn Mac-Gilleain, Triath Chola,

Le Catriona Nic-Gilleain.

Is muladach 's gur fiabhrasach
A bhliadhna-sa do ghnàth,
Bho 'n dh' fhàg ceann nan cliaran sinn
Gus an trialladh bàird.
Gu'm bu cheann aos-ealain thu
'S gu'm b' ath'reil dhuit do ghnàths ;
Bu dùthchas dhuit bho d' sheanair e,
Lùb allail a thug bàrr.

Tha mise dheth trom éisleineach,
'S mi 'g éirigh, gach aon là,
Bhith 'g amharc air do réidhleanan
Gun neach fo 'n ghréin ach bàrd.
Cha'n fheil mnai no marcaich' ann,
No gaisgich air an tràigh ;
Is cha'n fheil òl air chuachaibh
Ann an talla buan mo ghràidh.

Is e mo rùn an gaisgeach ud
A's smachdaile roimh shluagh,
An àm nochdadh dhuit do bhrataich
Is neo-airsnealach a snuadh.
Cha b' e triall gun taice dhaibh
Is t' fhaicinn rompa 'suas ;
Bhiodh iad fallan dachaidh leat,
Cia fhad 's ga 'n dugteadh ruaig.

Is e mo rùn an curaidh
Leis 'm bu toil bhith 'n cumasg lann ;
Bu mhiann leat arm sgaiteach,
Agus clogaid glas mu d' cheann.

Ann an àm an rùsgaidh
'S ann fo d' shuil a bhiodh an sgraing :
Mo làmh gun deanteadh pùdhar
Le glaic luthaidh fir gun taing.

Is ionmhuinn leam an Lochainn sin
A's foinnidh, dreachmhor gnùis.
Dh' aithnichinn air an fhaiche thu
Air maise taobh do chùil.
Tha blàth rathar, bhuadhach ort
Nach ciùrradh fuachd ga dhlùths.
Air mo làimh bu shar-ghasd' thu,
'S tu 'n t-àilleagan 'sa chùirt.

Nuair 'thigeadh Mac-Gilleain ort
Le 'chathan is le 'rann,
'S gach toiseach mar bu chubhaidh dhaibh
Do mhaithibh Innse-Gall,
Bhiodh farum air na tùrailbh ud,
Bhiodh fùdar gorm na 'lheann ;
Bhiodh clàrsaichean ga 'n spreigeadh
Is luchd-leadanan ri danns'.

An àm bhith trial' gu t' fhàrdaich
Gu'm b' e t' àbhàist, mar bu dual,
Bhith tarruing ort am bràithreachas
'Cur shlàinteachan mu'n cuairt.
Bhiodh searragan is tunnachan
Gun chunt art air an lunch ;
'S sior-òl air còrnaibh sinnseireach,
A dhlobradh fir gu suain.

Cathan, companies. Rann, supporters, followers.

OCH, OCH, MAR THA MI.

Le fear de theaghlaich Thorloisgte.

Luinneag.

Och, och, mar tha mi 's gun mi bhith làmh-riut,
'S an cadal sàmhach a gheibhinn ann ;
Aig bòidhchid t' aodainn 's aig meud mo ghaoil ort,
B'e m' aiteas saoghail 'bhith riut a cainnt.

Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn
A shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn ;
Is bheirinn sìnteag do'n Eilein Ileach,
Far 'bheil an rìbhinn 'dh' fhàg m' ìnntinn trom.

Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile
Air mullach sléibhtean nam beanntan mor',
Gun bhith ga 'r n-eisdeachd ach eoin nan geugan,
'S i toirt gu réidh dhomh le spéis a pòig.

Mharbhainn fiadh air na beanntaibh dùldaidh,
'S an eala lùthar an cois gach òb' ;
'S am beul na h-oidhche gu'm faighinn caoimhneas
An comunn aoibheil bho mhaighdinn òig.

Cha stoc 's cha stòras a bha mi 'n tòir air,
Ach cruinneag bhòidheach 's i stòld' na 'beus ;
Te lagach chiallach le cridhe fialaidh,
Gun fhoill na 'briathran, gun ghiamh fo 'sgéith.

Tha t' anail cùbhraidh mar fhaileadh ùbhlan,
Is tha do shùilean ciuin, meallach, gorm ;
'S gur tu 'bhean-uasal a's grinne 'dh' fhuaigheas ;
'S ann ris a fhuair thu do thogail òg.

Ach 's iomadh nlonag òg, fhìnealt', bhoidheach,
A bha ro phròiseil na barail fhéin,

'S g[illegible] [illegible]ug [illegible]a mi tìl gu seoladh
A[illegible] [illegible]eantaoil air cha [illegible]ach réidh.

Is [illegible] [illegible]ionnsaich [illegible]eol do'n chlachan
A gualainn mi [illegible]eachd ort am measg nan ceud ;
Do sguil cho luaineach, 's do chridh' an gruaim rium,
'S gur faide bhuam thu an diugh na'n dé.

Thug mi naoidh miosan fo thruimid inntinn
Air chuairt 's na h-Innsean a 's fhaide thall,
Ach sumhladh t' aodainn cha robh ri 'fhaotuinn,
'S ged ghelbhinn saor iad cha'n fhanainn ann.

Chuir mi deagh shiol ann an toiseach geamhraidh
An talamh toiltach, 's e fada shios ;
Ach thainig ian air bho'n àirde 'n iar-dheas,
Is thug e 'fhrianaichean leis a nios.

Mo chaileag runach bho'n thug thu cùl rium,
Gur trie mo shuilean trom, bruite, dall.
Chuir thu gun suim dhiom m' fhalt fo do 'bhròg an ;
'S e 'fhith gun choir ort a thug mi 'nall.

Thug mi dhuit gaol air nach grunnaich briathran,
'S [illegible]ug mi riamh do neach ach thu féin.
Tha mi gun fhaoilteas bho'n rinn thu m' fhàgail,
'S m[illegible] [illegible]ri[illegible]be craiteach gach la na d' dhéidh.

Bha mi re mios' ann am fiabhras claoidhte,
Gur [illegible]uil rium oidhche gu'm bithinn beo,
Is fo[illegible] na h-uine b' e brigh mo smaointinn
Gu'm faighinn faochadh nam biodh tu 'm chòir.

Tha m[illegible]ilie run ort is tha mo dhùil riut,
Mo chridhe tursach 's mo shùil riut féin ;
'S tha sud na 'dhùrdan air feadh na dùthcha,
Nach dean mi tùrn gun té ùr ad dhéidh.

Mo mhionnan bheir mi air clàr a Bhiobuill
Gur h-i an fhirinn 'tha ann am bheul,
Nach déid mi sios ann an leabhar sgìreachd
Le té 'san rioghachd so ach thu-féin.

Cha bhi mi strì ris a chraoibh nach lùb leam,
Ged chinneadh ùbhlan air bhàrr gach géig.—
Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail;
Cha dàinig tràigh gun mhuir-lan na deidh.

Is coma leam ged a shil an latha,
Is coma leam ged a laigh a ghrian,
'S ceart choma leam ged a robh mo leaba
Gu fada fada 'san airde 'n iar.

Ise ga 'fhreagairt.

A rùin, cha dean mise 'cuis ri balach,
No ri fear eile gu bràth ad dhéidh,
Is gus an tìll thus' a nall thar sàile
Cha dean mi stàth do dh-fhear tha fo 'n ghréin.

Och, och mar tha mi gun mi bhith làmh-riut,
'S an cadal sàmhach a gheibhinn ann;
Aig maise t' aodainn 's aig meud mo ghaoil ort,
B' e m' aiteas saoghail bhith leat air laimh.

CAIRISTINE NIC-GILLEAIN.

Christy Maclean was a daughter of Captain Allan Maclean, second son of Lachlan of Brolas. She was married to Dr. John Maclean in Bròlas. She was born in 1718, and died in 1808. The following fragment, which was composed about her sons, is all that we have seen of her poetry.

RIOMAGAN A DHUANAIG.

Iomramh.

Dh' fhag thu mi 'n de 'dhol air aineol,
Mo dhurachd thu 'thighinn fallain,
Dh' fhag thu mi'n de 'dhol air aineol.

Dh' fhàg thu mi 'n de 'dhol thar t' eolais,
Dh' Obaireadhainn, 's cha bu chòir dhuit,
'S ann bu dual dhuit a bhith 'm Bròlas,
Far an robh oighre do sheanar.

Moire, 's mise 'th' air mo chràdh-lot
Ma tha thu fo bhinn na Spàinte;
'S ma tha feum an airnigh màthar
Thèid peileir an namhad tharad.

Cha 'n iorghnadh ise 'bhith brònach,
A phiuthar a dh' fhag sibh na h-ònrachd.
Bu lurach a guailleachain òga,
Nam biodh sibh ga 'coir a fanailt.

Meur a's grinne 'sheinn a chiuil thu,
Cas a's deise air an ùrlar;
'S cinnteach mi nach faigh thu 'n diultadh
Nuair 'chuireas tu mòth an leannan.

CORRECTIONS.

Page 7, line 18, tàladh,. 9, 22, iomrachaidh shàbhailt'. 14, 11, 'aobhar. 24, 11, sgàrlaid dhuit,. 31, 3, deuch-slàinte,. 31, 27, ionnsuidh. 35, 8, eucoir. 36, 22, dh-òrain. 38, 12, nan. 39, 7, le 'chòmhnadh. 44, 24, spùinneadh. 46, 9, feum' bha. 55, 6, a riaraich. 59, 31, Bidh. 61, 8, prìseil 'san fhearann. 62, 2, nìos. 66, 1, tu. 66, 31, 'Falbh. 68, 34, soitheach. 69, 1, Gu'n do chruinnich. 71, 17, fhaotuinn. 72, 15, tionndadh. 72, 16, nàmhaid. 79, 20, Guth chlag maduinn. 84, 9, chlaisteachd. 88, 13, rioghachd. 89, 19, geug,. 90, 1, Far am. 90, 33, Ìomtinn-sa. 95, 2, h-aoibheil. On 97 the second line, though correct, is not needed. 104. 4, Mairi. 105, 26, nis o. 106, 10, Dh' itheadh. 107, 4, gheamhraidh. 109, 11, choill. 110, 13, nam. 111, 4, sabhailt'. 112, 2, gach. 113, 18, muran luach-mhor is; 25, còmhnuidh. 119, 2, fiachail; 11, mhaidne; 20, fo 'riaghladh. 121, 24, leum. 124, 12, Oban, not Tobermory. 140, 6, Is na leig spìd no tàmailt oirr'; 8, uasal. 141, 23, fhaoduinn; 24, gu'm bi mi sàmhach. 143, 17, caoran. 146, 5, is muinighin; 18, a ghaoil; 20, thaobh 'sa h-uile h-àit. 153, 17, Iasgaich; 23, chùram. 154, 39, ann an. 156, 4, làraich; 8, bhaile Lunnainn, 157, 25, biodh. 158, 11, delete A. 160, 16, stòld a; 24, ac'; 27, dhaoin'. 161, 33, dhaingnichean. 165, 27, o m'.

NOTES.

In the elegy on Lachlan Cattanach's wife, given in the first volume of this work, there are historical inaccuracies which show that it was not composed in Lachlan Cattanach's time. It is undoubtedly a composition of comparatively recent date.

The following verse, which comes in before 'S mairg am Breatann a thàrladh on page 106 of the first volume of this work, was accidentally omitted :—

Cha b' ioghnadh an nàsiun,
'Bha gun dlighe, gun daimh ris,
Mar bha Sasunn ga 'fhàgail ;
Ach do dh-Alba bu nàr sud,
Is gu'm faodadh i 'ràitinn.
Gu'm b'e h-inbhe 's a h-àirde,
Gu'n robh leithid de phlannta na luchairt.

Alexander Maclean, an Cùbair Colach, was born in 1774 and died in 1836. He is buried at Crossapol in Coll. He had at least six children, Donald, Alexander, John, Robert, Allan, and Sibella. It is said that John and Allan settled at Oamaru in New Zealand.

If Domhnall Bàn an Lioba was the author of the song on page 25 of this work, he must have been born as early as 1774. The ninety-first regiment, or Argyleshire Highlanders, was embodied at Stirling in the autumn of 1794, and was sent to the Cape of Good Hope shortly afterwards.

Alexander Maclean of Coll purchased the island of Muck from Clanranald in 1818 for £9,975 15s.

2626-65

THE BORROWER WILL BE CHARGED AN OVERDUE FEE IF THIS BOOK IS NOT RETURNED TO THE LIBRARY ON OR BEFORE THE LAST DATE STAMPED BELOW. NON-RECEIPT OF OVERDUE NOTICES DOES NOT EXEMPT THE BORROWER FROM OVERDUE FEES.



3 2044 019 347 525